



A. 30. q. 44.

# LIST OF GAELIC BOOKS

*And Works on the Highlands*

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN & STEWART,

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

---

A liberal discount allowed on orders for exportation  
or for private circulation.

---

	s. d.
M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dictionary, with Grammar, 12mo, cloth,	9 0
... Ditto ditto half bound calf,	10 6
... Gaelic and English, separately, cloth,	5 0
... English and Gaelic, separately, cloth,	5 0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, 8vo, cloth,	10 6
Alleine's Alarm to the Unconverted, ... ... ...	1 6
... Saint's Pocket-Book, cloth, 1s. sewed,	0 6
Assurance of Salvation, 18mo, sewed,	0 6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, cloth,	1 6
... Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2 6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, sewed	0 1
Bible in Gaelic, 8vo, strongly bound in calf,	7 6
Do. Quarto edition of 1826, morocco,	25 0
Boston's Fourfold State, 12mo, cloth, ... ... ...	4 0
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, sewed,	0 3
Buchannan (Dugald) of Rannoch's Life and Conversion, with his Hymns, 18mo, cloth,	2 0
... The Hymns, separately, 18mo, sewed,	0 3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, cloth,	2 0
... World to Come, or Visions from Hell, cloth,	1 6
... Grace Abounding, 18mo, cloth,	2 0
... Pilgrim's Progress, (three parts) cloth,	2 6
... Do. do. (two parts) 12mo, 1840,	2 0
... Water of Life, 18mo, cloth, ... ... ...	1 0

# From the Publishers

Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart,

		s.	d.
Bunyan's Sighs from Hell, 18mo, cloth,	... ...	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, cloth,	... ...	1	0
... Holy War, 18mo, ( <i>in the Press</i> ),	... ...	2	6
Burder's Village Sermons, 18mo, cloth,	... ...	1	6
Campbell (Donald) on the Language, Poetry, and Music of the Highland Clans, <i>with Music</i> ,		7	6
Catechism, Shorter, 1d.      Gaelic and English,		0	2
...      Mother's, 1d.      Gaelic and English,		0	2
...      Shorter, with Proofs, ... ... ...		0	1½
...      Brown's Shorter, for Young Children,		0	1
Confession of Faith, fcap. 8vo, cloth,	... ...	2	6
Dairyman's Daughter, <i>sewed</i> ,	... ... ...	0	4
Dàm an Deirg agus Tiomna Ghuill, (Dargo and Gaul) with a new Translation, Notes, and Introduc- tion, by C. S. Jerram,	... ... ... ...	2	6
Dewar's (Rev. Dr.) The Gaelic Preacher, 8vo,	... ...	0	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome,	... ...	0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, cloth,	... ...	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, cloth,	... ...	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, cloth,	... ...	1	6
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> ,	... ...	0	2
Elegy on Dr Macdonald of Terrintosh, 12mo,	... ...	0	6
English Poems, with Gaelic Translations, arranged on opposite pages, 12mo, cloth,	... ...	3	6
Finlayson (Rev. R.) Brief Sketch of the Life of, by Rev. J. Macpherson, 18mo, cloth,	... ...	1	0
Flavel's Token for Mourners, 18mo, cloth,	... ...	1	0
Forbes' (Rev. J.) Baptism and the Lord's Supper,	... ...	0	4
... An Lochran: Dialogues regarding the Church,	... ...	0	6
... Long Gheal: The White Ship; a Spiritual Poem,	... ...	0	4
Gael (The), a Monthly Gaelic Magazine, 6s. a-year,		or each No.	0
Gaelic First Book, 18mo, 2d.; Second do.	... ...	0	4
Gaelic Spelling-Book, 18mo, cloth	... ... ...	0	6
Gaelic Tracts, 50 different kinds, <i>sorted</i> , for	... ...	2	6
Gaelic Tracts, 8 sorts, ... ... ...	100 for	1	0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, cloth,	... ...	1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, cloth,		2	0



X

EISEIRIGH

NA

SEANN CHANAIN ALBANNAICH;

NO,

AN NUADH ORANAICHE GAIDHEALACH.

LE

ALASTAIR DONULLACH,


(MAC MHAIGHISTIR ALASTAIR.)

---

AN SEACHDAMH CLO-BHUALADH.

---

EDINBURGH :  
MACLACHLAN & STEWART,  
64 SOUTH BRIDGE.





## *E R R A T A.*

Page x., line 14, for Urnaigh read Uirghioll.

Page 42, line 28, for aige read aigne.

Page 86, line 18, after àirin insert iùirin.

Page 87, line 2, for duilleadh read duilleach.

Page 129, line 17, for sedibhge read sedibhge.

Page 146, line 25, for sgoilteach read sgoilteadh.

Page 150, line 29, for fusgaitl read fuasgaitl'.

Page 175, line 17, for uchaid read urchaid.

K. T. J. A. S. R.

Moldégið hevit sigruminni til 41 smil „x“ eftir  
Augið boor ogin þó 39 smil „x“ eftir  
málinn „x“ ogin nánar 30 smil „x“ eftir 38 eftir  
dóttuminni Þóðr Þóðrssonni til 2 smil „x“ eftir  
engdísinni hevit ogin þó 31 smil „x“ eftir 30 eftir  
Heftlings hevit dómuminni til 32 smil „x“ eftir 30 eftir  
Hessanum hevit Hessuminni til 33 smil „x“ eftir 32 eftir  
Himilum hevit himiluminni til 34 smil „x“ eftir 33 eftir

## M E M O I R.

ALEXANDER M'DONALD, the Author of the following Poems, is better known among his countrymen by the name of "*Mac Mhaighstir Alastair*." His father, the Rev. Alexander M'Donald, was parish minister of Ardnamurchan before the Revolution, but was deposed in 1697 for Nonjurancy. He has been described as "a man of candour, ingenuity, and conscience ;" and tradition reports him as a man of great bodily strength. After his deposition, he continued his ministrations in the district of Ardnamurchan and Moidart, in connection with the Episcopal Church, till his death.

The Poet was born somewhere about the year 1700. He was the second son of a large family of sons and daughters. Very little of his early, or indeed of his later life, is known to us. His father meant him for the Church ; his Chief, it is reported, preferred that he should be educated for the bar. He attended the University of Glasgow, of which his father was a graduate, for a few sessions. We do not know when or why his university career was cut short, or what academical success attended it ; but his poems bespeak familiarity with the ancient classics. He married (at an early age, it is said) Jane M'Donald, of the family of Dail-an-Eas, in Glenetive. Shortly after-

wards we find him in his native parish teaching one of the schools supported by the Society for Propagating Christian Knowledge, from which he was in time promoted to the parish school of Ardnamurchan. He was at that time, it is said, an elder of the Kirk. He must have been a member of the Church of Scotland before he could have held the office of teacher of a Society or parish school.

When the Highland chiefs rose to support by the sword the cause of Charles Stuart in 1745, the Poet joined the army under the younger Clanranald of the day. He received a commission ; and was regarded a valuable adherent to the Stuart cause, not only as an energetic officer, but as a poet who was both able and willing to arouse enthusiasm in behalf of the cause, and to stimulate the energies of those who had given up their all to follow their prince. M'Donald shared fully in the disasters of that campaign. He lost everything he possessed. After the defeat of Culloden, he, like many others, managed to conceal himself from the fury of the conquerors amid the wilds of Arisaig and Moidart.

After the Indemnity Act was passed, he received from Clanranald the appointment of baillie or land-steward of the Island of Canna. How long he retained this appointment we know not ; but we find him, about the year 1751, in Edinburgh, with the view to follow, it is said, the profession of teaching. This mission proved unsuccessful. One of his own songs relates his removal from ‘Eigneig,’ variously said to be in Kingerloch and Moidart, to Invercraoi in Knoydart.

He afterwards returned to Arisaig, where he resided, according to the biographers, at a place called Sandaig, till his death. Mackenzie (*Beauties of Gaelic Poetry*) says that "he died at a good old age, and was gathered to his fathers, in Eilean Fionain, in Loch Sheil." Dr Scott (*Fast. Eccles. Scot.*), upon what authority we know not, states that he betook himself to the use of opium, and died in a lunatic asylum.

With the exception, perhaps, of Ewen M'Lachlan of Aberdeen, M'Donald was the most learned of Gaelic Bards. His reputation as a scholar must have been early established, for we find the Presbytery of Mull recommending him to the Society for Propagating Christian Knowledge as a competent man to compile a Gaelic Vocabulary, which the Society desired to publish for the use of their schools. This work he undertook and successfully executed. It was the first attempt of the kind in the language, and was published in 1741. He published his own Poems in 1751, with the significant title, "Ais-eiridh na Sean Chanoin Albannaich." Dr Clerk, of Kilmallie, in his edition of Ossian, quotes from the preface to this edition of M'Donald's Poems interesting extracts, to prove that the Poet at that time contemplated the publication of a volume of ancient Gaelic Poetry. His Poems were several times re-published in Glasgow: first in 1764; again in 1802; in 1835; in 1839; and lastly in 1851.

M'Donald's volume of 1751 was the first volume of Gaelic poetry published. It is said that his published poems form but a small part of his metrical composi-

tions. Many pieces of his were in the possession of his son Ranald, who published a few of them along with some poems of his own in 1776, but the greater number disappeared. Many others, again, are unfortunately unfit for publication.

M'Donald has hitherto held a foremost place among modern Highland bards. In his command of the vocables of the language, and especially of recondite words and phrases, he is certainly unapproached ; but as a poet, the generality of readers demand, if not the chief, at least an equal place for Duncan Ban M'Intyre. The characteristics of M'Donald are fire, energy, and passion. Reid, in his '*Bibliotheca Scoto-Celtica*,' gives a picture of the man, but from whence derived we know not. "In person," (he says) "M'Donald was large and ill-favoured. His features were coarse and irregular. His clothes were very sluggishly put on, and generally very dirty. His mouth was continually fringed with a stream of tobacco-juice, of which he chewed a very great quantity." This description seems to us a not inept representation of his mental and moral endowments. Large, strong, and powerful his mind was, beyond most, if not all, modern Gaelic poets ; but its texture was coarse, and the filth and tobacco-juice appear frequently at the core, and not merely on the fringes. A restless fiery spirit, apt to become peevish and discontented, and with his moral nature sadly out of gear. Bred an Episcopalian, we find him at one time a Presbyterian and an elder, and shortly afterwards a Catholic. He can compose the beautiful and even tender though

exaggerated ‘Praise of Morag ;’ but, to appease his wife’s jealousy, he is ready with his ‘Dispraise,’ in the foulest and most obscene language. A man who could write the preface to his edition of 1751, and compose *Marbhrann na h-Aigionnaich*, is surely a moral contradiction. He shows a large and sympathetic spirit towards the great past of his country’s literature ; but he must prostitute his mighty genius in order to denounce with the most scurrilous invective any individual, however insignificant and obscure, who will presume to cross his path.

In his martial songs M’Donald appears to best advantage. Here there is energy and strength, as in every line he wrote ; and there is excuse for his passion. It is very characteristic of his reckless courage that he published these poems, breathing rebellion in every line, and pouring the full vial of his wrath upon the whole race of the Georges, five years after the battle of Culloden. Some of his pastoral pieces, more especially the ‘Ode to Summer,’ and the ‘Sugar Brook,’ have also been much and deservedly admired.

The permanent place of M’Donald in Gaelic literature will depend chiefly upon the poems printed in this volume. His Vocabulary of the Gaelic Language is all but forgotten. His enlightened idea of a collection of ancient Gaelic poetry was never executed. With the exception of a few immoral pieces, which it is but just to say he lived to regret, this volume contains all that now survives of his poetical works. Of these, the sea-piece, composed to the ‘Birlinn’ of Clanranald, is in many respects the

most remarkable. Reid says of it, that "for subject matter, language, harmony, and strength, it is almost unequalled in any language." To us the 'Birlinn' always appeared as the most enduring monument of M'Donald's ability and strength. We could never picture the author of this poem except as a man of nerve and sinew and daring courage, whose delight it was to be in the thick of danger wherever he could meet with it, whether on land or on sea. Perhaps the energy and impetuosity of the man, combined with his command of the vocables of the language, may, in part at least, account for the very unfortunate habit he has of crowding his pages with descriptive epithets, so that whole lines are often met with consisting merely of a number of adjectives, every one of which is supposed to represent some quality inherent in the subject which is being described. M'Donald displays great skill and talent in his choice and arrangement of expressive epithets, especially in the 'Birlinn'; but his influence in this respect upon Gaelic poetry has been unfortunate. His imitators had neither his knowledge nor his genius; and in their hands descriptive poetry became too often unmeaning jargon. To those who wish to study modern Gaelic, and especially the wealth and expressiveness of its vocabulary, the poems of this gifted man, "with passions wild and strong," are among the most important works published in the Gaelic language.

## AN CLAR-INNSE.

---

	Taobh
MEMOIR, . . . . .	v.
Moladh an ùghdair do 'n t-seann chànan Ghàidhealaich, . . . . .	1
Guidhe no ùrmaigh an ùghdair do 'n Cheòlraidh,	5
Moladh Móraig', . . . . .	8
Oran an t-Samhraidh, . . . . .	19
Oran a' Gheamhraidh, . . . . .	24
Oran nam Fineachan, . . . . .	29
Brosnachadh do na Fineachan Gàidhealach 's a' bhliadhna 1745, . . . . .	36
Moladh air Piob-mhór Mhic-Cruimein do 'n ainm an Oinseach, . . . . .	40
Oran Rioghail a' bhotail, . . . . .	47
Allt an t-Siùcair, . . . . .	53
Mórag, . . . . .	61
Oran do Mhac-Shimidh, . . . . .	66
Smeòrach Chlann-Raonuill, . . . . .	71
Deoch-slàinte Thèarlaich, . . . . .	76
Oran do 'n Phrionnsa, . . . . .	78
Oran eile do 'n Phrionnsa, . . . . .	79
Imrich Alastair á Eigneig, . . . . .	81
Aoir a' chnocain, . . . . .	85

AN CLAR-INNSE.

	Taobh
Fàilte na Mòrthir, . . . . .	86
Màiri Shùgaideach, . . . . .	91
Cuachag an Fhàsaich, . . . . .	93
Orau do Raonull òg Mac-Mhic-Ailein, . . . . .	95
Oran d' a chéile, . . . . .	100
Orau mu Bhliadhna Thèarlaich, . . . . .	103
Dealachadh a' Phrionnsa 's nan Gàidheal, . . . . .	109
Tèarlach mac Shéumais, . . . . .	116
Mo bhobug an dram, . . . . .	119
Oran Ailein, . . . . .	121
Marbhrann do pheata columain, . . . . .	122
Marbhrann Righ Tèarlach, . . . . .	124
Urnaigh Mhontrose an oidhche roimh a bhàs, . . . . .	125
Urnaigh Mhontrose air bialaodh na Pàrlamaid', . . . . .	126
An Caimbealaich Dubh, . . . . .	126
Rannan eadar am bàrd agus an t-Aireach Muileach, . . . . .	131
An Airc, . . . . .	134
Diomoladh Chabair-Féidh, . . . . .	146
Moladh au Leogháinn, . . . . .	155
Ioram, . . . . .	162
Bìrlinn Chlannraonuill. . . . .	166

# AISEIRIGH

NA

## SEANN CHANAIN ALBANNAICH.

---

MOLADH AN UGHDAIR DO 'N T-SEANN CHANAIN  
GHAIDHEALAICH.

GUR h-e 's crìoch àraig  
Do gach cainnt fo 'n ghréin,  
Ar smuaintean fàsmhor  
A phàirteachadh ri chéil' ;  
Ar n-inntinnean a rùsgadh,  
Agus rùn ar crìdh'—  
Le 'r gniomh 's le 'r giùlan,  
Sùrd chur aig ar dith,  
'S gu laoigh ar beòil  
Iobradh 'Dhia nan dùl,—  
'S e h-àrd chrìoch mhòr,  
A bhi toirt dòsan cliù.  
'S e 'n duine féin,  
'S aon chréutair réusant' ann,  
Gu 'n d' thug toil Dé dha,  
Gibht le bhéul bhi cainnt :  
Gu 'n chum e so  
Bho 'n uile bhrùid gu léir—  
O, ghibht mhór phriseil s',  
Dheilbh 'n a iomhaigh féin !

A

Na'm beirteadh balbh e,  
 'S a theanga marbh 'n a cheann,  
 B' i 'n iargain shearbh i,  
 B'fhèarr bhi marbh na ann.

'S ge h-ioma cànain,  
 Bho linn Bhàbeil fhuair  
 An sliochd sin Adhaimh,  
 'S i Ghàilig a thug buaidh.  
 Do'n labhradh dhàicheil,  
 An t-urram àrd gun tuairms', —  
 Gun mheang, gun fhàilinn,  
 Is urrainn càch a luaidh.  
 Bha Ghàilig ullamh,  
 'N a glòir fior ghuineach, cruaidh,  
 Air feadh a' chruinne  
 Mu 'n thuilich an Tuil-ruadh.

Mhair i fòs,  
 'S cha téid a glòir air chall,  
 Dh' aindeoin gò,  
 A's mi-rùn mòr nan Gall.  
 'S i labhair Alba,  
 'S Gall-bhodacha féin ;  
 Ar flaith, ar prionnsai,  
 'S ar diùcanna gun éis.  
 An tigh-comhairl' an rìgh,  
 'N uair shuidheadh air binn a' chùirt,  
 'S i Ghàilig liobha  
 Dh' fhuasgladh snaim gach cùis'.  
 'S i labhair Calum  
 Allail a' chinne mhòir ;—  
 Gach mith a's math,  
 Bha 'n Alba, beag a's mòr.  
 'S i labhair Goill a's Gàidhil,

Neo-chleirich a's cléir,—  
 Gach fear a's bean,  
 A ghluaiseadh teanga 'm béul.  
 'S i labhair Adhamh,  
 Ann am Pàrras féin,  
 'S bu shiubhlach Gàilig  
 Bho bhéul àluinn Eubh !  
 Och ! tha bhuil ann,  
 'S uireasbhach gann fo dhìth,  
 Glòir gach teanga  
 A labhras cainnt seach i.  
 Tha'n Laidionn coimhliont',  
 Torach, teann na 's leòir ;  
 Ach 's sgalag thràilleil  
 I do 'n Ghàilig chòir.  
 'S an Athen mhòir,  
 Bha Ghréugais còrr 'n à tim,  
 Ach b' ion dh'i h-òrdag  
 Chur fo h-òr-chrios grinn.  
 'S ge mìn, slím, bòidheach,  
 Cùirteil, rò-bhog, liobh',  
 An Fhraingis lòghmhor,  
 Am pailis mòr gach rìgh ;  
 Ma thagras càch oirr',  
 Pàirt de'n ainphìach féin,  
 'S ro bheag a dh' fhàgas  
 Iad de dh-àdh 'n a cré.  
 'S i 'n aon chànan  
 Am béul nam bàrd 's nan éisg,  
 Is fhèarr gu càineadh,  
 Bho linn Bhàbeil féin.  
 'S i 's fhèarr gu moladh,  
 'S is torrunnaiche gléus

Gu rann no laoidh,  
 A tharraing gaoth roimh bhéul.  
 'S i 's fhèarr gu comhairl',  
 'S gu gnothach chur gu féum,  
 Na aon teang' Eòrpach,  
 Dh' aindeoин bòsd nan Gréug.  
 'S i 's fhèarr gu rosg,  
 'S air casaibh a chur duain ;  
 'S ri cruaidh-uchd cosgair,  
 Bhrosnachadh an t-sluaigh.  
 Mu choinnimh *bar*,  
 'S i 's tàbhachdaich' bheir buaidh,  
 Gu toirt a' bhàis  
 Do 'n éucoir dhàicheil, chruaidh.  
 Cainnt làidir, ruithteach,  
 Is neo-liotach fuaim ;  
 'S i seadhail, sliochdmhor,  
 Briosg-ghlòireach, mall, luath.  
 Cha 'n fhéum i iasad,  
 'S cha mhò dh' iarras bhuap' ;  
 O, 'n t-scann mhàthair chiatach,  
 Làn de chiada buaidh !  
 Tha i féin daonnaн  
 Saoibhir, maoineach, slàн ;  
 A tighean-taisge,  
 Dh' fhaclaibh gasda, làn.  
 A' chànan, sgapach,  
 Thapaidh, bhlasta, ghrìnn !  
 Thig le tartar  
 Neartmhор, á béul cinn.  
 An labhairt shiولmhور,  
 Lionmhور, 's milteach buaidh !  
 Shultmhور, bhrioghmhor,

Fhiorghan, chaoidh nach truaill !  
 B' i 'n teanga mhilis,  
 Bhinn-fhaclach 's an dàn ;  
 Gu spreigeil, tioram,  
 Ioraltach, 's i làn.  
 A' chànan cheòlmhor,  
 Shòghmhор, 's glòrmhor blas,  
 A labhair mòr-shliochd  
 Scòta, 's Ghàidheil-ghlais.  
 'S a réir Mhic-Comb,\*  
 An t-ùghdair mòr ri luaidh,  
 'S i 's frèumhach òir,  
 'S ciad ghràmar glòir gach sluaigh.

---

## GUIDHE NO URNAIGH AN UGHDAIR DO 'N CHEOLRAIDH.

A Cheòlraidh mhòr tha 'n tàmh gu h-àrd,  
 Seallaibh a nìos ;  
 Nach cluinn sibh ur daltan air làr,  
 Ag atach a chìos ?  
 E lùghadh a ghlùn ris a' phàirc,  
 'S a shùilean a suas,  
 'G aslachadh uireasan bàird,  
 Gun chàird a nuas.  
 Laoigh a bhcòil le cridhe tiom'  
 'G an iobairt gu cruaidh :  
 Freaslaibh do 'n altair 's an tìm ;  
 Diolaibh dha duais.  
 A naoinear inghean *Jupiter* àird  
 'S *Mnemosyne* caoimh' ;  
 Séidibh m' aigne le 'r piobannan àigh,

\* David Malcolm, D.D., Minister of Duddingston, died 7th Feb., 1748.

'S deilbheam meadrachd nach claoen.

A *Chlio* mhaiseach, thaobh barrachd d'aois',

'S do bhreth roimh chàch,

Cha 'n iarraim de d' bhuaidhean-s' ach braon,

'S bidh m' achainean pàidht'.

*Urania*, tilg h-ugam de d' stòr,

Na dh' fhosglas mo bhéul;

Sgaoil mo ghlasan le d'iuchraighean òir,

Taisbein do dhéirc.

*Challiope*, a réul-iùil nan duan,

Réitich mo shnaim,

'S cuir facail thaghte, ghéur, chruaidh,

Gu luath am chóm.

*Euterpe*, a bheairtis nan rann,

'S an amlaidh ghrinn,

Locair gu snasta gach sioladh de m' chainnt,

M' fhaobhar 's mo ruinn.

*Erato*, a chiste na maoin',

Fileanta, deas, gléus mo mheomhair,

'S thoir dhomh de d' thaisg,

Na dh' fhoghnas greis.

A *Melpomene*, air m' uireasbhuidh fòir,

A d' ulaidh làn maoin' ;

Bho 'n dh' fhoghnas leam pàirt de'n th' agad de chòrr,

Cha bhi m' achaincan daor.

A *Therpsichore*, a muime nan duan,

'S pàirt de chuilidh na frith,

Cuir *crambo* taitneach am chluais,

Am bi cruas agus brigh.

A *Pholyhymnia* 's geal-chraigheach cruth,

Ge tu 's òige 's an t-sreach,

Do chomaradh milis, fileant seach stuth,

Sirim gu sèamlì.

A *Thalia*, le d' ola ro thlàth,  
 Suath roithin mo ghléis ;  
 Leig siubhal a's gluasad le d' fhaobhar s' le d' àgh,  
 Gu labhairt do m' bhéul.

*Apollo*, tha m' inntinn cho rag  
 Ri speilg de chreig ;  
 Fàg-s' i gun dàil, so-lùibte mår ghad  
 Coiniulach, bog.

A *Mhinerva*, oide na sgoil',  
 'S a *chéidse* nam fil,  
 Cuir aon dusan facal am char,  
 'S tuilleadh cha shir.

Na tugaibh dhomh saothair ni glagan 's a' chluais,  
 'S de thugse bhios fàs  
 Mar chaoch-chnuasaich chruinn a ni fuaim,  
 Gun éitein 'n a làr.

Gabhaidh sibh-fèin, ge h-àrd ar staid,  
 Ri iobairtean beag ;  
 Nnochdaidh mise mo chomas ge lag,  
 'S éucoir mur crèid.

Tha spéirid mo chomais cumhang na 's leòir,  
 Ge farsaing mo mhiann,  
 Gu balla thogail air stéidh cho mòr,  
 'S clach shnaidhte de m' dhìth.

Cainnt shnasta de m' dhìth, ge stràcte mo thoil,  
 Tha mi falamh de sgil ;  
 'S ni gun susbaint ealain gun sgoil  
 Air *subject* mar mhil.

Gur h-aimhgheur mo pheann, 's neo-sgaiteach mo  
 bhil,

Mo cheann cha mhol ;  
 Mo phaipeir a's m' *ink* tha iad làn de chron,  
 'S uireasbhuidh sin.

## MOLADH MORAIG\*.

FONN.—“*Piobaireachd.*”*Urlar.*

'S truagh gun bhi 's a' choill,  
 'N uair bha Mòrag ann :  
 Thilgeamaid na croinn  
 Co bu bhòich' againn ;  
 Inghean a' chùil duinn,  
 Air am beil an loinn,  
 Bhiomaid air ar broinn  
 Feadh nan ròsanan ;  
 Bhréugamaid sinn-fhìn,  
 Mirzag air ar blion,  
 A' buain shóbhrach mìn-bhuidh'  
 Nan còsagan :  
 Theannamaid ri strìth,  
 'S thaghlamaid 's an fhrìth,  
 'S chailleamaid sinn-fhin  
 Feadh nan srònagan.

\* This is one of the finest productions of the Celtic muse. The bard appears to have been really enamoured, and he pours forth his elegant, rapid, and impassioned strains in a torrent of poetry which has never been equalled by any of his contemporaries. Morag was a common country girl; and it is said that the poet's wife became jealous of her rival. The bard had talked of the marriage ties with the greatest contempt, and regretted that he was fettered with the bonds of wedlock. This raised a storm, and the bard sacrificed his mistress to appease his wife, and composed his “Mi-Mholadh.” Here is an instance of his disregard to truth and common decency, as well as of moral and poetical justice: as the praise was exaggerated and extravagant, the censure was cruel, unmanly, and undeserved. He first raises the object of his admiration to the skies, with the most hyperbolical praise, and then, without any provocation, he suddenly wheels round and overwhelms his goddess with the most slanderous, foul-mouthed, and unfeeling abuse.—SAR-OBAIR.

*Urlar.*

Sùil mar ghorm-dhearc driùchd  
 Ann an ceò-mhadainn ;  
 Deirg' a's gile 'd ghnùis  
 Mar bhlàth òrainsean.  
 Shuas cho mìn ri plùr ;  
 Shìos garbh mo chulaidh-chiùil ;  
 Grian na plaineid cùrs',  
 Am measg òigheannan ;  
 Réulta glan gun smùr  
 Measg nan rionnag-iùil ;  
 Sgàthan-mais' air flùra  
 Na bòichead thu ;  
 Ailleagan glan, ùr,  
 A dhallas ruisg gu'n cùl—  
 Ma's ann de chriadh-aich thù,  
 'S aobhar mòr-ioighnaidh !

*Urlar.*

Bho 'n thàinig gnè de thùr  
 Bho m' aois-òige dhomh,  
 Nior fhacas créutair dhiù,  
 Bha cho glòrmhoire ;  
 Bha Mali, 's dearbha caoin,  
 'S 'gruaidh air dhreach nan caor ;  
 Ach caochlaideach mar ghaoith,  
 'S i ro òranach.  
 Bha Peigi fad an aois,  
 Mur bhith sin b' i mo ghaol.  
 Bha Marsaili fìor-aotrom,  
 Làn ncònachais.

Bha Lili a' taitinn riùm,  
 Mur bhith a ruisg bhi fionn ;—  
 Ach cha bu shàth bùirn-ionnlaid,  
 Do 'n Mhòraig s' iad.

*Siubhal.*

O ! 's coma leam, 's coma leam  
 Uil' iad ach Mòrag ;  
 Rìmhinn dheas, chulach,  
 Gun uireasbhuidh fòghluim ;  
 Cha 'n fhaighear a tiunnail,  
 Air mhaise no bhunailt,  
 No 'm béusan neo-chumant',  
 Am Muile no 'n Leòghas.  
 Gu geamnaidh, deas, furanach,  
 Duineil gun mhòrchuis ;  
 Air thagha na cumachd,  
 Bho 'mullach gu 'brògan ;  
 A nèul tha neo-churaidh,  
 'S a h-aigne ro lurach ;  
 Gu briodalach, cuireideach,  
 Urramach, seòlta.

*Siubhal.*

O guiliugag, guiliugag,  
 Guiliugag Mòrag ;  
 Aice tha chulaidh  
 Gu cuireadh nan òigfhear.—  
 B' e 'n aighir 's an sulas,  
 Bhi sinte riut, ulaidh,  
 Seach daønnan bhi fuireach  
 Ri munaran pòsaidh.  
 'G am phianadh, 's 'g am ruagadh,

Le buaireadh na fedla ;  
 Le aislingean-connain  
 Na colla 'g am leònadh ;  
 'N uair chithim mu m'choinnimh,  
 A ciocchan le coinnil,  
 Theid m' aigne air bhoilidh,  
 'S 'n a theine dearg sòlais.

*Siubhal.*

O fairigean, fairigean,  
 Fairigean Mòrag !  
 Aice tha chroiteag  
 Is *tight* anns an Èòrpa ;  
 A ciocchan geal criostoil,  
 Na'm faiceadh tu stoit' iad,  
 Gu 'n tàirneadh gu beag-nair',  
 Ceann-eaglais na Ròimhe.  
 Air bhuge 's air ghile,  
 Mar lili nan lònán ;  
 'N uair dheanadh tu 'n dinneadh  
 Gu 'n cinneadh tu deònach ;  
 An deirgead, an grinnead,  
 Am mìnead, 's an tinnead ;  
 Gu 'm b' àsainn chur spionnaidh,  
 A's spioraid am feòil iad.

*Urlar.*

Thogamaid ar fonn,  
 Anns an òg-mhadainn ;  
 'S *Phœbus* 'dath nan tonn,  
 Air fiamh òrainsean ;  
 Fo'r céill cha bhiodh conn,  
 Air sgàth dhoire 's thóm,

Sinn air dàradh tróm  
 Le 'r cuid gòraileis ;  
 Direach mar gu 'in biodh  
 Maoiseach 's boc am frith,  
 Crom-ruaig a cheile dian  
 Timcheall òganan :  
 Chailleamaid ar clith  
 Ag gàireachdaich leinn-fhìn,  
 Le bras mhacnas dian sin  
 Na h-ògalachd.

*Siubhal.*

O dastram, dastram,  
 Dastram Mòrag !  
 Rìmhinn bhuidh', bhastałach,  
 Leac-ruiteach, ròsach ;  
 A gruaidean air lasadh,  
 Mar lasair-chlach dhaite,  
 'S a déud mar an sneachda,  
 Cruinn-shnaidhte 'n dlùth òrdugh.  
 Ri *Venus* cho tlachdmhor,  
 An taitneachdainn fheòlmhoir ;  
 Ri *Dido* cho maiseach,  
 Cho snasmhor 's cho còrr rith' ;  
 'S e thionnnsgain dhomh caitheamh,  
 'S a lughdaich mo rathan,  
 A bhallaig ghrìnn, laghach,  
 Chuir na gathan so m' fheòil-sa.

*Siubhal.*

'S mur bithinn fo ghlasaibh,  
 Cruaidh-phaisgte le pòsadhbh,  
 Dh' iobrainn cridhe mo phearsa,

Air an altair so, Mòrag ;  
 Gu 'n liùbhrainn gun airteal,  
 Aig stòlaibh a cas e,  
 'S mur gabhadh i tlachd dhiom,  
 Cha b'fhad' an sin beò mi.  
 O, 'n t-urram, an t-urram,  
 An t-urram, do Mhòraig !  
 Cha mhòr nach do chuir i  
 M' fhuil uil' ás a h-òrdugh ;  
 Gu'n d' rug oirre céum-tuislidh,  
 Foimeachd mo chuislean,  
 Le teas a's le murtachd,  
 Bho mhoch-thràth Didònuich.

*Siubhal.*

'S tu réulta nan cailin,  
 Làn lainuir, gun cheò ort ;  
 Fior chòmharnard gun charraid,  
 Gun arral, gun bheòlam :  
 Cho mìn ri clòimh eala,  
 'S cho geal ris a' ghaillinn,  
 Do sheang-shlios sèanh, fallain,  
 Thug barrachd air mòran ;  
 'S tu ban-righ nan ainnir—  
 Cha sgallais an còmhradh ;  
 Ard, foinnidh, ad ghalla,  
 Gun bhallaart, gun mhòrchuis ;  
 Tha thu coimhliont' ad bhallaibh,  
 Gu h-innsgineach, ealamh,  
 Caoineach, meachaire, farasd',  
 Gun fharum, gun ròpal.

*Urlar.*

B' fhèarr gu 'm bithinn sgaoilt'

As na còrdaibh so ;  
 Thug mi tuilleadh gaoil,  
 A's bu chòir dliomh dhut.  
 Ged thig fo dhuine taom  
 Gu droch-ghniomh bhios claoan,  
 Cuirreadh e cruidh-shnaim  
 Air bho 'n ghòraich' sin,—  
 Ach thug i so mo chiall  
 Uile bhuam gu trian,  
 Cha 'n fhaca mi riabh  
 Tionnail Mòraig so.  
 Ghoid i bhuam mo chrìdh',  
 'S shlad i bhuam mo chlìth,  
 'S cuiridh i 's a' chill  
 Fo na fòdaibh mi.

*Siubhal.*

Mo cheist agus m' ulaidh,  
 De n' chunnaic mi d' sheòrs' thu ;  
 Le d' bhroilleach geal-thuraid  
 Nam mullaichean bòidheach.  
 Cha 'n fhaigh mi de dli-fhuras,  
 Na ni mionaid bhuat fuireach,  
 Ged tha buarach na dunach,  
 'G am chumail bho d' phìosadh.  
 Do bhéul mar an t-sirist,  
 'S e milis ri phògadh ;  
 Cho dearg ri *vermillion*  
 Mar blileagan ròsan.  
 Gu 'n d' rinn thu mo mhilleadh  
 Le d' *Chupid* 'g am bhioradh,  
 'S le d' shaighdean caol, biorach,  
 Rinn ciorram fo m' chòta.

*Siubhal.*

Tha mi làn mulaid,  
 Bho 'n chunnaic mi Mòrag ;  
 Cho tróm ri cloich-mhuilinn  
 Air lunnan 'g a seòladh :  
 Mac-samhuilt na cruinneig,  
 Cha 'n 'eil anns a' chruinne—  
 Mo chridh' air a ghuin leat,  
 Bho 'n chunnaic mi d' òr-chùl,  
 'N a shlamagan bachullach,  
 Casurlach, còrnach ;  
 Gu fàinneagach, cleachdàgach,  
 Dreach-lùbach, glòrmhor ;  
 'N a réultagan clearclach,  
 Mar usgraichean drachmhòr,  
 Le fùdar 's an flasan,  
 Grian-lasta, ciabh òrbhuidh.

*Siubhal.*

Do shlios mar an canach,  
 Mar chaincal do phògan ;  
 Ri *phœnix* cho ainneamh,  
 'S glan lainnir do chòta :  
 Gu mùirneineach, banail,  
 Gun àrdan, gun stannart,  
 'S tu còrr ann an ceanal,  
 Gun ainnis, gun fhòtus.  
 Na 'm faicteadh mo leannan  
 'S a' mhath-shluagh Didònuich,  
 B' i coltas an aingil,  
 'N a h-earraadh 's 'n a còmhradh :  
 A pearsa gun talach,  
 Air a gibhtean tha barrachd—

An tì dh' fhàg thu gun ainimh,  
Rinn de thalamh rud bòidheach !

*Urlar.*

Tha 'n saoghal làn de smaointinnean feòlmhor;  
*Mammon* bidh 'g ar claonad  
Le ghòisnichean ;  
A' choluinn bheir oirnn gaol  
Ghabhail gu ro fhaoin  
Air strìopachas, air craos,  
Agus stròdhalachd ;  
Ach, cha do chreid mi riabh,  
Gu'n do sheas air sliabh,  
Aon té bha cho ciatach  
Ri Mòraig so :  
A subhailcean 's a ciall,  
Mar gu'm biodh ban-dia—  
Leagh i 'n crìdh' am chliabh  
Le cuid òrrachan.

*Siubhal.*

Ur comhairle na ceilibh orm,  
Ciod eile their no nì mi  
Mu 'n rìmhinn bu tearc ceileireadh,  
A sheinneadh air an fhìdeig ?  
Cha 'n fhaighear a leith'd eile-sè  
An tìr-mór, no 'n eileinean,  
Cho ionlan a's cho eireachdail  
Cho teiridneach, 's cho biogail.  
'S nì cìnnteach gur nì deireasach,  
Mur ceilear so air Sìne—  
Mi thuiteam an gaol leth-phairteach  
'S mo cheathramhnan de m' dhiobhail.

Cha 'n 'eil de bhùrn an Seile sid,  
 No 'shneachd an Cruachan eilideach,  
 Na bheir aon fhionnachd eiridneach,  
 Do 'n teine th' ann am innsgin.

*Siubhal.*

'N uair chuala mi ceòl leadanach  
 An fheadain a bh' aig Mòraig,  
 Rinn m' aigne dannsa beadarrach,  
 'S e freagradh dha le sòlas :  
 Sèamh-ùrlar socair, leadarra,  
 A puirt 's a meòir a' breabadaich,  
 B' e sid an t-oirfeid eagarra,  
 Do 'n bhéus na creagan mòra.  
 O chòin ! a fcadan bailleagach,  
 Cruaidh, sgailleagach, glan, ceòlmhor.  
 Nam binn-phort stuirteil, trileanta,  
 Réidh, mion-dhònach, bog, rò-chaoин.  
 Am màrsal còmhnnard, staideil sin,  
 'S e lùthmhòr, gràsmhor, caismeachdach,  
 Fior chrùnluath brisg, spalparra,  
 Fo clia-lù bhras-chaoин, spòrsail,

*Siubhal.*

Chìnn pròis, a's stuirt, a's spracalachd,  
 Am ghnùis 'n uair bheachdaich guamag  
 A' seinn an fheadain ioraltaich,  
 B' àrd iolach ann am chluasan :  
 A suain-cheòl sìthe mireineach,  
 Na b' fhoirmile nach sireamaid,  
 Air mhiread, ri uchd tuasaid'.  
 O, bhuille-mheòir bu lomarra  
 Gu pronnadh a' phuirt uaibhrich !

'S na h-uilt bu lùthmhòr cromaidehnean  
 Air tollaibh a' chroinn bhuadhaich !  
 Gun slaodmhiaraich, gun ronuaireachd,  
 Brisg, tioram, socair, collaideach,  
 Geal-lùdag nan gearr-chollainnean,  
 Nan crap-lù loinneil, guanach !

*Urlar.*

Chaisgeamaid ar n-iot'  
 Le gloin' fhion an sin ;  
 'S bhuaileamaid gu dian  
 Air glòir shiobhalta ;  
 Tuilleadh cha bhiodh ann,  
 Gus an tigeadh àm  
 A bhi cluith air *dàm*  
 Air na tithean sin.  
 Dh' òlamaid ar dràm,  
 Dh' fhògradh bhuainn gun taing,  
 Gach ni chuireadh moill'  
 Air bhi miog-chùiseach.  
 Maighdean nan ciabh fann,  
 Sniomhanach nan clann ;  
 Mala chaol, dhonn, cham,  
 Channach, fhiuealta.

*An Crunluath.*

Mo cheann tha làn de sheilleinean,  
 Bho 'n dheilich mi ri d' bhriodal.  
 Mo shròn tha stopt' le *hellebore*,  
 'N a deil le teine diombais.  
 Mo shùilean tha cho deireasach  
 'S nach faic mi gnè gun *telescope*—  
 Ged bhiodh miadachd beinne ann,

'S ann theirinn gur h-e frìd e !  
 Dh' fhalbh mo chéudfaidh corporra,  
 Gu docharach le bruadar,  
 'N uair shaoil leam fortan thorchairt domh,  
 'S mi 'm thorraighim air mo chluasaig,  
 Air dùsgadh ás a' chaithreim sin,  
 Cha d' fhuair mi ach ion faileis d' e,  
 An ionad na maoin' bearraidich'  
 A mheal mi gu seachd uairean.

---

## ORAN AN T-SAMHRAIDH.

FONN—"Through the wood, laddie."

An déis dhomh dùsgadh 's a' mhadainn,  
 'S an dealt air a' choill,  
 Ann am madainn ro shoilleir,  
 Ann an lagan beag, doilleir,  
 Gu 'n cualas am feadan  
 Gu leadarra seinn ;  
 'S mac-talla nan creagan  
 'G a fhreagairt bròn, bìnn.

Bidh am beithe deadh-bholtrach      2  
 Urail, dosrach nan càrn,  
 Ri maoth-bhlàs driùchd céitein,  
 Mar ri caoin-dhèarrsadh gréine,  
 Brùchdadhbh barraich troimh ghéugan,  
 Am mios céutach a' Mhàigh :  
 Am mìos breac-laoghach, buailteach,  
 Bainneach, buadhach gu dàir.

Bidh gach doire dlùth, uaignidh      3  
 'S trusgan uain' uim' a' fàs ;

Bidh an snodhach a' dìreadh  
 As gach friamhaich is isle,  
 Troimh na cuisleannan sniomhain,  
 Gu miadachadh blàth :  
 Cuach a's smeòrach 's an fheasgar  
 Seinn an leadain 'n am bàrr.

4 Am mìos breac-ubhach, braónach,  
 Creamhach, maoth-rosach, àigh !  
 Chuireas sgeadas neo-thruaillidh  
 Air gach àite, d' a dhuaichneachd ;  
 A dh' fhògras sneachd le chuid fuachd  
 Bho ghéur-ghruaim nam beann àrd ;  
 'S aig miad eagail roimh *Phæbus*,  
 Théid 's na spéuran 'n a smàl.

5 Am mìos lusanach, mealach,  
 Féurach, failleanach, blàth ;  
 'S e gu guagach, duilleach,  
 Luachrach, dìtheineach, lurach,  
 Beachach, seilleineach, dearcach,  
 Ciùrach, dealtach, tróm, tlàth ;  
 'S i mar chùirneanan daoimein,  
 Bhratach bhoillsgcil air làr.

6 'S moch bhios *Phæbus* ag òradh  
 Ceap nam mòr-chruach, 's nam beann ;  
 'S bidh 's an uair sin le sòlas,  
 Gach ian binn-fhaclach, bòidheach,  
 Céumadh mhear-bhuiilean ceòlmhor,  
 Feadh phreas, ògan, a's ghleann, —  
 A' chorruil chùirteach gun sgreadan,  
 Aig pòr is beadarraich' greann.

'S an àm tighinn do 'n fheasgar,  
Co-fhreasgradh aon àm,  
Ni iad co-sheirm shèamh, fhallain,  
Gu bileach, binn-ghobach, allail,  
A' seinn gu lùth-chleasach, daingean  
Am measg ùr-mheangain nan crann ;  
'S iad f'héin a' beiceil gu foirmeil,  
Le toirm nan organ gun mheang.

7

Bidh gach crétair d'a laigead,  
Dol le suigeart do'n choill ;  
Bidh an dreathan gu bailceant',  
Foirmeil, tailcearra, bagant',  
Siòr-chur fàilt' air a' mhadainn,  
Le rifeid mhaisich, bhuig, bhìnn ;  
Agus *Robin* 'g a bhéusadh  
Air a' ghéig os a chionn.

8

Gur glan gall-fheadan *Richard*  
A' seinn nan cuisleannan grinn,  
Am bàrr nam bileachan blàthmhòr,  
'S an dos nan lom-dharag àrda,  
Bhios 's na glacagan-fàsaich,  
Is cùbhraidh fàileadh na 'm fion :  
Le phuirt thrileanta, shiùbhlach,  
Phronnmhor, lùthmhòr le dòn.

9

Sid na puirt is glan gearradh,  
'S is ro ealanta roinn ;  
Chuireadh m' inntinn gu beadradh,  
Clia-lù d' fheadain mu'n eadradh,  
'N àm do 'n chrodh bhi 'g an leigeil,  
An innis bheitir 's a' choill ;

10

'S tu d' léig air baideal ri cionthar,  
An grianan aon-chasach croinn.

Bidh bradan seang-mhear an fhìor-uisg',  
Gu brisg slinn-léumnach luath ;  
'N a bhuidhnean tàrr-ghealach, lannach,  
Gu h-iteach, dearg-bhallach, earrach,  
Le soillsean-airgid d'a earradh  
'S mion-bhreac, lainnireach tuar ;  
'S e fliéin gu crom-ghobach ullamh,  
Ceapadh chuileag le cluain.

A Bhealltainn bhog-bhailceach, ghrianach,  
Lònach, lianach mo ghràidh,  
Bhainneach, fhionn-mheogach, uachdrach,  
Omhnach, loinideach, chuachach,  
Ghruthach, shlamanach, mhiosrach,  
Mhiodrach, mhiosganach, làn,  
Uanach, mheannanach, mhaoineach,  
Bliocach, mhaoiseach, làn àil !

O, 's fior-éibhinn ri 'chluinntinn,  
Fann-ghéum laoigh anns a' chriò ;  
Gu h-ùrail mion-bhallaich, àluinn,  
Druimfhionn, gearr-fhionnach, failidh,  
Ceanfhionn, colg-rosagh, cluas-dearg,  
Tàrr-gheal, guainciseach, òg ;  
Gu mogach, bog-ladhrach, fàsmhor,  
'S e léum ri bàirich nam bò.

A shóbhrach gheal-bhuidh'nam bruachag,  
Gur fann-gheal snuaghmhòr do ghnùis,  
Chinneas badanach, cluasach,  
Maoth-gheal, baganta, luaineach,

Gur tu ròs is fhèarr cruadal  
 A ni gluasad á h-ùir ;  
 Bidh tu 'd éideadh a's t-earrach  
 'S càch ri falach an sùl.

'S cùbhraidh fàileadh do mhuineil, 15  
 A chrios-Chuchullin nan càrn ;  
 'N ad chruinn bhabaidean riabhach,  
 Lòinneach, fhad-luirgneach, sgiamhach,  
 'N ad thuim ghiobagach, dhreach-mhìn,  
 Bhàrr-bhuidh', chasurlach, àrd ;  
 Timchioll thulmanan diomhair,  
 Mu 'm bi 'm biadh-ianain a' fàs.

'S gu 'm bi froinisean boillsgeil, 16  
 A thilgeas foidhneal na 's lcòir,  
 Air gach lùth-ghort de ncòinein,  
 'S de bharran shcamragan lòghmhòr ;  
 Mar sin a's liosaichean soilleir,  
 De dh-fheada-coille nan còs,  
 Timchioll bhoganan loinneil,  
 Is tric an eilid 'n an còir.

Nis tréigidh 'n coileach a' ghucag, 17  
 'S caitean brucach nan craobh ;  
 'S théid gu mullach nan sliabh-chnoc,  
 Le chirc ghearr-ghobaich riabhaich,  
 'S bidh 'g a suirdhe gu cùirteil,  
 Am pillean cùlghorma fraoich ;  
 'S ise freagradh lc tùchan :  
 Pi-hu-hù, tha thu faoin.

A choilich chraobhaich nan gearr-sgiath, 18  
 'S na falluinne duibh ;

Tha dubh a's geal air am measgadh,  
 Gu ro òirdheirc ad itich,  
 Muineal loinnireach, sgipidh,  
 Uaine, slios-mhìn, 's tric cróm ;  
 Gob nam pongannan milis,  
 Nach faicteadh 'sileadh nan ronn.

19 Sid an turruraich ghlan, loinneil,  
 Is àrd coiléag air tóm ;  
 'S iad ri burruras sèamh céutach,  
 Ann am feasgar bog céitein :  
 Am bannal geal-sgirteach, uchd-ruadh,  
 Mala ruiteach, chaol, chróm ;  
 'S iad gu h-uchd-àrdach, earr-gheal,  
 Grian-dhearrsgnaidh, druim-dhonn.

## ORAN A' GHEAMHRAIDH.

FONN.—“Tweedside.”

THARRAING grian, rìgh nam *planet* 's nan réul,  
 Gu *sign Chancer* Diciadaoin, gu beachd,  
 A riaghlas cothrom mu'n criochnaich e thriall,  
 Dà mhios déug na bliadhna mu seach ;  
 Ach gur h-e 'n dara Disathurn 'n a dhéigh,  
 A' ghrianstad-shamhraidh, aon-déug, an là 's fhaid' ;  
 'S an sin tionnda'idh e chùrsa gu sèamh,  
 Gu seasghrian a' gheamhraidh gun stad.

'S bho 'n dh' imich e nis bhuainn mu'n cuairt,  
 Gu 'm bi fuachd oirnn gu 'm pill e air ais ;  
 Bidh gach là dol an giorrad gu féum,  
 'S gach oidhche d'a réir dol am fad ;

Sruthaidh luibhean, a's coill, agus féur,  
 Na fàis-bheòtha cròn-éugaidh iad ás ;  
 Teichidh 'n snodhach gu friamhaich nan crann,  
 Sùighidh glaodhain an sùgh-bheatha steach.

Seacaidh géugan glan, cùbhraidh nan crann,  
 Bha 's an t-samhradh tróm-stràcte le meas,  
 Gu 'n tòirleum an toradh gu lär,  
 Gu 'n sgriosar am bàrr bhàrr gach lios.

Guilidh feadain a's creachann nam beann  
 Sruthain chriostail nan gleann le tróm sprochd,  
 Caoidh nam fueran ri meachainn gu 'n cluinu,  
 Deoch-thùnta nam maoiscach 's nam boc.

Laidhidh bròn air an talamh gu léir,  
 Gu 'n aognaich na sléibhteann 's na cnuic ;  
 Grad-dhubhaidh caoin uachdar nam blàr,  
 Fàl-rùisgte, 's iad fàillinneach bochd.  
 Na h-eòin bhuchullach, bhreac-itcach, ghrìnn,  
 Sheinneadh baisgeanta, binn, am bàrr dhos,  
 Gu 'n téid a' għlas-ghuib air am béul,  
 Gun bhogha, gun téud—iad 'n an tosd.

Sguiridh bùirdeisich sgiathach nan spéur,  
 De 'n ceileireadh grianach car greis ;  
 Cha sheinn iad am maidnein gu h-àrd,  
 No 'm feasgarain chràbhach 's a' phreas :  
 Cadal clù-mhor gu 'n dean anns gach còs,  
 Gabhail fasgaidh am frògan nan creag ;  
 'S iad ri ionndrain nan gathannan blàth  
 Bhiodh ri dealradh fo sgàile do theas.

Cuirear daltachan srian-bhuidh' nan ròs  
 Bhàrr mìn-chìoch nan òr-dhìthein beag,—

Sinean gucagach lilidh nan lòn,  
 Nam flùran 's geal-neòinein han eag,  
 Cha deòghlar le beachainn nam bruach,  
 Cròidhidh fuarachd car cuairt iad 'n an sgeap ;  
 Cha mhò chruinnicheas seillein a mhàl,  
 'S thar geal ùr-ros chrann gàraidh cha streap.

Téarnaidh bradan, a's sgadan, 's gach iasg,  
 Bho d' iarguin gu fiath-ghrùnnnd nan loch ;  
 'S gu 'm fan air an aigein dhubbh-dhónn,  
 Ann an doimhneachd nam fónn a's nan sloc ;  
 Na bric tharr-ghealach, earr-ghobhlach, shlim,  
 Léumadh meardha ri usgraichean chop,  
 'N an cairtealan-geamhraidh gu 'n tàmh,  
 Meirbh, sàmhach, bho 'n thàmh thu fo'n ghlobe.

Chas a's ghreannaich gach tulach 's gach tóm,  
 'S dòite lóm chìnn gach fireach 's gach glac ;  
 Gu 'n d' ódhraich na sìtheinean feòir,  
 Bu lusanach feòirneineach brat ;  
 Thiormaich maghannan 's ruadhaich gach fónn ;  
 Bhéuc an fhairge 's ro thónn-ghreannach gart ;  
 'S gu 'n d' sgreataich an dùdlachd gach lóng,  
 'S théid an cabhlach 'n a lóng-phort a steach.

Nèulaich pàircean a's mìodar gu bàs,  
 Thuit gach fàsach 's gach àite fo bhruid ;  
 Chiaraich monadh nan iosal 's nan àrd,  
 Theirig dathannan gràsimhor gach luig :  
 Dh' fhalbh am fàileadh bha taitneach 's am fónn ;  
 Dh' fhalbh a mhaise bhàrr lómbair gach buig ;  
 Chaidh an èunlaidh gu caoidhearan truagh,  
 Uiseag, smeòrach, a's cuach, agus druid.

A fhraoich bhadanaich, ghaganaich, ùir,  
 Do 'm b' ola 's do 'm b' fhùdar a' mhil,  
 B' i bhlàth ghrian do thàbhachd 's gach uair,  
 Gu giullachd do ghruaige le sgil ;  
 S a' mhadainn-iuchair 'n uair bhoillsgeadh a gnùis  
 Air buidheannan driùchdach nan dril,  
 B' fhior chùbhraidh 's gu 'm b' éibhinn an smùid  
 So dh' éireadh bhàrr cùirnein gach bil.

Gu'n theirig subh-thalmhann nam bruach,  
 Dh' fhalbh an enuasach le 'n tróm-lùbadh slat ;  
 Thuit an t-ubhal, an t-siris, 's am péur,  
 Chuireadh bogh' air a' ghéig anns a' bhad ;  
 Dh'fhalbh am bainne bho 'n eallaich air chùl,  
 Mu 'm bi leanaba ri ciùcharan bochd ;  
 'S gus 'n till a' ghrian gu sign *Thauruis* nam buadh,  
 'Stréun a bhudadhaicheas fuachd agus gort.

Théid a' ghrian air a thurus mu'n cuairt  
 Do *thropic Chapricorn* ghruamaich gun stad,  
 Bho 'n tig fearthuinn chruinn, mheallanaich, luath,  
 Bheir á mullach nan cruaidh-teachan sad ;  
 Thig tein'-athair, thig torunn 'n a dhéigh,  
 Thig gaillionn, thig éire nach lag ;  
 'S cinnidh uisce 'n a ghloineachan cruaidh,  
 'S 'n a għlas-léugan mìn, fuar-lieneach, rag.

A mhìos nuarranta, għarbh-fħrasach, dhorech,  
 Shneachdach, cholgarr' is stoirm-shionach bitħ ;  
 Dħisleach, dħall-churach, chathach, fhliuċi,  
 chruaidh,  
 Bhiorach, bħuagharr, 's tuath-ghaothach cith ;

Dheigheach, liath-reotach, għlib-shleamhain,  
 għarbh,  
 Chuireas sgiobairean fairge 'n an ruith ;  
 Fħlichneach, fhunntainneach, għuineach, gun  
 tläths :  
 Cuiridh d' anail gach càileachd air chrith.

A mhios chnatanach, chasadach, lóm,  
 A bhios trom air an t-sonn-bħrochan dubh ;  
 Churraiceach, chasagach lachdunn a's dhonn,  
 Bhrisneach, stocainneach, chom-chochlach, thiugħi ;  
 Bhrògach, mheatagach, pheiteagach bhàn,  
 Imeach, aranach, chàiseach, gun għruth ;  
 Le 'm miann bruthaiste, mairt-fheðil a's càl,  
 'S ma bhios blàth nach dean tàir' air gnèth stuth.

A mhios bhrottagach, thoiteanach, shòigh,  
 Ghionach, stròdhail, fhior-għeċċail gu muic ;  
 Liteach, làganach, chàbaisteach, chòrr,  
 Phoiteach, ròmasach, ròiceil, gu sult ;  
 'S an taobh-amuigh ged a thubh sinn ar com,  
 Air an t-àileadh ghéur, tholltach, gun tlus,  
 'S éudar dràm òl mar liniġeadh cléibh,  
 A għrad-fhadai's tein'-éibhinn 's an uchd.

Bidh greann-dubh air cuij mhödir de 'n-Roinn-Eòrp,  
 Bho 'n a lagaich sgèamh ordha do theas ;  
 Do sholus bu shòlas ro mhöror,  
 Ar fradharc 's ar lòchran geal, deas ;  
 Ach 'n uair thig e gu *Gemini* rìs,  
 'S a lainnir 's gach righeachd gu 'n cuir,  
 'S buidhe soillsein nan coirein 's nam meall,  
 'S riocħdail fiamh nan òr-mheall air a' mhuiर.

'S théid gach salmadair ball-mhaiseach, ùr,  
 An crannaig chùbhraidh chraobh dlùth-dhuilleach,  
 cas ;

Le 'n seòl fhéin a sheinn *hymns*, 's a thoirt cliù,  
 Chionn a' *phlanet* so chùrsadh air ais ;  
 Gu 'm bi còisir air leth anns gach géig,  
 An *dasgan* éibhinn air réidh-shlios nan slat,  
 A' toirt lag-iobairt le 'n ceileir do 'n Triath,  
 Air chaol chorraibh an sgiath anns gac' i glaic.

Cha bhi crétair fo chopan nan spéur,  
 'N sin nach tionndaidh ri spéirid, 's ri 'n dreach ;  
 'S gu 'u toir *Phœbus* le buadhan a bhlàis,  
 Anam-fàis daibh a's càileachdan ceart ;  
 'S ni iad aiscirigh choitchionn á 'n uaigh,  
 Far 'n do mheataich am fuachd iad a steach ;  
 'S their iad guileag—doro-hidala-hann,  
 Dh'fhalbh an geamhradh 's tha 'n samhradh air  
 teachd !

---

### ORAN NAM FINEACHAN.\*

A chomuinn rioghail, rùnaich,  
 Sàr ùmhlachd thugaibh bhuaibh ;  
 Biodh ur ruisg gun smùirnein,  
 'S gach crìdh' gun treas, gun lùib ann :

\* This address to the Highland clans is a stately spirit stirring martial poem, where the bard describes the various Jacobite clans coming forward in warlike array to place Charles on the throne, and leave the Hanoverians under his feet. The satirist (*an t-Aireach Muileach*) represents the poet travelling through the country to excite the Highlanders to arms, and it is probable that this song was composed on that occasion. It was well calculated to rouse the warlike clans to the approaching conflict.—SAR-OBAR.

Deoch-slàinte Shéumais Stiùbhairt,  
 Gu mùirneach cuir mu 'n cuairt ;  
 Ach ma tha giamh air bith 'n ur stamaig,  
 A' chailis naomh na truaill'.

Lìon deoch-slàinte Thèarlaich,  
 A mhèirlich, stràc a' chuach ;  
 B'i sid an iocshlaint' àluinn,  
 Dh' ath-bheòthaicheadh mo chàileachd,  
 Ged a bhiodh am bàs orm,  
 Gun neart, gun àgh, gun tuar,—  
 Rìgh nan dùl a chur do chabhlaich  
 Oirnn thar sàil' ri luaths.

O, tog do bhaideil àrda,  
 Chaol, dhionach, shàr-gheal, nuadh,  
 Ri d' chrannaibh bìth-dhearg, làidir,  
 Gu taisdeal nan tonn gàireach,—  
 Tha *Æolus* ag ràitinn  
 Gu 'n séid e ràp-ghaoth chruaidh  
 Bho 'n àirde near ; 's tha *Neptun* dileas  
 Gu mìneachadh a' chuain.

Is bochd a tha do chàirdean,  
 Le ro mhèud d' fhàrdail bhuainn ;  
 Mar àlach maoth gun mhàthair,  
 No beachainn bhreac a' ghàraidh,  
 Aig sionnach 'n déis a fàs'chadh,  
 Air fàillinn feadh nam bruach.—  
 Aisig cabhagach le d' chabhlach,  
 'S leighis plàigh do shluaigh.

Tha na dé ann an deagh-rùn dut,  
 Greas ort le sùrd neo-mharbh

Thar dronnaig nan tonn dùbh-ghorm,  
 Druim-robach, bàrr-chas, siùbhlach,  
 Gleann-chladhach, ceann-gheal, sùgh-dhlùth,  
 Nam mòthar cùl-glas, garbh ;  
 Na cuan-choirein greannach, stuadh-chorach,  
 Is crom-bhileach, molach, falbh.

Tha muir a's tìr cho réidh dhut,  
 Mur dean thu fhéin an searg' ;  
 Dòirtidh iad 'n an céudan,  
 'N an laomaibh tiugha, tréuna,  
 A Breatunn a's á h-Eirinn,  
 Mu d' *standard* bréid-gheal, dearg :  
 An gaisreadh sgaiteach, guineach, rioghail,  
 Créuchdach fior luath, garg.

Thig do chinneadh fléin ort,  
 Na tréun-fhir laomsgair, gharbh,  
 'N am beathraichean gu réubadh,  
 'N an leòghanna gu créuchdad,  
 'N an nathraichean grad-léumnach  
 A lotas géur le 'n calg ;  
 Le 'n gathan faobharach ruinn-bhéurra  
 Ni mòr éuchd le 'n arm.

'N am brataichean làn-éididh,  
 Le dealas géur gun chealg,  
 Thig Dònnullaich 'n an déigh sin,  
 Cho dileas dhut ri d' léine,  
 Mar choin air fastadh éille,  
 Air chath-chrith géur gu sealg ;  
 'S maирg nàmhaid do 'n nochd iad fraoch,  
 Long, leòghann, craobh, 's làmh-dhearg.

Gu'n neartaich iad do champa,  
 Na Caimbeulaich gu dearbh ;  
 An Diùc Earraghalaich mar cheann orr',  
 Gu mòralach, mear, prionnsail,  
 Ge b' e bheir air ionnsuidh,  
 B'e sid an tionsgnadh searbh :  
 Le lannan lotach, dùbh-ghorm, toirteil,  
 Sgoltadh chorpa gu'm balg.

Gu tairbheartach, glan, caismeachdach,  
 Fior thartarach 'n an ràn,  
 Thig Cluainidh le chuid Phearsanach,  
 Gu cuanta, gléusta, grad-bheirteach,  
 Le spàintichean teann-bheirtichte  
 'S cruaidh fead ri sgailceadh cheann :  
 Bidh fuil 'g a dòrtadh, smuais 'g a spealtadh,  
 Le spealpaireachd an lann.

Druididh suas ri d' mheirghe,  
 Nach meirbh an àm an àir,  
 Clann Ghill-Eathain nach meirgich  
 Airm ri uchd do sheirbheis,  
 Le 'm brataichean 's snuagh feirg' orra,  
 'S an leirg mar thairbh gun sgàth :  
 Am fòirne fearail, neimheil, arrail,  
 'S builleach, ealamh làmh.

Gu'n tig na fiùrain Leòdach ort,  
 Mar sheòbhgan 's eòin fo 'n spàig ;  
 'N an tuiribh lann-ghorm tinnisneach,  
 Air chorr-ghléus stréup gun tiomachas,  
 An réisimeid fhìor innealta,  
 'S fàth giorraig dol 'n a dàil ;

Am bi ioma bòcan fulteach, foirmeil,  
Théid le stoirm gu bàs.

Thig cuiridhean Chlann-Chamroin  
Théid meanmnach sìos ad spàирн ;  
Am fòirionn guineach, caithreamach,  
'S neo-fhiamhach an àm tarrainne ;  
An lainn għlas mar lasair dealanaich,  
Gu gearradh cheann a's làmh ;  
'S mar luaths na dreige, 's cruadhs na creige,  
Chluinnteadh sgread nan cnàmh.

Thig mìlidhean Chlann-Iain ort,  
Théid fritheilteach gu d' champ ;  
Mar fhaloisg ris na sliabh-chnuic,  
A's gaoth a' Mhàirt 'g a biathadh ;  
No marcaich' air each srianach,  
A rachadh sìos gun chàird ;  
Cho ealamh ris an fhùdar ullamh,  
An t-srad 'n uair bhuineadh dhà.

Gur cìnnteach dhuibh 'g ur coinneachadh,  
Mac-Coinnich mòr Chinntàile :  
Fir dhàna, làidir, choinnealta,  
De 'n fhìor chruaidh air a foinneachadh,  
Nach gabh fiadh no somaltachd,  
No sgreamh romh theine bhlàr ;  
'S iad gu nàrach, fuileach, foinnidh,  
Air bhoil' gu dol ad chàs.

Gur foirmeil, pròiseil, òrdail,  
Thig Tòisichean 'n an ràng,

A' màrsail stàtail, còmhnaid,  
 Gu piobach, bratach, sròl-bhuidh' ;  
 Tha rioghalachd a's mòr-chuis,  
 Gun sòradh anns an drèam :  
 Daoine làidir, neartmhor, cròdha,  
 'S iad gun ghò, gun mheang.

Thig Granndaich gu ro thartarach,  
 Neo-fhad bheirteach, do d' champ ;  
 Air phriob-losgadh gu cruadal,  
 Gu snaidheadh chéann a's chluas diubh ;  
 Cho neimheil ris na tìgearan,  
 Le feachdraidh dhian-mhear, dhàn' ;  
 Chuireas ioma fear le sgreadail,  
 'S a' bhreabadaich gu làr.

Thig a rìs na Frisealaich,  
 Gu sgibidh le neart garbh ;  
 Na seòbhgau fiorghlan, togarrach,  
 Le fuathas blàir nach bogaicheadh ;  
 An còmhlan feardha, cosgarrach,  
 'S maирг neach do'n nochd iad fearg ;  
 An spuir għlas aig dlùths an déirich,  
 Bidh 'n an éibhlean dearg.

'N an gaisreadh gaisgeil, lasgarra,  
 Thig Lachunnaich gun chàird :  
 'N an saighdean dearga, pùinseanta,  
 Gu claidheach, sgiathach, cuinnsearach,  
 Gu guunach, dagach, ionnsaichte,  
 Gun chùnntas ac' air àr ;  
 Dol 'n an deannaibh 'n aodann pheileir,  
 Teachd bho theinc clàich.

Gabhaidh pàirt de d' iorghaill,  
 Clann-Fhionghain 's òirdheirc càil ;  
 Mar thuinn ri tìr a' sior-bhualadh,  
 No bile lasrach dian-loisgich',  
 'N an tréudan luatha sior-chonfhach,  
 Thoirt griosaich air an nàmh :  
 An drèam chathach Mhuileach, Shrathach,  
 'S math gu sgathadh chnàmh.

'S mòr a bhios ri corp-rusgadh  
 Nan closaichean 's a' bhlàr :  
 Fithich anns an rochdadaich,  
 Ag itealaich, 's ag cnocaireachd ;  
 Ciocras air na cosgarraich,  
 Ag òl 's ag ith an sàth.  
 Och, 's tùrsach, fann a chluinnear moch-thrath,  
 Ochanaich an àir.

Bidh fuil a's gaorr 'g an fùidreadh ann,  
 Le lùth-chleasan ar làmh ;  
 Meangar cinn a's dùrn diubh,  
 Gearrar uilt le smùisreadh,  
 Ciosnaichear ar biùthaidh,  
 'G an dùbh-losgadh 's 'g an cnàmh :  
 Crùnar le *pomp* Tèarlach Stiùbhart,  
 'S Frederick Priouns fo shàil.

---

BROSNACHADH NAM FINEACHAN GAIDHEALACH  
 'S A' BHLIADHNA 1745.

FONN.—“*An am dol sios bhi deonach.*”

THA deagh shoisgeal feadh nan Garbh-chrioch—  
 Sùrd air armaibh còmhraig :  
 Uird ri dairririch deanamh thargaid  
 Nan dual ball-chruinn, bòidheach  
 Chaidh 'n an seargaibh le cam earr-ghlòir  
 Sluagh fìor chealgach Dheòrsa.—  
 O, 's sgéul dearbhte, thig thar fairge,  
 Neart ro gharbh g' ar fòirinn.

Thig thar lear le gaoith near oirnn,  
 Toradh deal ar dòchais,  
 Le mhilte fear, 's le armaibh geal,  
 Prionns ullamh, mear, 's e dò-chaisgt.—  
 Mac righ Séumas—Tèarlach Stiùbhart,  
 Oighre chrùin, th' air fògradh.—  
 Gu 'n dean gach Breatunnach làn-ùmhachd  
 Air an glùn d'a mhòrachd.

Ni na Gàidhil bheòtha, ghasda,  
 Eirigh bhras le sròlaibh ;  
 Iad 'n an ciadan uime 'g iathadh  
 'S coltas dian chur gleòis orr' ;  
 Gun fhiamh, 's iad fiata, claidheach, sgiathach,  
 Gunnach, riaslach, stròiceach ;  
 Mar chonfhadh leòghanna fiadhaich,  
 'S acras dian gu feòil orr'.

Deanaibh ullamh chum ur turuis,  
 'S bithibh guineach, deònach ;  
 So an cumasg 'm bi na builcan,  
 'N deanar fuil a dhòrtadh ;  
 Och, a dhuine, 's lionmhor cuiridh,  
 Is fior sturrail còmh-strìth,  
 A leigear bhàrr éille mar chuilein,  
 Dh' fhaotainn fal' air Deòrsa.

'S ioma neach a théid air ghaisge,  
 Tha fior lag 'n a dhòchus,  
 Gus an nochdar *standard* brat-dearg  
 An rìgh cheart so th' òirnne ;  
 Ged a bhiodh e 'n a fhìor ghealtair,  
 Gur cruidh, rag gu bhròig e ;  
 Ceart cho garg e ris an lasair,  
 Losgadh fasbhuan-eòrna.

Mhoire, 's sgaирteil, foirmeil, bagant',  
 Gàidhil ghasda, chròdha ;  
 Gach aon bhratach sìos do 'n bhaiteal,  
 Le 'n gruaидh laiste, ròs-dheirg ;  
 Iad gun fhiamh, gun fheall, gun ghaiscadh,  
 Rioghail, beachd-bhorb, pròiseil ;  
 Gu neo-lapach ri ruinn gaisge,  
 'S spàintich għlas 'n an dòrnbh.

'S binn leinn plapraich nam bréid bhratach  
 Srannraig bras ri mòr-ghaoith,  
 An glacan gaisgich nan céum staideil,  
 Is stuirteil, sgaирteil *motion* ;  
 'S lann ghorm sgaiteach de shàr shlacan,  
 Géur gu sracadh shròn aig',

Air bac cruachain an fhir-bhrataich,  
A chur tais' air fògradh.

'S fuirbidh tailccant', 's cùmpa pearsa,  
Tréun laoch spraiceil, dòid-gheal ;  
Piob 'g a spalpadh suas 'n a achlais,  
Mhosglas lasan gleòis duinn :  
Caismeachd bhras-bhinn bhrodadh aigne,  
Gu dian chasgairt slòigh leis ;  
Chuireadh torman a port baisgcil,  
Spioraid bhras 'n ar pòran.

Bithibh sùnnach, lùthmhор, béumach,  
Sgriosach, géur gu feòlach ;  
'S bidh *Mars* crêuchdach, cogach, réubach,  
Anns an spéur 'g ur seòladh—  
Soirbhichidh gach nì gu léir leibh,  
Ach sibh fhéin bhi deònach ;  
Màrsailibh gun dàil, gun éislein,  
Lùthmhор, éutrom, ceòlmhor.

Màrsailibh gun fheall, gun airsneal,  
Gach aon bhratach bhòidheach :  
Cuideachd shuaicheanta nam breacan,  
'S math gu casg na tòrachd ;  
'N uair a rùisgeas sibh na claisich,  
Bidh smuais bhrcac feedh feòir leibh ;  
Gaorr a's eanchainn 'n an spadal,  
'S 'n an liath-shad feedh mòintich'.

Sliocraich slacraich nan cruaidh shlacan,  
Freagradh basgar shionnsair ;

'N uair a théid an ruraig gun stad leibh,  
 Gur ro fhada chluinnear  
 Feadraich bhuillean, sgoltadh mhullach  
 Sìos gu bun an rùmpaill :  
 Ruaig orr' uile mar mhaoim-tuile—  
 Chaoidh cha 'n urr' iad tionndadh.

'S ioma fear a dh' òladh lionte,  
 Slainte 'n rìgh so th' òirnne ;  
 Spealgadh ghloineachan an grìosaich,  
 'S e cur binn' air Deòrsa ;  
 Ach 's onoraiche nis an gniomh,  
 Na còig céud mile bòla ;  
 'S fhèarr aon siola dh' fhuil 's an fhrìth,  
 Na galain fhion air bòrdaibh.

Dearbhaidh, beachdaidh, sibh bhi ceart da,  
 Eirigh grad le 'r slògha ;  
 Gun ur mnathan, clann, no beairteas,  
 Chur stad-feachd 'n ur dòchus ;  
 Ach gluasad inntinneach, luath, cinnteach,  
 Rioghail, liont' de mhòrchuis ;  
 Mar an raineach a' dol sìos duibh,  
 Sgriosadh dian luchd-chleòcan.

Ar ceathairne ghruamach, nimheil,  
 Làn de mhire-chruadail ;  
 'S misg dhearg chatha gu bàrr rath orr',  
 'S craobh dhearg dhath 'n an gruaidhean ;  
 Iad gun athadh sìos le 'n claidhean,  
 Ri sìor-sgathadh chnuacan :  
 Lotar dearganaich le 'r gathan,  
 'S le 'r sìor-chrathadh cruadliach.

'S becagan sluaigh is tric thug buaidh  
 An iomairt chruaidh na còmhraig' :  
 Deanamaid gluasad gun dad uamhainn,  
 'S na biodh fuathas òirnne ;  
 Dòirtidh uaislean an taoibh-tuath,  
 Mac-Shìm nan ruag 's Diùc Gòrdon :  
 Le 'm marc-shluagh is nuarrant gruaim,  
 'S ruaim amhaidh, fhuair 'n am pòraibh.

---

MOLADH AIR PIOB-MHOIR MHIC-CRUIMEIN DO 'N  
 AINM AN OINSEACH.

FONN.—“*Mairi nigh 'n Deorsa.*”

A' PHIOB.

'S ioma baintighearn' bha spéiseil  
 Mu 'n chéile bh' aig Mòraig ;  
 Gu 'n àirmhear mi fhéin diubh,  
 'S gach té tha de m' sheòrsa :  
 Mhol e phiob anns gach grid  
 Am b' fhèarr a prìs cheòlmhor—  
 'N a buadhannan mòra,  
 'N a gaisge ri còmhraig.—  
 O, fhad 's bhios biog, no aon dìorr,  
 No gnè chlìth 'm chòmhradh-s'  
 'S gun an fhorc a bhi 'm mheòirean,  
 Gu 'm mol mi ri m' bheò thu.

AM BARD.

Leam is mùirneach 'n àm éirigh,  
 Cruaidh-sgal éibhinn do sgòrnain ;  
 Anail-beatha do chréubhaig,  
 'G a séideadh roimh d' phòraibh.

Cinnidh ás, port nach tais,  
 Làn de thlachd sò-ghràdhach,  
 'S e fonnmhòr, mear, bòidheach,  
 Gu h-inntinneach, lòghmhòr :  
 Ceart a's blas, caismeachd bhras,  
 'S ùrlar cas, còmhlnard,  
 Gun reasgaich', gun chrònán,  
 Gun slaodaireachd mheòirean.

'N àm do 'n ghréin dol 'n a h-éideadh,  
 'S tric leat éirigh ad sheòmar,  
 Gu trusganach céutach,  
 'S ribein glé ghrìnn de 'n t-sròl ort ;  
 D' àrd ghlaodh suas, sgairteil fuaim,  
 Madainn fhuar, reòta.  
 Dol 's an ruaig-chòmhraig,  
 Bheirteadh sluagh beò leat ;  
 Gur spreòdadadh cruaidh d' *alarms* luath,  
 Neach a's tuar gleòis air ;  
 Gu 'n toir mi fhìn bòidean,  
 Gu 'm mol mi ri m' bheò thu.

Corp mìn-chraicneach, glé għlan,  
 Làn de shéideagan-cruadail ;  
 Dò chiad sgairt neartmhòr, éutrom,  
 Mosglaidh céudan bho 'm fuar-ghreann ;  
 Le mòr sgairt, théid gu grad,  
 An aim 's am brat-buailte,  
 Le foirmeachd uallaich,  
 'S craobh-fheirge 'n an gruaidhean,  
 Spàinteach glas cùil nan clais,  
 Siar gach bachd-cruachain,

Grad, ullamh gu tuasaid,  
Le sgal sionnsair 'g am bualadh.

'S mòr tha 'mhaise 's de mhisnich,  
'S de dheagh-ghibhteann ad ùrlainn :  
Pròiseil, stuirteil, fìor-sgibidh,  
'S gur neo-mheata cur giùig ort :  
Goic nam buadh 's àghmhor gruaim,  
A dh' fhàgas sluagh crêuchdach ;  
Gu marbhadh 's gu réubadh,  
Le caithream nan géur-lann ;  
Pìob 's i suas, 's dònach nuall  
Miarchruinn, luath, léumnach ;  
Toirm thrileanta, bhlasda,  
'S fìor bhasdalach béucail.

'N uair a nochdar a' bhratach,  
B' ait leam basgar do shionnsair ;  
Le d' bhras-shiùbbhlaichean crapach,  
Teachd le cneatraig bho d' chrùnluath :  
Caismeachd dhlùth 's pronn-mhìn lùth,  
Teachd le rùn réubaiddh,  
Ghearradh smùis agus fhéithean,  
Le d' sgal-ghaoir ag éubhach ;  
Co de 'n t-sluagh nach cinn luath,  
Fo d' spor cruidh, gléusta ?  
Cha 'n 'eil anam an crêubhaig,  
Làn de mhisnich, nach séid thu.

- Chuireadh cnapraich do bhras-mhiar,  
Gach aon aige gu cruadal :  
Do thorman dònach le lasgar,  
Ard, binn, caismeachd an fhuathais.

Lùs a's spìd, luas lc clìth,  
 'S mòr-neart fior chuanta.  
 Gu sàthadh, 's gu bualadh,  
 'S gu cuirp chur an uaighean,  
 Béuc na pìob', 's i cur dh'ì,  
 Siòr-sgrios ghnìomh-luaineach :  
 Riabh ri uchd-bualaidh,  
 'S crann àghmhòr 's an ruaig thu.

Molam ceòl agus caismeachd :  
 Crann taitneach mo rùin-s' thu,  
 Chuireadh d' iolach fo d' bhrat-bhréid,  
 Ruinn-cholg gaisge 'n ur suilean ;  
 Rìgh nan ceòl, 'n àm na slòigh  
 Bhi 'n am mòr-éideadh,  
 Gu stròiceadh 's gu réubadh,  
 Chur chorp as á chéile.—  
 Ri uchd-gleòis 's bras do mheòir,  
 Le d' anfhadh glòir-ghéusta.  
 Dol air aghart gu sgairteil,  
 'S leanailt bhras 's an ratréuta.

Rinn thu ònid de 'n chlàrsaich,  
 Searbh mar ràcadal fidhle ;  
 Ciùil bhochd, mhosgaidcach, phràmhail,  
 Air son shcaunn-daoine 's nionag :  
 Ri uchd goil', b' fhèarr aon sgàl,  
 Bho d' thuill mhear, fhìnealt,'  
 G' am brosnadh 's g' an griosadh,  
 Ann an caithrim, thoirt griosaich.  
 Toirm do tholl pronnadh phong,  
 Cruinn-chruaidh, lom-dhònach ;

B' fhèarr 's an àm sin do bhrollainn,  
Na uil' oirfeid na criostachd.

Torman siùbbhlach dhos fàinneach,  
'S milis gàirich a's crònan :  
Bùirein cuilce 's bìnn àrd-ghaoir,  
Teachd bho fhàslaichean ceòl-chaol :  
Sionnsair donn 's foirmeil fonn,  
'S sgiamhach bonn rò-ghrìnn ;  
Gun ghaise gun fhòtus,  
'S rifeid ghéur chòmhnhard ;  
Brat mìn, trom plapraich crom,  
Sioda lom, crò-dhearg,  
Mar shuaicheantas còmhraig',  
'S e srannraich ri mòr-ghaoith.

B' ait bhi 'g amharc ad éudann  
'N àm bhi séideadh do shròine :  
Tha *Mars* gaisgeil 'n a éideadh;  
Ri sìor-shéitrich fo d' chòtan.  
'N uair chuirear suas do ghlaodh cruidh,  
Roimh 'n bhras-shluagh chò-stritheach,  
Cinnidh daoine 'n an leòghanna  
Fuileachdach, beòtha.  
Bidh bras ruaim ghuineach, ruadh,  
Anns gach gruaidh fheòlmhoir ;  
'S le mòr lasgar do bhras-phort,  
Cha 'n ath iad bhi deónach.

B' e sid an gothadh fìor laghach,  
A' dol air aghart 's a' mhàrsail ;  
Ann ad chorpa cumail stadhaidh,  
A' dol am fradharc do àmhad ;

'S ioma fear bheir fo-near  
 D' fhacail mhear, ghràsmhor,  
 'G an spreòddadh 's na blàraibh,  
 Le mear-ghaoith do mhàla :  
 'S rabhadh trom, gach aon phong, -  
 Thig bho d' chom gàireach ;  
 Siòr bhrosnachadh teine,  
 'S tarrainn sgoinneil air chlàidhean.

Chuireadh tusa le d' bhuidhean,  
 Gaoir dhearg chruidail 's gach ìnnitinn ;  
 Shiùbhladh tu le d' thoirm uallaich,  
 Gach ball uasal 's cha dìbir,  
 Dhannsadhbh bras, ar thoirt ás  
 Le fìor-bheachd mi-chuis ;  
 Gach crìdh' a bhios rioghailean,  
 'N an comaibh gun dìbleachd ;  
 Théid air ghléus gach aon chré  
 Le misg-chath' ghéir, dhìlis ;  
 'S le brosdadh do bhras-phort,  
 Gu 'n casgradh iad miltean.

Gur *subject* fìor thorach,  
 Corp so-ghradhach na pìoba :  
 Lom-làn loinne mu broilleach,  
 Sios gu coileir a fìdeig' ;  
 Buill do chuirp sheinneas puirt  
 Le ceòl-stuirt biogail,  
 Roimh d' ochd uinneagan finealt',  
 Thig arm-chaismeachd nam mìlidh ;  
 'S toirm do bhruit ri siòr-chluith  
 Am bàrr do dhuis rìmhceach,

Seòid a mhosgladh nan gaisgeach,  
Le foirm bhras-phort 'g an grìosadh.

'S co tiugh gach òrraichean séitreach,  
Mu d' ghnùis chéutaich a' bòrcadh,  
Ri meanbh-chuileagan céitein  
Mu bhoc a' réicil air lònán :  
Gràdh do chom choisneas bonn,  
Le d' shreath tholl òrdail,  
Teachd 'n a thailmrich bhinn, bhòidhich,  
Roimh ochd dhorsan do sheòmair.  
Muineal crom, phronnas pronn  
Puirt le fonn còmhraig' ;  
Cliath is tartarach taghal,  
Breabraig, stadhadh, a's *motion*.

Suas 'n uair nìtear do spalpadh  
Ann an achlais do chéile ;  
Roimh d' chaol-ghaothaire snasmhor,  
Gaoth 'n ad phearsa 'g a séideadh,  
Meòir 'n an ruith air bhall-chrith,  
'S iad ri frith-léumraig,  
Air sionnsair donn, gléusta,  
'S binn goileam a' chléibh sin ;  
Dearrasan bruit, gaoirich duis,  
Gun tuisleadh 'g a bhéusadh ;  
Air slinnein borb an fhir-bhrataich,  
Gathan gasd' agus bréid ris.

An crann mu'n cruinnich na céudan,  
'N àm cruaidh ghéur thoirt á truaillean ;  
Làn aim agus éididh—  
Ghunnach, ghléusta gu cruaidh-chùis :

Crith gu féum air gach tréun,  
 Làn de shéid-ghruamaich,  
 Le d' lasagan buadhach,  
 Sparradhascaoin 's na sluagha.  
*Mars* 'n a léum anns an spéur,  
 Air each dearg céum-luaineach ;  
 'N a làimh a chlaidheamh 'g a chrathadh,  
 'S misg-chatha 'n a ghluasad.

Mhoire, 's ionmhuinn leam fhéin thu  
 Seach an céile bh' aig Deòrsa ;  
 A' Bhan-Chruimeineach bhéusach,  
 Mhaiseach, bhréid-ghlan, gun f hòtus ;  
 Bean gun bhéud, 's i gun éud,  
 Làn de shéid-shòlais,  
 An geal ghlacan d' fhir-phòsta,  
 'G ad chniadach 's 'g ad phògadh :  
 O ! 's fortan cruaidh nach 'eil d' fhuaim  
 Am chluais feadh 's bu bheò mi.  
 Ceòl a's caismeachd mo chridhe  
 Bhan-sgitheineach ghlòrmhor !

---

#### ORAN RIOGHAIL A 'BHOTAIL.

FONN.—“ *Let us be jovial, fill our glasses.* ”

BIMID subhach 's òlar deoch leiuñ,  
 Osnaich 'n ar fochair cha tàmh ;  
 Na smaoinicheadam air bochdainn,  
 Fhad 's a bhios an copan làn.

'S article mòr de chréud *Bhacchuis*,  
 Creidsinn gu ceart anns an dram ;

'S leanailt air bhi 'g òl gu sùrdail  
Gus an cinn stùirdein 's a' cheann.

Olamaid gloineachan làna  
Air slàint' an t-Séumais a tha bhuainn ;  
Cuireamaid dà shlàint' an càraig,  
*Tosta Theàrlaich*—stràc a' chuach.

Ma tha stamag anns a' chuideachd  
Nach dìleidh a' chuid so de 'r miann,  
Siapadh e mach ás ar caraibh,  
Mar gu 'n carrainnichteadh siol.

Cuireadh ar cupaichean tharta—  
Aisig cas an còrn mu 'n cuairt ;  
Faicear éibhinneachd air lasadh,  
Le fior sgairt 'n ar beachd 's 'n ar gruaidh.

Biodh ar cridheachan a' dannsa,  
Linn an dràm so dhol 'n a thruaill,  
Mar gu 'm biomaid 's a' cheart àm so,  
Dol do 'n chàmp a dh-fhaotainn buaidh'.

De 'n dibh bhrìghmhoir, neartmhoir, bhlasda.  
'S mìlse na mil bheach gu pòit,  
Lion an soitheach sin a mach dhuinn—  
De 'n stuth bhlasmhor sin 's an stòp.

Seinnear òrgain—béumar stuic dhuinn—  
Crùnamaid le cup an rìgh ;  
Canain gach dainginn a' béucail—  
Biodh tein'-éibhinn anns gach tìr.

De dh-iocshlaint naomha sin Bhacchuis,  
 Cuir buideal pait do ar còir—  
 Gu 'n tairgeamaid iobairt thaitneach,  
 Do dhia creachach sin an òil.

Gur h-ioma feart falchaidh, tlachdmhor,  
 Tha 'm mac-na-bracha ri luaidh ;  
 Rinn sin e 'n a leannan do mhìltean,  
 'S 'n a mhìlsein priseil do 'n t-sluagh.

Sgolaidh e ghruaim bhàrr a' mhùigein,  
 Nì e fiughantach fear cruaidh ;  
 Nì e cruadalach fear gealtach  
 Gus an téid e 'm feachd no 'n ruaig.

Nì e cainnteach am fear tosdach,  
 Nì e brosgulach fear dùr ;  
 Nì e suirdheach am fear nàrach,  
 'S fàgaidh e dàna fear diùid.

'N uair théid e.'s a' mhala thoisgeil,  
 Tàirnidh e muisein gu cliù ;  
 'S fosglaidh e na glasa diomhair—  
 Their mac a' mhiodhair nach fhiù.

Nì e pògach am fear aillearnt'  
 Nach fulgeadh cailin 'n a chòir ;  
 Sparraidh e danns' anns na casan  
 Nach d' rinn riabh aon step d' an deòdin.

Fàgaidh e 'n neo-shanntach acrach—  
 Toinnidh e cas am fear slìm ;  
 Bheir e caitein air fear sleamhain,  
 'S ni e spreadhail am fear tiom.

An t-airgiot a bha 'g a sticleadh  
 'S an sporan—'n a chripleach riabh,  
 Bheir e *relief* dha á priosan,  
 Le fuasgladh cruaidh-shnaim nan iall.

Nì c aoigheil am fear doichleach,  
 Nì e socharach fear teann ;  
 Nì e duin'-uasal de 'n bhalaoch,  
 Nì e farumach fear fann.

Nì e saor-chridheach fear dùinte,  
 'S faoisididh e rùn a chrìdh' ;  
 Creididh an lag gura làidir,  
 Gus an dearbh e chàil 's an strìth.

Tàirnidh e mulad gu aiteas,  
 Tionnda'idh e airteal gu fonn ;  
 Mionach an sporain gu 'n spiol e  
 Le ghob biorach chriomas lom.

Thigeadh meanmna, 's falbhadh airteal  
 Air chairtealan bhuainn do 'n Ròimh ;  
 Seinneamaid òrain cheòlmhor, ghasda,  
 Shùnnntach, bhras, nach lapach glòir.

'N uair bheirear á botul an staipeal,  
 'S a chromar ri cab a chluas,  
 'S éibhinn a' ghogail là earaich,  
 Cagar searraig' ris a' chuaich.

'S mìlse na ceileireadh smeòraich'  
 Le luinneig cheòlmhoir air géig,  
 Cneatraig shrideagach do sgòrnain—  
 Cnatan is bòiche fo 'n ghréin.

'S binne na luinneag eòin-bhùchuinn,  
 Bhiodh ri tùchan am bàrr thonn,  
 Guileag do muineil a's giùig ort—  
 Cuisle-chiùil a dhùisgeadh fonn.

'S binne na cluig-chiùil ud Ghlaschu,  
 D'fhuaim le bastal dol 's a' chorn ;  
 'S sid an fhàilte ghléusadh m' aigne—  
 Mac-na-bracha teachd le pòig.

Lion suas an t-slige-chreachainn,  
 Cha 'n ion a seachnad gu dram ;  
 'S olc a' Ghàilig oirre 'n creachann—  
 An t-slige chreach siun, 's e th' ann.

'S binne d' easraich dol 's a' chupan,  
 Copadh usgraichean gu d' bhéul,  
 Na co-sheirm òrgan a's chruitean  
 An talla druidte le 'n cuid théud.

'S binne na ceòl coilich-choille  
 Bhiodh ri coilleig air an tom,  
 Dùrdail a' bhotuil ri gloine—  
 Crònan loinneil thoilleadh bonn.

Teicheadh leann-dubh ás ar comunn,  
 Falbhadh goinne—'s pait ar n-òr ;  
 Na biodh spéuclair oirnn gu ganntar,  
 Fhad 's a bhios an dram 'n ar sròin.

Olamaid sinn fhìn á h-ainfhiach,  
 Le mac-meanmua bhranndaidh fhuair ;  
 Dh' aindeoin ceannaich, 's ascaill-earraich,  
 Cùram sparramaid 'n a uaigh.

An tobar-slànachaидh sin Bhacchuis,  
 Fairigeamaid uil' ar ciall ;  
 Cha spioraid bheag, bhochda, chrupte,  
 'S dòcha cuid bhi aca 's fiach.

Bidh ar ceann'aidh uile 'n ceart uair,  
 Cho ruiteach ri dreach nan ròs,  
 'N uair a théid ar fuil air ghabhail  
 Le beirm laghaich Mhic-an-tòis.

Gur dìnnseireach, spìsirneach d'fhàileadh,  
 'S teas-ghràdhach do shnàg romh m' chliabh ;  
 Fadadh blàis air feadh mo mhionaich—  
 Gur ro mhireagach do thriall.

Gur guagach, coilleagach, brisg-gheal,  
 Bruicheil, neo-mhisgeach do thuar ;  
 'N ad shlabhruidhnean criostail a' dòrtadh,  
 Ri binn chrònanaich am chluais.

Sgaoileamaid bho altair Bhacchuis—  
 A chléirich taisg a' chailis bhuat ;  
 Dh'fhalbh am fuachd, 's ciod e tha dhithoirnn ?  
 Thugamaid bàidse cròn do 'n t-suain.

Ach freasdail sinn air ghairm na maidne  
 Le d' ic 's le d' bhalsom làn bhuadh ;  
 'S thoir dhuinn aon ghloic-nid 'n ar leaba  
 A bheir crith-chlaiginn oirnn mu 'n cuairt.

---

## ALLT-AN-T-SIÚCAIR.\*

FONN.—“*The lass of Patie's mill.*”

A' dol thar Allt-an-t-siùcair  
 Am madainn chùbhraiddh chéit,  
 A's paidirein geal dlùth-chneap,  
 De 'n driùchd ghorm air an fhéur ;  
 Bha *Richard* 's *Robin* brù-dhearg  
 Ri seinn, 's fear dhiùbh 'n a bhéus ;  
 'S goic-mhoit air cuthaig chùl-ghuirm,  
 'S gug-gùg aic' air a' ghéig.

Bha 'n smeòrach cur nan smùid dh' i,  
 Air bacan-cùil leath' fhéin ;  
 An dreathan-donn gu sùrdail,  
 'S a rifeid-chiùil 'n a bhéul ;  
 Am bricein-beithe 's lùb air,  
 'S e gléusadh lùth a théud ;  
 An coileach-dubh ri dùrdan,  
 'S a chearc ri tùchan réidh.

\* This piece is an animated and faithful description of a beautiful scene in the country, on a summer morning. The bard walks abroad, and sees the dew glittering on every leaf and flower—the birds warbling their songs—the animals grazing, and the becs collecting their stores—the fishes are leaping out of the water, and all nature rejoicing at the return of spring, or the luxuriance of summer. The very rivulet seems to partake of the common joy, and murmurs a more agreeable sound—the cows low aloud, and the calves answer responsive, while the dairy-maid is busily at her task. The ground is bespangled with flowers of richer hues than the most costly gems. The horses gather together to drink of the streamlet, and the kids are sporting and dancing about its banks. The ships with all their white sails bent to the gentle breeze, are passing slowly along the Sound of Mull. The poet selects the most natural, lively, and agreeable images in the rural scene. All good judges admit that there is not a descriptive poem in Gaelic or English fit to be compared with this exquisite production.—SAR-OBAIR.

Na bric ag gearradh shùrdag,  
 Ri plubaich dhlùth le chéil',  
 Taobh-léumraich mear le lùth-chleas,  
 A bàrn le mùirn ri gréin ;  
 Ri ceapadh chuileag siùbhlach,  
 Le m' bristeadh lùthmhòr fhéin :  
 Druim lann-ghorm, 's ball-bhreac giùran,  
 'S an lannair-chùil mar léig.

Mil-dheogladh sheillein srianach,  
 Le crònan 's fiata srann,  
 Nan dithein baglach, riabhach,  
 Mu d' bhlàithean grianach chrann,  
 Stràibh-dhriùchdain dhonna, thiachdaidh,  
 Fo shinean ciochan d' fheòir ;  
 Gun 'thiochd-an-tìr no 'bhiadh ac'.  
 Ach faileadh ciatach ròs.

Gur milis, brisg-gheal, bàrn-ghlan,  
 Meall-chùirneineach 's binn fuaim,  
 Bras-shruthain Allt-an-t-siùcair,  
 Ri torman siùbhlach, luath :  
 Gach biolair', 's luibh le 'n ùr-ròis  
 Ag cìnntinn dlùth mu 'bhruaich ;  
 'S e toirt dhaibh bhuadhan sùghmhòr,  
 'G an sùgh-bheathachadh mu 'n cuairt.

Bàrn tana, glan, gun ruadhan,  
 Gun deathaich, ruaim, no ceò,  
 Bheir anam fàis a's gluasaid  
 D' a chluaineagan mu 'bhòrd.  
 Gaoir bheachan buidhe 's ruadha,  
 Ri diogladh chluaran-òir ;

'S cìr-mheala 'g a cur suas leo  
 'N céir-chuachagan 'n an stòir.

Gur sòlas an ceòl-cluaise,  
 Ard-bhàirich buair mu d' chrò ;  
 Laoigh cheanfhionn, bhreac, a's ruadha,  
 Ri freagradh nuallan bhò ;  
 A' bhanarach le buaraich,  
 'S am buachaill' dol 'n an còir,  
 Gu bleoghann a' chruidh ghuailf hinn  
 Air cuaiach a thogas cròic.

Bidh lòchrain-mheala lùbadh  
 Nan sràbh, 's brù air gach géig  
 De mheasan milis cùbhraidh  
 Nan ùbhlàn a's nam péur ;  
 Na duilleagan a' liùgadh  
 A's fallus-cùil diubh fhéin ;  
 A's clann ag gabhail tùchaidh,  
 'G an imlich dlùth le 'm béul.

B' e crònán d' easan srùlach,  
 An dùrdail mhùirneach mhàidh ;  
 'S do bhoirchean daite, sgùm-gheal,  
 Tiugh, flùireineach, dlùth, tlàth ;  
 Le d' mhanntul de dhealt ùr-mhìn,  
 Mar dhùbbhradh-cùil mu d' bhlàth ;  
 'S air calg gach feòirnein d'ùr-f heòir,  
 Gorm neamhainn dhriùchd a' fàs.

Do bhrat làn shradag-daoimein,  
 Do bhraon ni soills' air làr :

An carpet 's gasda foidhnéul  
 Gun a cho fine 'n Whitehall ;  
 Mu d' bhearradh gorm-bhreac, coillteach.  
 An cinn an loinn le àl,  
 Na sóbhraichean mar choinnlean,  
 'N an coinnleirean ad sgàth.

Bidh guileag eala 'tùchan,  
 'S eòin-bhùchuinn am bàrr thonn,  
 Aig ionbhar Allt-an-t-siùcair,  
 'Snàmh lùth-chleasach le fonn ;  
 Ri seinn gu moiteil cùirteil,  
 Le muineil-chiùil 's iad crom,  
 Mar mhàla pìoba 's lùb air :  
 Ceòl aoifidh, ciùin, nach trom.

'S grinn an obair-ghràbhaile  
 Rinn Nàdur air do bhruaich :  
 Le d' lurachain creamhach, fàsmhor,  
 'S am buicein bànn orr' shuas ;  
 Gach saimir, neòinein, 's màsag,  
 Min-bhreac air làr do chluain :  
 Mar réultan-reòt' an deàrrsadhl,  
 Na spangan àluinn nuadh.

Bidh croinn 's am bàrr mar sgàrlaid  
 De chaoraibh àluinn ann ;  
 A's cnothan bachlach, àrbhuidh,  
 A' faoisgneadh àrd mu d' cheann ;  
 Bidh dearcan, 's suibhean sùghmhor,  
 Trom-lùbadh an luis fhéin :  
 Caoin, seacaiddh, blasda, cùbhraidi—  
 Ag call an drùis ri gréin.

'S co làn mo lios ri Pàrras  
 De gach enuas is fheàrr an coill' ;  
 'N a réidhlich, arbhar fàsaidh,  
 Bheir piseach àrd a's sgoinn :  
 Pòr reachdmhor, minear, fàsmhor,  
 Nach cinn gu fàs 'n a laoim,—  
 Cho reamhar, luchdmhor càileachd,  
 'S gu 'n sgàin a ghràn bho. dhruim.

Do thachdar mara 's tire,  
 Bu tiochd-an-tìr leis fhéin ;  
 'N an tréudan féidh ad fhrìthean,  
 'S ad chladach, 's milteach éisg :  
 'N ad thràigh tha maorach lionmhor,  
 'S air d' uisge 's fior-bhras léus  
 Aig òganacha rìmheach,  
 Le morghath fior-chruaidh, géur.

Gur h-ùrail, sliochdmhor, cuanta,  
 Greigh each air d' fhuarain ghorm ;  
 Le 'n iotadh tarrainn suas riut,  
 Le cluinntinn nuall do thoirm.  
 Bidh buicein binneach 's ruadhag,  
 'S minn mheanbh-bhreac, chluas-dearg, òg,  
 Ri h-ionaltradh gu h-uaigneach,  
 'S ri ruideis luath, mu d' lòn.

Gur damhach, aghach, laoghach,  
 Mangach, maoiseach, d' fhonn ;  
 Do ghlinn le seilg air laomadh,  
 Do gharbhlach-chraobh, 's do lom,  
 Gur h-àluinn barrfhionn, braonach,  
 Do chanach caoin-gheal thom,

'N a mhaibeinean caoin, maoth-mhìn,—  
 'N ad mhòintich sgaoth chearc donn.

B'e sid an sealladh éibhinn,  
 Do bhruachan glé-dhearg ròs ;  
 'S iad daite le gath gréine,  
 Mar bhoisgnich léug-bhuidh' òir :  
 B'e sid an geiltreadh glé-ghrinn,  
 Cinn dhéideag am measg feòir,  
 De bharran luibhean céutach,—  
 'S fuaim bhìnn aig téud gach eòin.

O, lilidh, rìgh nam flùran !  
 Thug bàrr-mais' air ùr-ròs ghéug.  
 'N a bhabaidean cruinn, plùr-mhìn,  
 'S a chrùn geal, ùr mar ghréiu  
 Do 'n uisg' ud, Allt-an-t-siùcair  
 Is cùbhraiun da bho bhéud ;  
 'N a rionnagan mu 'lùbaibh,  
 Mar réultan-iùil nan spéur.

Do shealbhag ghlan 's do luachair,  
 A' bòrcadh suas mu d' chòir ;  
 Do dhithein lurach, luaineach,  
 Mar thuairneagan de 'n òr ;  
 Do phris làn neada cuachach,  
 Cruinu, cuarsgagach aig d' eòin ;  
 Bàrr-braonain 's an t-sàil-chuachaig,  
 'N an dos an uachdar d' fheòir.

B'e sid an leigheas léirsinn,  
 Do loingeas bréid-gheal, luath,

'N an sguadrana seòl bhréid-chrom  
 A' bòrdadh géur ri d' chluais :  
 'N an giùthsaichean beò-ghléusta,  
 'S an cainb gu léir riu shuas ;  
 'S Caol-Muile fuar 'g a réubadh,  
 Le anail-spéur bho thuath.

'S cruaidh a' bhàirlinn fhuair mi  
 Bho'n fhuaran 's blasda glòir ;  
 An caochan is mo buadhan  
 A tha fo thuath 's an Eòrp.—  
 Lion ach am bòla suas deth,  
 'S de bhranndaidh, fhuair na 's leòir,  
 Am puinse milis, guanach,  
 A thàirneas sluagh gu ceòl.

Muim-altruim gach pòir uasail,  
 Nach meath le fuachd nan spéur ;  
 Tha sgiath fo 'n àirde tuath oirr',  
 Dh' fhàg math a buar 's a féur ;  
 Fonn deiseireach, fìor uaibhreach,  
 'N a spéuclair buan do 'n ghréin ;  
 Le spréidh théid duine suas ann,  
 Cho luath ri each 'n a léum.

'S aol is grùnnnd d' a dhailthean,  
 Dh' fhàg Nàdur tarbhach iàd ;  
 Air 'm mèinn gu 'n toir iad arbhar,  
 'S tiugh, starbhanach ni fàs ;  
 Bidh dearrasanach shearr-fhiacalach,  
 'G a lannadh sìos am boinn,  
 Le luinneagan bìnn nìonag—  
 An ceòl is mìlse rainn.

An coire 's fhèarr 's an dùthaich,  
 An coire 's sùghmhor fonn ;  
 'S e coirein Allt-an-t-siùcair,  
 An coirein rùnach lom ;  
 'S ge lom gur molach, ùrail,  
 Bog-inhiodar dlùth a thom,  
 'M beil mil a's bainne brùchdad,  
 'S uisg' ruith air siùcar pronn.

An coire searrachach, uanach,  
 Meannach, uaigneach, àigh ;  
 An coire gleannach, uaine,  
 Bliochdach, luath gu dàir ;  
 An coire coillteach, luachrach,  
 An goir a' chuach 's a' Mhàrt ;  
 An coire 'm faigh duin'-uasal,  
 Biast dhuh a's ruadh 'n a chàrn.

An coire brocach, taobh-ghorin,  
 Torcach, faoilidh, blàth ;  
 An coire lonach, naosgach,  
 Cearcach, craobhach, gràidh ;  
 Gu bainneach, bailceach, braonach,  
 Breacach, laoghach, blàr ;  
 An sultmhor mart a's caora,  
 'S is torach laoimsgir bàrr.

An coire 'm bi na caoirich  
 'N an caogada le 'n àl ;  
 Le 'n reamhad 'gâbhail faoisgneadh  
 A 'n craicinn mhaoth-gheal, thlàth :  
 B' e sid am biadh 's an t-aodach,  
 'N ad fhaoin-ghleanna 's ad àird.—

An coire luideach gaolach,  
 'S e làn de mhaoine gràis.

An coire lachach, dràcach,  
 'M bi guilbnich, 's tràigh-gheòidh òg' ;  
 An coire coileachach, làn-damhach,  
 Is moch a's anmoch spòrs :  
 'S tìm dhomh sgur 'g an àireamh—  
 An coire 's fàsmhor pòr ;  
 Gu h-innseach, doireach, blàrach,  
 Isimeach, càiseach bò.

---

#### MORAG.\*

FONN.—Agus ho, Mhorag, na ho-ro,  
 'S na hóró gheallaidh.

A MHORAG chiatach a' chùil dualaich,  
 Gur h-e do luaidh a th' air m' aire.  
 Agus hó, Mhórag, &c.

'S ma dh' imich thu nùll than chuan bhuainn,  
 Gu ma luath a thig thu thairis.

'S cuimhnich, thoir leat bannal ghruagach  
 A luaidheas an clòth ruadh gu daingeann.

\* This song has been always highly popular, and is certainly the most spirited and elegant of all our Jacobite songs. Charles is represented under the similitude of Mórag—a young girl with waving locks of yellow hair flowing on her shoulders. She had gone away over the seas, and the bard invokes her to return with a party of maidens (i.e. soldiers) to dress the red cloth, in other words, to beat the English red coats. The allegory is kept with elegance and spirit, and the poet introduces himself as one who had followed Morag in lands known and unknown, and was still ready to follow her if required.—SAR-OBAJR.

O ! cha leiginn thu do 'n bhuaillidh  
Mu 'n salaich' am buachar d' anart.

'D é! cha leiginn thu gu cualach—  
Obair thruaillidh sin nan cailean.

Gur h-i Mórag ghrinn mo ghuamag  
Aig am beil an cualein barrfhionn.

'S gaganach, bachlagach, cuachach,  
Ciabhag na gruagaiche glaine.

Do chùl péucach sìos 'n a dhualaibh,  
Dhalladh e uaislean le 'lainnir.

Sìos 'n a fheòirneinean mu d' ghuailnean—  
Leadan cuacheineach na h-ainnir'.

Do chùl péurlach, òrbhuidh, luachach,  
Timchioll do chluaise 'n a chlannan.

O Mhórag ! gu 'm beil do chuailein  
Ormsa 'n a bhuaireadh gun sgainnir.

'S ged nach iarr mi thu ri d' phùsadhl,  
Gu 'm b' e mo rùn a bhi mar-riut.

'S ma thig thu rithist am lùbaibh,  
'S e 'n t-éug, a rùin, nì ar sgaradh.

Leanaidh mi cho dlùth ri d' shàiltean  
Agus bàirneach ri sgeir-mhara.

Shiubhail mi cian leat air m' eòlas,  
Agus spailp de 'n stròic air m' aineol.—

Gu 'n leanainn thu feadh an t-saoghail,  
Ach thus', a ghaoil, theachd am fharraïd.

Gu 'n 'chuireadh air mhisg le d' ghaol mi—  
'S mear, aotrom a' ghaoir tha 'm bhallaibh.

A Mhórag 'g am beil a' ghruidh chiatach,  
'S glan am fiaradh th' ann ad mhalaidh.

Do shùil shuilbhear, shocair, mhòthar,  
Mhireagach, chòmhnhard, 's i meallach.

Déud-cailce snasta na rìmhinn',  
Snaidhte mar dhisn' air a ghearradh.

Maighdeann bhòidheach niam bas caoine,  
'S iad cho maoth ri clòimh na h-eala.

C—chan léuganach nan guag ;  
'S faileadh a' mhusga de h-anail.

'S iomad òigeir a ghabh tlachd dhiot,  
Eadar Arcabh agus Manainn.

'S ioma leannan a th' aig Mòraig,  
Eadar Mòrthir agus Arrainn.

'S ioma gaisgeach deas de Ghàidheal,  
Nach obadh le m' ghràdh-sa tarrainn.

A rachadh le sgiathan 's le clàidhean,  
Air bheag sgàth gu bial nan canan.

'Chunnartaicheadh dol 'n an òrdugh  
Thoirt do chòrach mach a dh-aindeoin.

'S iomad àrmunn làsdail, tréubhach,  
An Dùnéideann ann am bharail :

Na 'm faiceadh iad gnè de ghuais ort,  
Dheanadh tarrainn suas ri d' charraid.

Mo chion a dheanadh leat éirigh :  
Do chaiptein fhéin Mac-mhic-ailein.

Gu 'n 'theann e roimhe romh chàch riut,  
'S nì e fhà'st e, ach thig thairis.

Gach duine tha 'n Uithist 's am Mùideart,  
'S an Arasaig dhubb-ghuirm a' bharraich.

An Canaidh, an Eige, 's am Mòrthir—  
Réisimeid chòrr ud Shiol-Ailein..

An àm Alastair 's Mhontròse,  
Gu 'm bu bhòcain iad air Ghallaibh.

Gu 'n d' fhairich là Ionbhar-Lòchaidh,  
Cò bu stròicich' ann le lannan.

Am Peairt, an Cìll-saith, 's an Allt-Eurann,  
Dh' fhàg iad Réubalaich gun anam.

Alastair mòr Ghlinne-Comhann,  
'S brigàde coimheach Ghlinne-Gairidh.

Mar sin a's an t-àrmunn Sléiteach,  
Ged a tha e fhéin 'n a leanabh.

Dh' éireadh leat a nall bho 'n Rùta,\*  
Antrum lùth-chleasach nan seang-each.

---

\* Earl of Antrim from the Route.

Dhruideadh na Gàidhil gu léir leat,  
Ge b' e dh' éireadh leat no dh' fhanadh.

Shuidh deich mìle dhiùbh air cléith dhuibh  
An cogadh Rìgh Tèarlach nach maireann.

'S ioma clòth air an d' thug iad caitein,  
Eadar Cataobh agus Anainn.

Bha càch a' diùlt teachd a luadh' dhuibh,  
'S chruinnich iadsan sluagh am bannail.

A rìgh, bu mhath 's an luath-làimh iad,  
'N uair a thàirneadh iad an lannan.

H-uile clòth a luaidh iad riabh dhuibh,  
Dh' fhàg iad e gu ciatach, daingeann :

Teann, tiugh, daingeann, fighte, luaidhte,  
Daite ruadh air thuar na fala.—

Greas thairis le d' mhnathan-luadhaidh,  
'S théid na gruagaichean so mar-riut.

Agus hó Mhórag, hó-ró,  
'S na hóró gheallaidh.

## ORAN DO MHAC-SHIMIDH\*.

FONN.—“*Hap me with thy petticoat.*”

'S lionmhor *blank* a th' againne  
 Am Breatunn suas ri lionadh,  
 Nach deanar gun ghniomh chlàidhean  
 Gu ceart gu bràth a sgribheadh ;  
 Gur h-ann diùbh ar n-àilleagan,  
 Ard àrmunn sin na rìgheachd :  
 Mac-Shimidh mór a bhàsaicheadh  
 Le pàrlamaid a' mhì-rùin.

Mo chion an t-ùrla blàth-mhaiseach,  
 Bha cruaidh a's tlàth 's na timibh ;  
 A réir 's mar bhiodh an t-aobhar ann,  
 Bu stàillinn bu phrìomh mhèinn dut ;  
 Bu bhras ri uchd do nàmhad thu  
 'N uair thàirnteadh na lainn liomhaidh ;  
 Bu bhàigheil, caoin ri d' chàirdean thu,  
 Gun àrdan ach iriseal.

Bu bheairteach an tigh-stòrais sin  
 De ghliocas còrr bhapriseil ;  
 So sgar tuagh an rògaire  
 Bho 'n choluinn chòir bha rioghail ;  
 Braon, d' a lugh'd, de thròcaireachd  
 A dh' òrduich Dia na firinn',

\* Simon Lord Lovat was apprehended in Morar, on the 7th of June 1746, by a party from the *Furnace* sloop, commanded by Capt. Dougald Campbell of Achachrossan. He was thence conveyed on a litter to London, where he was impeached by the House of Commons on the 9th of December; his trial commenced before the House of Peers on the 9th of March 1747; was found guilty on the 18th, and beheaded on the 9th of April 1747, in the 80th year of his age.

Cha 'n 'eil an uchd an Fheòladair,\*  
Mac Dheòrsa ris an str-p-ch.

O, bhalaich sin Dhùn-balaicht† ud,  
Shearbh shailleir nan cam ghiùdan,  
Gu 'n 'stùr thu 'n réulta lainnireach  
Bho thuath bu bharrachd iùil duinn ;  
Ma gheobh thusa mathanas  
'N ad pheacadh-brath, gun sgiùrsadh,  
'S cìnnteach leam gu 'n 'shàbhaladh  
Do làn dearbh-bhràthair, Iùdas,

D' fhìor mhaighistir cliù-thoillteannach,  
Le foill gu 'n d' rinn thu phògadh,  
Gu smal a chur air foidhneulaibh  
An daoimein sin dheagh Lovat ;  
Och, 's Iùdasach an t-slaughtireachd  
A rinn thu air bhriòb òir oirnn ;  
Gur h-ioma neach a dh' fhoighneachdas,  
Co 'n traoiteir rinn an dò-bheairt.

O, léug nam buadhan soilleire,  
Fhìor choinneal gach deagh sheanchuis,  
Bu liomhòr cuibhle ghoireasach  
Chìnn sgoinneil ann ad eanchainn ;  
Ri cogadh bha thu misneachail,  
Deagh-ghibhteannach, àrd-mheanmnach ;  
An sin bu torach gliocas dut,  
'S b' fhìor phiseachail do leanmhainn.

\* William Augustus Duke of Cumberland, son of George II. born 15th April 1721, died 31st October, 1765.

† Hugh Fraser of Dunballoch.

Fior mhìre geal na cruadhach thu  
 'S a' chruadal nach d' rinn lùbadh ;  
 Gun dad de mheasgadh truaillidh  
 'D mhèiun uasail 'n déis na fùirneis' ;  
 Bu cho sean do bhualadh  
 Agus suaichcantas do chùinnidh,  
 'S nach Crìostaidhnean chuir tuairgneadh ort  
 Ach sluagh sin Bheelsebùba.

O, réulta gheal na cùirtealachd,  
 Chìnn làn de shùrd garg, rioghail ;  
 Thug gràdh do 'n Tèarlach Stiùbhartach  
 'S bha dùrachdach d' a shìnnsrean ;  
 Gu 'n 'thuit thu 'd mhartair cùramach,  
 As leth a chrùin 's do rìgheachd ;  
 'S d' anam glan air ùmhachadh,  
 Thug thù do Dhia na firinn'.

Gur grìnn am bàs ri 'n d' fhuirich thu,  
 'S a dh' fhuilig thu gu ciatach ;  
 Gur mór na gibhtean bunailteach,  
 Sèamh, furusach thug Dia dhut ;  
 'N uair liubhair thu gu furanach  
 Do chorp gu 'ghuin 's gu riasladh ;  
 'S le d' chreideamh daingeann, curaisdeach,  
 Do mhuineal do na biastan.

Och óch ! na leòghainn thréubhach sin,  
 'S na spioraid thréuna chruadhach ;  
 Nach bogaich bàs gu h-éucoir iad,  
 Croich, géuragan, no tuaghan.  
 Och, 's glòrmhor, glan, àrd-éibhinneach  
 'N aiséirigh 's an Diluain sin,

'S Deòrsaich, 's crith le déisinn orr'  
A' réicil ás na h-uaighean.

'S lionmhor caochan cùbhraídh, mear,  
'S bras shiùbhlachain ad fhion-fhuil,  
Nach ruig mi leas bhi 'g ùrachadh—  
Sgrìbh ùghdair sìos do fhriamhach :  
Fuil Stiùbhartach a' chrùin ud  
Air a dùbladh ad chorp prìseil ;  
'S gach fuil is uailse flùrana,  
Gu léir is fhiù 's an rìgheachd.

Gur barail am measg mucairean  
Nach 'eil biadh-mhuc 's an t-saoghal  
A dh' fhàgas cho lom, luchdmhòr iad  
'S cho sultmhor ri feòil dhaoine :  
Tha Deòrsa 's a chuid uirceinean,  
An déis na mhort e dh' uaislean,\*  
Am muineil cho garbh, sturranta,  
'S gur gann is urrainn tuagh annt'.

Tha sgairteachd 'glaodhach dioghaltais,  
Ard, dlùth mar bha fuil Abeil,  
Bho chréuchd nam martair cliùiteach ud,  
Thig gort, a's sgiùrs', a's plàigh oirbh :  
Air gach ball de 'n *jury* ud  
A shuidh an cùirt 'g an dìeadh ;  
Gach fianais fhalla, dhùbailte—  
Gu 'n sgiùrsar iad trì fillte.

O ! 's garbh a dhioghlar fhathast so  
Air amhaichean nan Réubal,

---

\* "The number executed, besides those who died in prison after receiving sentence of death, was 86; of whom 4 were peers, 2 baronets, 6 esquires, and 64 gentlemen, mechanics, labourers, &c."

'N uair thig am Prionnsa flathasach,  
 'S fearg chathanach 'n a éudann ;  
 Le faobhar a lann crathanach,  
 Gu 'n sgathar sìos gu féur iad ;  
 Bidh croich, a's teine, 's claidheamh ribh,  
 Gun fhaighidinn 'g ur céusadh.

Car deas de 'n chuibhle bhàsmhoir so,  
 'S na fuilic àr do Chriostaidh ;  
 Thoir ás an Eiphit sglàmhaich sinn,  
 Gu fonn Chanàain phriseil ;  
 Air neo sgrios rìgh Phàraoh so  
 Le claidheamh, plàigh, a's gròsaich :  
 'S cuir Maois a's armait thàbhachdach,  
 Thoirt bàirlinn' da bheir cìs d' e.

Tha sinne 'n déis ar sàrachadh,  
 Ar nàrachadh, 's mòr sgios oirnn ;  
 An dràbhag a tha maireann dinn,  
 Air feadh nan càrn 's air sioladh.  
 Le mliad 's tha dh' fhiamh romh 'r naimh-dean oirnn,  
 'G ar sealg a ghnàth 's na h-innsean,  
 Gu 'n d' rinn iad tràillean gnàda dhinn—  
 O, Theàrlaich fair *relìbha*.

---

## SMEORACH CHLANN RAONUILL.\*

FONN.—Hoilibho hiriag ohalil o,  
 Hoilibho hiriag ohoro hi ;  
 Hoilibho hiriag ohulil o—  
 'S smeòrach le Clann-Raonuill mi.

GURA mis' an smeòrach chreagach,  
 An déis léum bhàrr cuaiich mo nidein  
 Sholar bìdh do m' ianaibh beaga,  
 Seinneam ceòl air bàrr gach bidein.

'S smeòrach mise do Chlann-Dònuill,  
 Drèam a dhìtheadh a's a leònadh ;  
 'S chaidh mo chur an riochd na smeòraichi',  
 Gu bhi seinn 's ag cur ri ceòl dhaibh.

'S a' chreig ghuirm a thogadh mise,  
 An sgìreachd Chaisteil-duibh nan cliar :  
 Tìr tha daonnan ag cur thairis  
 Le tuil bhainne, mheala, 's fhìon'.

Sliochd nan ian bho'n Chaisteal-thioram,  
 'S bho eilein-Fhìonain nan gallan ;  
 Moch a's feasgar togar m' iolach,  
 Seinn gu bileach, milis, mealach.

Tha mi de 'n ghur rioghail, luachach—  
 'S math ian fhaotainn á nead uasal ;  
 Ghineadh mi gun chol, gun truailleadh,  
 Fo sgiathan Ailein mhic Ruairidh.

---

\* Of this species of composition, the oldest extant, if we except the 'Duan Albanach,' is the Comhachag. Smeòrachs by M'Codrum, Macdougall, MacLachlan, and Macleod, may be seen in 'Sar-Obair.'

Cinneadh glan gun smùr, gun smodan;  
 Gun smal, gun luaith ruaidh, gun ghrodan ;  
 'S iad gun ghiamh, gun fheall, gun sodan,  
 'S tréun am buille 'n tiugh nan trodan.

Cinneadh mór rìoghail th' air am buaineadh  
 A mìr de mhearadh na cruadhach ;  
 'S daoimein iad gun spàrr, gun truailleadh,  
 Nach gabh stùr, gnè 'smal, no ruadh-mheirg

Cinneadh gun bhòsd, gun spàrran  
 Suairce, sibhealta, gun ràpal ;  
 Caoimhneil, cinneadail ri càirdean,  
 Fulteach, faobharrach ri nàmhaid.

Raonullaich nan òr-chrios tagach,  
 Nan lùireach, nan sgiath, 's nan clogaid,  
 A théid sios gu gunnach, dagach,  
 Na fir ghasda, shùnnntach, chogach.

Sid na h-aon daoine th' air m' aire,  
 Nach deanadh air plùndrainn cromadh,  
 Dheanadh anns an àraich gearradh—  
 Cinn 'g an sgaradh, cuirp 'g am pronnadh.

Ach mur tig mo rìgh-sa dhachaidh,  
 Triallaidh mi do uamhaig shlocaich ;  
 'S bidh mi 'n sin ri caoidh 's ri basraich,  
 Gus am faigh mi 'm bàs le osnaich.

Ach ma thig mo Phrionnsa thairis,  
 Cuirear mise 'n cliabhan lurach,  
 'S bidh mi canntaireachd gu huileach—  
 'S ann 'n a àros nì mi fuireach.

Madainn-chéitein 'm bàrr gach badain,  
 Sgaoileadh ciùil á gloic mo ghuibein,  
 'S àluinn mo thurruraich 's mo ghlagan,  
 Stailceadh mo dhà bhuinn air stuibein.

Gura mise cruit nan cnocan,  
 Seinn mo leadain air gach bacan,  
 'S mo chearc fhéin 'g am bhéus air stocan—  
 'S glan ar glocan air gach stacan.

Crith-chiùil air m' ugan 'g a bhogadh,  
 'S mo chom tur uile làn beadraiddh,  
 Tein'-éibhinn am uchd air fadadh,  
 'S mi air fad gu danns' air leigeil.

'N uair chuirinn geoic air mo ghogan,  
 'S a thogainn mo shailm air creagan,  
 'S ann orm fhéin a bhiodh am frogan—  
 Ceòl 'g a thogail, bròn 'g a leagail.

Eòin bhuchullach, bhreac na coille,  
 Le 'n òrganan òrdail mar-ruinn,  
 'S feadag għlan am béul gach coilich—  
 'S binn feadail air géugan barraich.

'S mise 'n t-ianan beag le m' fheadan,  
 Am madainn-dhriùchd am bàrr gach badain,  
 Sheinneadh na puirt għrinn gun sgreadan—  
 'S ionmhuinn m' fheadag feadh gach lagain.

Togamaid deoch-slàinte na h-armait',  
 Dh' eirich le Tèarlach bho 'n għarblach ;  
 Na fir għasda dheanadh searr-bhuain  
 Air feoil 's air cnaimhean nan dearg-chot.

Olamaid fliuchadh ar slugain,  
 'S cuireamaid mu'n cuairt làn nogain ;  
 Slàinte Shéumais suas le suigeart,  
*Tosta Thèarlaich* sìos le sogan.

Slàinte 'n Teaghlaich Rìoghail inbhich,  
 Olamaid gu sùnnach, geanail ;  
 'S nigheamaid ar sgòrnain ghionach,  
 Le dram milis, srùlach, gloineach.

Cuireamaid sìos feadh ar mionaich  
*Tosta* nan cuiridhnean clannach,  
 Nan colg sgaiteach, gasda, biorach,  
 'S ro mhòr sgil air còmhraig lannaich.

Bho'n tha mi teannadh gu eirthir,  
 Ullaicheam m' acair gu calá,  
*Tosta* Mhùideart, Ceann nan Seileach,  
 'S an t-slàint' eil' ud , Ceann nan Garrach.

Lion suas a' ghloine chéudna,  
 Cuimhnichcamaid slàint' an t-Sléitich,  
 Ridir òg, gasda, nach éuradh  
 Dol le sgairt a shracadh bhéistean.

Slàint' Iarl Antrum, *tosta*priseil,  
 'S na tha 'n Eirinn 'Chlanna-Mhilidh—  
 Tha mo sheile bàthadh m' iotaidh,  
 Chionn gu 'm beil mo bhéul làn mìlsein.

Dìolamaid gu foirmeil, frasach,  
 Slàinte Bhaodhastail mu 'n stad sinn,  
 Laoch tréun a dh' éireadh sgairteil  
 Chur *ratreut* air béistean Shasunn.

Lìon suas duinn gloine do 'n Deasach,  
 Learganaich nan gorm-lam claiseach,  
 Laochraigd sgathadh cheann a's leasraigd,  
 Na suinn sheasmhach, shunntach, mhaiseach.

Co an àmhaid sin riù sheasad  
 'S cruidh rùisgte 'n an dùirn gu slaiseadh?  
 Anns an ruaig 'n uair ghabhadh teas iad,  
 Le lùth-chleasan bualadh *shaisean*.

Greasam gu finid gun stopadh,  
 Ach cha mhiann leam a bhi bacach,  
 Puirt-chiùil na smeòraiche dosaich',  
*Tostam* fior sheobhag na Ceapaich'.

Togamaid slàinte nan Gleannach  
 Bho Chomhann nam bradan earrach,  
 Bheireadh air bòcanaibh tilleadh,  
 Cha bu ghioragach iad air bealach.

Cuireamaid mu'n cuairt gu toileach,  
 Slàinte Mhic-Dhùghaill bho 'n bharrach :  
 Cridhe rioghail, reamhar soluis,  
 Tha 'n a bhroilleach shìos am falach.—

Cuimhnicheam Iain Ciar á Lathurn,  
 Aig nach robh an stoidhle cumhang ;  
 Gheobh thu mùirn a's ónair fhathast,  
 Air sgàth do ghràis, mar is cubhaidh.

Diolamaid an *tosta* so bharrachd :  
 Deoch-slàinte nam fiùranan glana  
 Bho Chrúachan-Beann na trom-ghaillinn',  
 'S bho Ghleann-Nomha nan sonn fearail.

Ciod am fàth dhaibh bhi 'g ar tagradh,  
 'S nach urrainn daibh chur ruinn cluigein,  
 Sguiribh de 'r bòilich 's de 'r spagluinn,  
 An rud a th' againn, 's e Dia thug dhuinn.

'S ioma nàmhaid a tha bagr' oirnn,  
 A's luchd-farmaid air am beag sinn ;  
 Cha 'n e 'mì-rùn bochd a lag sinn—  
 Sinn bhi rag 's a' chòir, a leag sinn.

---

#### DEOCH-SLAINTE THEARLAICH.

FONN.—'S gu 'n òlaiun slainte-Theàrlaich,  
 Ged leónadh i gu bàs mi,  
 Air chionn gu 'n faicinn e le ghaisgich,  
 Tigh'n dhachaidh gu àite.

AN litir għluais mo dhòchas,  
 A dh' fħiosraich mi Didònaich,  
 Gu 'n d' thugsibh bristeadhair luchd-chasag  
 Dh' fhàg sibh lag gun treoir iad.

Clann-Dònuill chruaidh nam fraoch-bheann,  
 A choisinn buaidh 's a' chaonnaig,  
 Gur fada chluinnteadh fuaim ur cruadhach  
 Tigh'u romh thruaillean caola.

'S leat Dònull bàñ bho Lòchaiddh,  
 Le fhir làidir chròdha,  
 'S le launnan glasa, dùbh-ghorm, sgaiteach,  
 'S math gu casgairt feòla.

'S leat Eòbhan bàn bho Chluainidh,  
 'S bu mhath gu sgaradh chluas diubh  
 Le sgionan biorach, dheanadh pinneadh,  
 Dh' fhàgadh 'sileadh chnuac iad.

Gur h-iomad òigear meanmnach,  
 A dh' éireadh leat fo 'n armaibh ;  
 Bu neo-ghliogach dol 's an trioblaid—  
 Griogarraich Bhraid-Albann.

Mac-Shimidh òg bho 'n Aird leat,  
 Mar leòghann ri uchd nàmhad,  
 Le fhir dhearga, smiorail, fheargach,  
 Leagadh mealg mu sàiltean.

'S leat Siosalaich nan géur-lann.  
 Théid sgiobalta 'n an éideadh ;  
 Bidh ruinn gu ceilg orra 'n teas na feirge  
 Dh' fhàgadh earblaich crêuchdach.

Tha Clann-an-Tòisich rìoghail,  
 Na leòghanna nach strìochdad,  
 Le lannan guineach sgoltadh mhuineal,  
 'S iad nach fuilig mi-mhodh.

'N uair théid an crùn air Tèarlach,  
 Bidh smùid air coinnlean-céire ;  
 Bidh lasair ait air bàrr gach caisteil,  
 'S dibh gu bras 'g a h-éigheach.

## ORAN DO'N PHRIONNSA.

FONN.—O, hiriri, tha e tighin,  
 O, hiriri, 'n righ tha bhuainn ;  
 Faigheamaid ar n-airm 's ar n-eideadh,  
 'S breacan-an-fheilidh an cuaiach.

'S éibhinn leam fhìn, tha e tighinn,  
 Mac an rìgh dhliglich tha bhuainn ;  
 Srios mòr, rioghaile do 'n tig armachd,  
 Claidheamh a's targaid nan dual.

Samhuil an Fhaoillich a choltas,  
 Fuaradh-froise 's fadadh-cruaidh ;  
 Lann thana 'n a làimh gu cosgairt,  
 Sgoltadh chorp mar choirc' air cluain.

Torman do phìoba 's do bhrataich',  
 Chuireadh spiorad bras 's an t-sluagh ;  
 Dh' eireadh ar n-àrdan 's ar n-aigne,  
 'S chuirteadh air a' phrasgan ruraig.

Tàirneineach a' *bhomb* 's a' chanain,  
 Sgoilteadh e 'n talamh le chruas ;  
 Fhreagradh dha gach beinn 's gach bealach,  
 'S bhòdhradh a mhac-tall' ar cluas.

Gur maирг do 'n éideadh 's an là sin,  
 Cota gnàd' de 'n mhàdar ruadh ;  
 Ad bhileach dhubb a's *cocàde* innt',  
 Sgoiltear i mar chàl mu 'n cluais.

O, hìriri, tha e tighin,  
 O, hìriri, 'n righ tha bhuainn ;  
 Faigheamaid ar n-airm 's ar n-éideadh,  
 Breacan-an-fhéilidh an cuaiach.

---

ORAN EILE DO'N PHRIONNSA.

FONN.—Hug oño, lail oho,  
Hug ohoro, 'n aill leibh;  
Hug oho lail oho,  
Seinn ohoro 'n aill leibh.

Moch 's a' mhadainn 's mi dùsgadh,  
'S mòr mo shùnnnt 's mo cheòl-gàire;  
Bho 'n a chuala mi 'm Prionnsa,  
Thigh'n do dhùthaich Chlann-Ràghaill.

Bho 'n a chuala mi 'm Prionnsa,  
Thigh'n do dhùthaich Chlann-Ràghaill;  
Gràinne-mullaich gach rìgh thu,  
Slàn gu 'n till thusa, Theàrlaich.

Gràinne-mullaich gach rìgh thu,  
Slàn gu 'n till thusa Theàrlaich;  
'S ann tha 'n fhìor fhuil gun truailleadh,  
Anns a' ghruaidh is mòr nàire.

'S ann tha 'n fhìor fhuil gun truailleadh,  
Anns a' ghruaidh is mòr nàire;  
Mar-ri barrachd na h-uaisle,  
'G éirigh suas le deagh-nàdur.

Mar-ri barrachd na h-uaisle,  
'G éirigh suas le deagh-nàdur;  
'S na 'n tigeadh tu rithist,  
Bhiodh gach tighearn' 'n an àite.

'S na 'n tigeadh tu rithist,  
Bhiodh gach tighearn' 'n an àite;  
'S na 'n càiricht' an crùn ort,  
Bu mhùirneach do chàirdean.

'S na 'n càiricht' an crùn ort,  
 Bu mhùirneach do chàirdean ;  
 'S bhiodh Lochial mar bu chòir dha,  
 'Cur an òrdugh nan Gàidheal.

S bhiodh Lochial mar bu chòir dha,  
 'Cur an òrdugh nan Gàidheal ;  
 A's Clann-Dònuill a' chruadail,  
 Choisinn buaidh anns na blàraibh.

A's Clann-Dònuill a' chruadail,  
 Choisinn buaidh anns na blàraibh ;  
 'S iad gu 'n cumadh a' chòmh-strith,  
 Ri luchd chòtaichean-màdair.

'S iad gu 'n cumadh a' chòmh-strith,  
 Ri luchd chòtaichean-màdair ;  
 Sid a' chuideachd bhiodh foirmeil,  
 Boineid ghorm a's *cocàde* orr'.

Sid a' chuideachd bhiodh foirmeil,  
 Boineid ghorm a's *cocàde* orr' ;  
 'S bhiodh am féileadh 's an fhasan,  
 Mar-ri gartana-sgàrlaid'.

'S bhiodh am féileadh 's an fhasan,  
 Mar-ri gartana-sgàrlaid ;  
 Féileadh-cuaich air bhac easgaid',  
 Paidhir *phistol* 's lann Spàinteach.

Féileadh-cuaich air bhac easgaid,  
 Paidhir *phistol* 's lann Spàinteach ;

'S na 'm faighinn mo dhùrachd,  
Bhiodh an diùc\* air dhroch càramh.

'S na 'm faighinn mo dhùrachd,  
Bhiodh an diùc air dhroch càramh ;  
Gu 'm biodh *butcher*\* na feòla.  
Agus còrcach mu 'bhràighe.

Gu 'm biodh *butcher* na feòla,  
Agus còrcach mu bhràighe ;  
'S gu 'n gibhtinn a' Mhaighdeann†  
Mar oighreachd d' a bhràthair.

'S gu 'n gibhtinn a' Mhaighdeann  
Mar oighreachd d' a bhrathair.—  
Ach slàn gu 'n tig thu 's gu'n ruig thu,  
Slàn gu 'n tig thus', a THEARLAICH.

### IMRICH ALASTAIR A EIGNEIG.‡

DH' fhalbh mi á nathrachan creagach,  
Làn conaisg, 's de phreas an sgrogach,  
Bioran droighinn ann 'g am bhriogadh,  
Romh m' chliabh gu neimhneach 'g am bhrodadh.

\* Duke of Cumberland.

† The Maiden, a machine for beheading criminals. It is said to have been introduced into Scotland by the Regent Morton, who was himself beheaded by it in 1581. One of its last victims was the Earl of Argyle, in 1681. It is now in the Museum of the Antiquaries of Scotland.

‡ Eigneig, in Kingerloch.

Fonn crainntidh, tioram nach lagach,  
 Gun mhìn-fhéur, gun lòn, gun bhoglaich,  
 Cho tioram ri spuing gu sradadh,  
 Ghabhas fadadh 's lasadh tograch.

Gun nòinein, gun sóbhraich, gun seamraig,  
 Air dol 'n a theine le tiormachd,  
 Sid am fearann nach iomlan,  
 Fo spéuran nan siantan iomluath.

Liath-reothadh gun dèarrsadhbh gréine,  
 Feadh srath a għlinne 's a shléibhtean ;  
 Crann-shneachd' a' spionadh á spéuran,  
 Froiseadh mu m' chluasan 's mu m' éudann.

Am fonn sgraingeil, grìomach, tomach,  
 Chinn de gach nì solta, lomach ;  
 Baile caol gun sult nach bronnach,  
 Lom-lan de bhratagan croma.

Gart an Fhaoillich gach aon ial air,  
 'S e daonnaan an caithreim fiabhruis,  
 Gun iuchar, gun chéitein grianach,  
 Ach fadadh-cruaidh 's an àirde niar air.

'S e buain froise de chloich mheallain,  
 A dheanadh ar cluasan a sgioladh,  
 Cha deanadh ar barail ar mealladh,  
 Sin an fhras is doirbhe sileadh.

Am maor thug dhòmh's a' bhàirlinn spreigeil,  
 An crom-shrònach 's a smig 'g a spagadh,  
 Ghairm e rium mar ghlaistig sgreadaidh,  
 M' imrich a thogail an gradaig.

Ghabh mi còmhnuidh 'n Ionbhar-Aoidhe,  
 Baile ionmholta, solta, gaolach,  
 'S e gu solach, torach, maoineach,  
 Müirneach, so-ghrà'ch, fèurach faoilidh,

Baile gun ghlaistig, gun bhòcan,  
 'S coisrigte gach crann a's fòid d' e,  
 Gun deanntaig, gun charran, gun fhòtus  
 Lom-lan chluaran, lilidh, 's ròsan.

A mhaghan a' bòrcadh le neòinein,  
 Stràcte le deagh-mheasan òirdhearc,  
 Cha chinн lus bhios searbh am fòid d' e—  
 Barrach, bainneach, mealach, sò-ghràdhach.

Fiamh a' ghàir air srath 's air mòr-bheinn,  
 Am madainn-Mhàigh a's grian 'g an òradh ;  
 Cur anma-fàis le blàs 'n am pòraibh,  
 H-uile là toirt bàrr air bhòichead.

Baile blàth, 's math fàs gach seòrs' ann,  
 Dealt an àigh air bàrr gach feòirnein,  
 Beò chluig-chiùil an dos gach mòr-chroinn,  
 Tilgeil cheileir-gràidh bho 'n sgòrnain.

B' oirfeid éibhinn seirm na còisridh',  
 Am bàrr nan géug a' seinn an òran :  
 Leadain théud-bhinn, ainglidh, ghlòrmhor,  
 'S laoidhean, gréidhte, céud-fathach, ceòlmhor,  
 'S fortan leam gu 'n d' fhàg mi Eigneig,  
 Ionad cruaidh nan dris bu ghéire,  
 Am fonn sporach, sgorach, béurra,  
 Dh' fheannadh m' fheòil mar chuirec 'dhroch-  
 réusair.

Fàilt ort fhéin a Phàrrais fhaoilidh,  
 Ionbhar-Aoidh am baile tlachdmhor ;  
 Bidh m' anam 's mo chorp gu naomha,  
 Bho 'n fhuair mi sgaoilte ás na glasan.

Chuibhtich mi taghadh na piocaid,  
 Am fear a bba riochdail 'n a chaisein,  
 Dheanadhascaoin-eaglais chruaidh orm,  
 Mu 'n cluinneadh a chluas trì casaid'.

Chuibhtich mi asgairt a's teine,  
 'S gach nì bhiodh 'n a bhoile gu lasadh ;  
 Chuibhtich mi seangan nan crioman,  
 'S gach nì biorach bhiodh 'g am speachadh.

Chiubhtich mi spuir a' chait-fhiadhaich,  
 'S dóbhran iargalta na bracainn,  
 An neach sin a chàin gu daor mi,  
 'S a bhéum gun aobhar a chlag rium.

Gu 'n do theich mi bho 'n fhraoch-sgriachain,  
 A loisg m' fhasag dhiom le shradan ;  
 Cur bhr-m-nn-n dearga tein' ás,  
 'S gu 'n 'tholl e gun deireas mo chnaimhean.

Gu 'n 'chuibhtich mi righ nan searbhag,  
 Domblas, eanglas, a's tombaca ;  
 'S gach biastag a bha 'g am itheadh,  
 Cònsbeach, creathlagan, a's beachan.

Ach bho 'n thàinig mi dh' Ionbhar-Aoidhe,  
 Thionndaidh riumsa caoin gachascaoin ;  
 A's gach rud bha cur orm trioblaid',  
 Rinn Dia gu sgiobalta 'n casg dhiom.

---

## AOIR A' CHNOCAIN.\*

Bu mhath gach crosachd gus an nochd,  
 Thachair riomsa noir no niar ;  
 Lùs mo choise sgaradh riùm,  
 Chrùn suim mo mhì-fhortain riabh.

Ach galar guu dealta, gun ghréin,  
 Gun fhéür, gun riasg thig á h-ùir,  
 Air a' chnocañ dhòite, liath,  
 Thug bho m' chois-sa trian a lùis.

Fallus nan seangan 's nan daol,  
 'G ad fheannadh gu daor bho d' rùsg ;  
 Gu ma h-e do phiseach a's d' fhéum,  
 Bhi 'd chòn-tom bréun aig gach cù.

'S ma gheobh *Lucifer* a chead,  
 Teachd bhàrr a shlabhraidh bho 'nead,  
 Gheobh e còir a's òrdugh rag,  
 Bhi m—n 's ag c—c air do bhiod.

Mo mhollachd-sa 's mollachd na gaoith  
 Shéideas sìontan daor nan spéur,  
 Gus am fail thu cho lom  
 Ri aotroman lom am bi séid.

Conasg, fóghnan, agus dris,  
 'S gach dreamsgal gun mheas gun sùgh,  
 Laomadh air a' chnocañ liath—  
 Cha ghabh néoineiu friamh ad ùir.

\* This piece is printed from M'Nicol's MSS. belonging to his grandson, Mr Ludovick Cameron, and at present deposited in the Advocates' Library.

Mo mhollachd-sa 's mollachd nam baobh,  
 'S mollachd nan aoir bho 'n 's i 's mò.  
 Dh' fhaileadh do mhullaich 's do thaoibh,  
 Gun duilleach mu d' chraoibh, no cnò.

Gun mheas, gun toradh, gun bhlàth,  
 Asad a dh' fhàs de 'm bi spéis ;  
 Crann-shneachd a spionadh do chluas,  
 'N ad lobharan 's ad fhuath do 'n spréidh.

Peileirean-beathracha cruaidh,  
 'S teine-dealain luath nan spéur,  
 'G ad losgadh suas ad luath ruaidh,  
 'S tuath-ghaoth 'g ad fhuadach bho chéil.'

Còinneach odhar 's cnotal ruadh,  
 'S iteotha mu 'm fuathach spréidh,  
 Chinntinn mu d' losaidean cruaidh,  
 'S nathraighean 'n an cuaiach ad sgéith.

#### FAILTE NA MORTHIR.\*

FONN.—Heitirin àirín, choro ;  
 Heitirin àirín, hó-rò.

FAILT' ort fhéin, a Mhòrthir bhòidheach,  
 Anns an òg mhìos-Bhealltainn.

Grian-thìr bhòidheach 's uaine còta,  
 'S froidhneadh ròs ri 'h-alltaibh.

Le biadh 's le dibh ag cur thairis—  
 Cha téid earrach teann oirr'.

\* Printed from M' Nicol's MSS., see p. 85.

'S fainneach, lurach, slios a tulach,  
'S duilleadh 'm mullach chrann innt'.

Uisge fallain nan clach geala,  
Ruith romh 'baile-geamhraidh.

'S loinneil a fir a's a bannal,  
'S ciabhach, barrfhionn clann innt'.

Mnathan aoibhinn, mòthar, caoimhneil,  
Lán de loinn 's de bhaindeachd.

Meòir chaola 's grinn' air anart,  
'S iad cho glan ri baintighearn'.

'S ùrail, àluinn, geal, dearg, blàth-mhor  
Daoine àrsaидh 's clann innt.'

A fir buadhach, 'm màrsal uasal,  
Meara, cruaidh 's a' champa.

Fo làn-éideadh, le 'n toigh féileadh—  
Mo ghràdh fhéin bhi cainnt riu.

Seirceach, caidreach, gun dad sladachd,  
Saor bho bhraid 's bho anntlachd.

Cho làn rioghalachd a's dilseachd  
Ri ubh brìdein samhraidh.

Pailt de chreideamh a's de dh-eagnachd,  
'S iad ri 'n eaglais—stannte.

'S bainneach, bailceach, braonach, glacach,  
Bruachan tacrach Ailleart.

'S lionach, slatach, cuibhleach, brcacach,  
Seile għlas nan samħnan.—

Mòrthir ghlan nam bradan tàrr-gheal—  
'S airgeadach cur lann orr'.

Fir làn sonais, saor bho dhonas,  
Gun dad conais-dranndain.

'S àluinn a beinnean 's a sraithin,  
'S éibhinn dath a gleannta.

Greighean dearga tàmh mu firich,'  
Eilid bhiorach 's mang aic'.

Damh le rùtas dol 's a' bhùireadh,  
'S e ri bùirein-cleamhna.

Boc air dàradh timchioll daraig',  
'N déigh a leannain chìnn-deirg.

Searraich shuigearnach ri ruideis,  
'S iad ri buiceis-dhannsa.

Crodh air dàir am bàrr an fhàsaich—  
Fiar nach fàs gu crainntidh.

Iad-air theas a' ruith le buaraich,  
'S té le cuaich 'g an deann-ruith.

Géum laogh beaga, 's crodh 'g am freagradh,  
Anns an eadradh-shamhraidh.

Na mìnna bheaga dol 's na creagan,  
'S iad ri ceigeis ghreannnmhoir.

Na h-eòin gu foirmeil 'seinn an organ  
Is fìor oirdhearc canntachd.

Coilich-choille 's iad ri coillcig  
Anns an doire chranntail.

Eòin-na-beinne an taobh cile,  
'S iad ri ceileir ranntachd.

Cuthag chùl-ghorm cur nan smùid d' i  
Ann an dùslainn challtainn.

'S ceòlmhor, éibhinn bàrr gach géige  
'S an eòin fhéin a' danns' orr'.

Chìeadh *Robin* 'seinn a's sog air,  
Agus frog air dreòllan.

Chearc le tùchan 's i ri giùigeil  
Is fìor chùirteil cleamhnas,

Gu 'm beil a talamh 's a h-athar,  
Làn de dh-aighir cheannsail.

'S fiarach, craobhach, luideach, gaolach,  
An tìr fhaoillidh shcannsail.

'S deiltreach, laomach, meiltreach, caoineach,  
A fuinn mhaoincach, sheannsail :

Cnothach, caorach, dearcach braonach,  
Glasrach, raonach, aimhneach.

Bàrr gach tolmain fo bhrat gorm-dhearc,  
Air gach borrachain alltain,

Dìthein chreagan, 's neòinein eagach,  
'S bòidheach leagail *stamp* orr.'

Breac le sulas 'léum á buinne,  
Ruith nan cuileag greannmhòr.

Grian ag éirigh, 'g òradh sléibhe,  
'S beachan ghéug ri srannraig.

Seillein ruadh a' deogladh chluaran,  
'S mil 'g a buain le dranndan.

'S cùbhraidih suibhean, 's badach luibhean,  
Ris a' bhruthainn anntas.

Luisein chùbhraidih mach a' brùchdad,  
'S cuid diubh cùl-ghorm, baindearg.

'S sóbhrach, mealach, creamhach, sabhach,  
Cluain a's camhain cham-ghlac.

'S miosrach, cuachach, leabach, luachrach,  
Dol gu buailidh 's t-samhradh.

'S òmhach, uachdrach, blàthach, cnuacach,  
Lòn nam buachaill' annta.

'S imeach, gruthach, meógach, sruthach,  
'N imrich shubhach shamhraidih.

'S mithich dhòmhsha dol do Mhòrthir  
Anns an òg mhios-Bhealltuinn.

Bhuain snodhaich, 's gach mì nobha,  
Mar-ri cnothan calltuinn.

Bhuain fhaillein 's a dh-òl bainne—  
Righ ! gur fallain m' annlann.

Cailin buidhe toirt muighe,  
'S i 'n a suidh' air plangaid.

Deoch gun tomhas dol mu 'r comhair,  
Gun aon ghomhar ganntair.

Bha mo chliabh 's mo ghial air lobhadh  
Le uisg' odhar, seanntaidh.

Ach, 's math mo chobhair—bainne-ghobhar  
'S e fo chobhar ceann-gheal.

'S uisce brisg-gheal, 's e ri briotal,  
Ruith romh chriostal bheanntan !

---

#### MAIRI SHUGAIDEACH.

FONN.—Heitirin airin, virin, ohoro :  
Heitirin airin, hò-ro.

A MHAIRI Shugaideach 's ròsach, ruiteach thu,  
Bu cheòl-cuideachd anns gach àit thu.

A Mhàiri mhodhail a' bheòil bhriathraich,  
Bha mi riabh an geall ort.

'S truagh nach robh mi leat mar leannan,  
Falbh nan gleannan-fàsaich.

A Mhàiri bhòidheach 's dearg do chòta,  
Fiamh an òir air fhàithseam.

Gruaidhean craobhach, slios mar fhaoilinn,  
Caoimhneil, caomhail, càirdeil.

'S gil' thu na 'n gruth, 's deirg' thu na 'n fhuis  
'S binn' thu na guth clàrsaich,'

Greannmhòr, faoilteach, gu neo-bhaosgach,  
Choisinn gaol gach àrmuinn.

Dhiùlt thu tighearna Ghlinn-Liobhunn,  
Agus rìgh na Spàinte.

Dhiùlt thu tighearn òg Ghlinn-Gairidh,  
Agus mac a' mhàidseir.

Dhiùlt thu sin a's fear nach b' ainid,  
Dhiùlt thu mac a' bhàillidh.

Dhiùlt thu Iarl' Antrum á Eirinn,  
'S phòs Séumas clàrsair !

---

## CUACHAG AN FHASAICH.

FONN.—A bhanarach dhonn a' chruidh,  
 Cbaoin a' chruidh, dhonn a' chruidh;  
 Cailin deas, donn a' chruidh,  
 Cuachag an fhasaich.

A BHANARACH mhiogach,  
 'S e do ghaol thug fo chìs mi ;  
 'S math thig làmhainnean sioda  
 Air do mhìn-bhasan bàna.

'S mòr bu bhinne bhi 'd éisdeachd,  
 'N àm bhi bleoghann na spréidhe,  
 Na 'n smeòrach 's a' chéitein,  
 'M bàrr géig' ann am fàs-choill.

Ceòl farasda, fìor-bhinn,  
 Fonnmhor, farumach, dìonach,  
 A sheinn an cailin donn, finealt,  
 Bheireadh biogadh air m' àirnean.

Ged a b' phonnmhor an fhiodhal,  
 'S a téudan an righeadh ;  
 'S e bheireadh danns' air gach cridhe,  
 Ceòl nighean na h-àiridh'.

Tha deirg' agus gile,  
 Gleachd an gruaidhean na fine ;  
 Béul mìn mar an t-sirist,  
 Do am milis thig gàire.

Déud snasta na rìmhinn',  
 Snaidhte, cruinn, mar na dìsnean ;  
 Gur h-i 'n donn-gheal ghlan, smìdeach,  
 Is ro-mhiog-shùileach fàite.

Chuireadh moill' air do léirsinn,  
 Ann am madainn-dhriùchd chéitein,  
 Na gathannan grèine  
 Thig bho téud-chùl cas, fainneach.

'S ciatach nuallan na gruagaich',  
 Ri bleoghan cruidh ghuailfhiinn,  
 A' toirt tormain air cuachaig,  
 'S bodhar-fhuaim aig a clàraibh.

'S taitneach siubhal a cuaillein,  
 'G a chrathadh mu cluasan,  
 A' toirt muidh' air seid-luachrach  
 An tigh-buaile 'n gleann-fàsaich.

A muineal geal, bòidheach,  
 Mu 'n iathadh an t-òmar ;  
 A dhath fhéin air gach seòrsa,  
 Chìeadh 'dòrtadh tromh bràighe.

Dà mhaoth-bhois bu ghrinne,  
 Fo 'n dà ghàirdein bu ghile,  
 'N uair a shìnt' iad gu h-inealt'  
 Gu sincan cruidh fhàsgadh.

Gu 'm bu mhòthar mo bheadrach  
 Teachd do 'n bhuaile mu eadradh,  
 Sèamh, sult-chorpach, beitir,  
 'S buarach 'ghreasad an àil aic'.

Glac gheal a b' àrd gleadhar,  
 Stealladh bainne 'n cuach-bhleoghainn,  
 Seinn nan luinneag bog, seadhach  
 Ann an gobhal na blàraig'.

'N uair a thogadh tu bhuarach,  
 Cuach a's currusan na buaile,  
 B' ao-coltach do ghluasad  
 Ri guanaig na sràide.

---

## ORAN DO RAONULL OG MAC-MHIC-AILEIN.

Mo chion na chunnaic mi 'm chadal,  
 Raonul Og 'chaidh leinn do Shasunn ;  
 Marcaich' mùinte nan stéud brasa,  
 Nach gèarr fead no srann 's a' bhaiteal.

Gur toigh leam an Còirneal slios-gheal,  
 Do 'n tigeadh na h-airm gu sgibidh ;  
 Claidheamh, gunna, sgiath, a's piostal,  
 'S féileadh cruinn an càramh sgiobalt.

Leòghann guineach, calma, luaineach,  
 Tuil-bhéum sgrios-marbhach 's an ruaig thu ;  
 Beithir bhéumannach 'n àm fuathais,  
*Phas a chùrsa 'n colaist* cruadail.

Fhuair thu d' fhadhairt anns na blàraibh,  
 'S a' chruadal an cogadh Theàrlaich ;  
 Chleachd thu aghartachd ad phàisde,  
 Gun sùil, de 'lughad, air gàbhadh.

Fàth mo mhulaid bhi ás d' aonais,  
 Bu mhainn leam bhi faicinn d' aodainn,  
 Tha gun stoirm, gun fhéith, gun fhaoilleach,  
 Urla cruidh an uair na caonnaig'.

Bu staideil, neo-ghriobhagach d' àbhaist  
 Ag gluasad gu teine do nàmhad ;  
 Mo ghaol an céum socair, stàtail,  
 'S tu le sgairt a' brosnadh màrsail.

Cha robh ailis ort ri ràitinn,  
 Ann an cogadh ud Phrionns Teàrlach ;  
 Thu gun mhur-bhi, gun fhàillinn,  
 Mur bu bheag leinn d' fhiamh 's na blàraibl.

Ghabh am Prionnsa cala 'd dhùthaich,  
 Dh' eirich thu leis làn dùrachd ;  
 'S 'n uair bhristeadh a rìs air le bhiùthaidh,  
 Thill air ais gu d' fhasgadh cliùiteach.

Ghabh thu 'n a phearsa chiad liubhairt,  
 'S gu 'n 'lean thu ris ré na h-uidhe ;  
 Thu fhéin 's do dhaoin'-uaisle dligheach,  
 'S thug sibh sàbhailt bhuaibh e rithist.

'S ged a tha mi ann am dhùthaich,  
 'S beag an so their *how do you do* rium ;  
 'S buileach a chaill mi mo chùrsa,  
 Mi gun *phump*, gun chairt, gun stiùir orm.

Nach mì-fhortanach a' chùis so,  
 Gu 'n do dhealaich m' éideadh-cùil rium ;  
 M' éideadh-uchd, mo sgiath, 's mo lùireach,  
 Ann am Müideart, thug e chùl rium.

Ach car aon bhliadhna ni mi furus,  
 Dh' fhiach an till mo ghaol bho thurus ;  
 Ma thig e 'n sin gheobh mi cumail,  
 'S ni mi cridheil, failteach, fuireach.

Na 'm faicinn a' tighinn m' ionndrain,  
 'N ciad Chòirneal bh' aig a' Phrionnsa,  
 Chinninn cho aotrom ri fionn-àirc,  
 'S dhannsainn gun lot air roinn cuinnseir.

Tha thu garg a's ciùin ad nàdur,  
 Tha thu mìn a's garbh ad chàileachd ;  
 'S ge sèamh, farasd thu ri d' chàirdean,  
 Tha thu 'd lasair bhuirb ri d' naimhdean.

'S ioma falchan prìseil, bòidheach,  
 Tha 'n an cilleinean fo d' chòta,  
 Nach nochd thu do shìolach òtraich,  
 Gus an tachair urra chòir ort.

'S beag iognadh ogha do sheanar,  
 'N sgoileir 's an diadhaire beannaicht',  
 Saighdear garg am blàr nan dcannal,  
 Buadhan mòra, glic, do leanailt.

'S ioma sruthan mear làn uabhair,  
 A' bras ruith romh d' chuislean uasal ;  
 B' éudar dhut bhi làn de chruadal,  
 'S rioghail an stoc ás 'n a bhuaineadh.

'S ioma sonn a dh' éireadh suas leat,  
 Na 'm faiceadh iad gnè dc ghuais ort,  
 A bhrosnaicheadh an aimr mu d' ghuailnean,  
 'G ad dhioghait air luchd do thuairgnidh.

'S leat Clann-Raonuill na cuantaich,  
 Luchd nan spàinteach géura, cruadhach ;  
 Dol 'n an dàil a's fearg 'n an gruaighean,  
 Cha bu ghealtachd fuireach bhuapa.

Dh' éireadh leat an t-àrmunn Sléiteach,  
 Fiùbhaidh lasgarra nan géur-lann ;  
 Bhiodh gu trodach, lotach, béurra,  
 'S tric thug 'hog' air bodaich Bhéurlach.

Gu 'n druideadh a rìs ann ad charraig,  
 Cinneadh ùiseil Ghlinne-Gairidh ;  
 Sid an laochraidih, lùthmhòr, mheara,  
 Ris nach deanadh naimhdean fanailt.

Thigeadh Clann-Dònuill Chìnntìre,  
 Do d' ionnsuidh 'n am beathraichean mileant  
 'S maирg a chasadadh ri fraoch mìn-dearg,  
 Teachd le 'n uile thoil g' ad dhìdean.

Dh' éireadh Clann-Dònuill an fhràoch leat.  
 Bho Ghleannan cumhang nan aonach ;  
 Fir gharg ghasda, thapaidh, laomsgair,  
 Nach d' rinn riabh le taise maomadh.

Sheòladh Iarl Antrum á Eirinn  
 Còig ciad diag de dh-fhearaibh tréuna,  
 Fearg a's friodh an gnùis nan tréun-fhear,  
 Nach fág fuigheall béum le 'n géur-lainn.

Thig Clann-Dònuill an t-Sléibh ruaidh ort  
 Guineach, ealamh, ullamh, gruamach ;  
 Gur maирg a chasadadh ri 'n tuasaid,  
 'S iad 'n an armaibh ri uchd-buailte.

Thig Clann-Dònuill Ros nan laogh ort,  
 Còmhlàn sgaiteach ri uchd caonnaig ;  
 Na h-aigeannaich chùmpa, thaobh-gheal,  
 Bhuaileadh sgailc le tartar faobhair.

Thig Clann-Dònuill Chnoc-a'-chlaidhime,  
 Na donn-ghallaich mheara, laghach ;  
 Fir shùrdail, lùth-chleasach, chathach,  
 'S co nimheil, dùr, ris an nathair.

Thig na Gallòglaich\* bho 'n Bhana,  
 Le slachdanan dùbh-ghorm, glana ;  
 Ni iad smùis a's feòil a spannadadh,  
 Sin, a's tiugh nan slògh a thanadh.

Gu 'n tig Clann-Donnachaidh gu gruamach,  
 Fine gasda 'n acfhuinn-chruadhach ;  
 Nach ob cuirp a's cinn a spuacadh,—  
 'S leantalach an tìm na ruaig' iad.

Màrsailidh Abaich gu h-inealt,  
 Mar-ris 'chuid eile de 'n cinneadh ;  
 'S mu 'n dùraig iad a chaoidh tillcadh,  
 Ni iad leòn na 's leòir a's milleadh.

Thig gun ursgadh Clann-an-t-Saoir ort,  
 Sheasamh an tuasad Chlann-Raonuill ;  
 Ma gheobh iad caoladh de aoibhar,  
 Ni iad fuil na 's leòir a thaosgadh.

Thig Rothaich, Rosaich, a's Clann-Réumhair,  
 Thig na Barraich, thig na céudan ;  
 Cha bhi Raonull Og 'n a éiginn,  
 'N uair thig uile 'chinneadh f'héin air.

Co a nis a bhuaileas an dallag,  
 Air Raonull Og Mac-Mhic-Ailein ?  
 Gur maирг a thàirneas ás carraig,  
 'S na seòid ud mu ghuailnean an tarrainn.

---

\* *i.e.* Gallowglasses.

Bidh tuilleadh 's a' chòir a' léum ort,  
 Mura h-eadraig d' fhìor fhuil fhéin thu ;  
 Ach 's cinnteach ma chuireas tu féum orr',  
 Tha do chàirdean farsaing, féum-sgaoilt.

---

## ORAN D' A CHEILE.\*

FONN.—“Dh'fhalbh 's an fheasgar an t-og bu deise.”

AIR Allt-Ghartan ghlacas bradan,  
 Ban-iasg ghasda, làn-mhaiseach.

Am breac is ciataich' ann an bheachd-sa,  
 'S dreach mìn, sneachd-gheal sàil' oirre.

Bean għlan, bħas-bħàn, chaoin, sheamh, chas-  
 chruinn,  
 Nan calg-rasg donn, gàireachdach.

Chaidh na dùilean chum an dùlain  
 Dh' fhiachainn dùrachd cèaird' oirre.

Air a foinneadh de sgèimh għlormhoir,  
 'S clach-iùil mhòr, għaol-thàirneach i.

Dreach an aingil, fiamh na h-ainnir'  
 Chuir am m' anam gàirdeachas.

'S ann bho 'n Réumhar fhuair mi 'n éuchdag,  
 Phœnix, éud na Gàidhealtachd.

---

\* Jane Macdonald, of the family of Dalness, Glenetive.

Araichdein prisail nam bas mìn-gheal,  
 'S bëusach mècineil càileachdan.

Léug nam foidhneul 's fhèarr na 'n daoimein,  
 An gabh loinn á parlamaid?

Déideag shoitheamh E— 's C—  
 Gur neo-dhoitheamh m' àilleagan.

Béul is binne, déud is gile,  
 Cùl is finne fainneachan.

Maoth mar shiris, dearg *vermilion*,  
 Briathrach, milis, mènranach.

Geal mar iòbhradh déud cruinn *Dhido*,  
 Pàirc na spìrsidh' faileinich'.

Dà léig bhuidhach, mheallach, ghuamach,  
 Sùil is buaireach fàitichean.


Ruisg neo-luaineach 's mòthar gluasad,—  
 Staideil, suairce, d' àbhaistean.

Modhail, cùirteil, 's baindadh giùlan,  
 'S làn bhan-diùc bho 'pairtean i.

Géug nam miòg shùl, 's mór mo phris diòt,  
 Fhuair mi fhìn ad phàisde thu.

Thàrr mi 'n ulaidh, 's cha b' i 'm munar,  
 'S fhéarr na tuilleadh saibhiris.

Fhuair mi mòran—mo thoil mhòr leat—  
 Fhuair mi òr na h-Aisia.



Fhuair mi òg thu, fhuair mi 'd òigh thu,  
Fhuair mi bòidheach àluinn thu.

Mo thaip dhreachmhор, shona, thlachdmhor,  
Mhaiseach, ghlac-gheal, làn-ghasda.

Aigne fonnmhор, banail, tromdha,  
'S lionmhор conn fo pairteanna.

Caomhag mhaoineach, 's cha b'i 'n fhaoineag,  
'S caoin ciùin ,faoilteach, fàiltichean.

'S réumail, rùmail, ciallach, grùndail,  
Mo shonn sunntach, sàr-thuigseach.

Béul dearg, tosdach, làn de shoistinn,  
Nach gèarr facail eàrr-loisgeach.

Do chùl péucach, òrbhuidh, *péurlach*,  
'S ainglidh, céutach, clàideagan.—

'S dalladh léirsinn, sealltainn géur orr'  
'S gaithin gréine deàrrsadh air.

Amladh téudach, fann-bhuidh', séudach ;  
Cùl na géige blàth-mhaisich.

Tùir gheal chriostail, phlùr-mhìn, stoite,  
C—chan *tighte*, bàñ-chraigneach.

'S sgapach gléidh teach, ùrnaigheach déirceach,  
Traisgeach, béusach, cràbhach i .

Coltas Venuis snuagh na h—bh—t,  
'S geimnidh, éugsamhail, tàlantan.

Muineal mìn-gheal, glaine-thràideach—  
Chìeadh fion a' teàrnadh leis.

Gairbhe 's mìne shuas a's shios oirr',  
'S donn-gheal mhèineach, nàrach i.

'S briathrach, sìbhealt' socair, finealt,  
Bean is miogaich fàitichead.

'S i gu tosdach, fìor shaor, socair,  
Gun dad 'mhoit no dh' àrdan ìnn',

'S fonnmhor, mùirneach, ceòlmhor, cùirteach,  
A' gheal ùiseil, làmh-ghniomhach.

Slàn gu 'm faic mi fhìn mo leannan  
Ann am M—— àrd-chreagaich.

#### ORAN MU BHLIADHNA THEARLAIDH.

FONN—"Let History record."

'S fuar, fearthuinneach gach lò,  
Gach oidhche dorcha doininnach ;  
'S tùrsach, donn gach lò,  
Mortaiddh, trom le ceò ;  
Ach, mosglaibh suas, a shlòigh,  
'Sur n-airteal trusaibh chum ur cairteal',  
'S cartaibh bhuaidh ur bròn :  
Tha léug ri muir 's ri spéur,  
Ri bhi aig *Aëolus* 's aig *Neptun*,  
'S thig gach tlachd 'n a déigh.

Thig soinionn leis an rìgh,  
 Teichidh sneachd a's éire bhuainn ;  
 Fògrar dòruinn shòn,  
 Thig sòlas, falbhaidh pian ;  
 Gach seòrsa de gach fìon,  
 Thig bho 'n Fhraing 'n a thunnaichean,  
 'S gu 'n caisg sinn uil' ar n-ìot' :  
 Gheobh sinn tuil de 'r miann,  
 'S mu 'r naimhdean dh' fhàg sinn uireasbhach,  
 'S dlùth chuireas sinn ar lion.

O, sheanchaidhnean nan Clann,  
 Suas, deanaibh eachdraidh éifeachdach.  
 O, sheanchaidhnean 's an àm,  
 Glacaibh dubh a's peann,  
 So a' bhliadhna chòrr,  
 An tilg a' ghrian le maoth-bhlàs biadhchor  
 Gaithean ciatach òirnn ;  
 Bidh driùchd air bàrr an fheòir,  
 Bainne 's mil gun luach, gun mhargadh,  
 Airgiod agus òr.

Na gabhaibh sìth bho Dheòrsa,  
 Le 'r dòchus neartmhòr, firinneach,  
 Creidibh dìan 's a' chòir,  
 Gu 'n tig reliobh na 's leòir,  
 Na biodh ur dòchas fann ;  
 Gur h-ann a réir mar chuireas sibh,  
 A bhios ur buinnig ann ;  
 O, fuirichibh, a Chlann,  
 Chi sibh ur n-uil' uireasbhuidh,  
 'G a bhuinnig le cruas lann.

Ciod è do cheart-s' air crùn,  
 Ach adhaircean bhi sparradh ort ?  
 'S co sean ri d' chòir bho tùs,  
 Brìos òrcheaird bha 'n *Renfrew* ;  
 Ach bha ion-faileis ann,  
 De thrusdar de achd pàrlamaid,  
 A dh' fhoil an crùn mu d' cheann ;  
 Ach tog so leat ad sgéith,  
 An t-Uilleam rinn an t-achd dhut  
 Gu 'm b' éucorach e fhéin.

Dean aithre tùrsach, géur,  
 'S grad-thoir air ais na th' agad bhuat ;  
 Dean aithre guineach, 's géill,  
 'S le br-m—bruic toilich d' fhéum.  
 Cùm agad do chuid fhéin,  
 'S leig bhuat còir an atharraich,  
 Gun chlaidheamh, gun dad stréup ;  
 Dia, daoine 's nàdur tréun,  
 Bidh ann a léig mu 'n oighr'  
 Thoirt dachaидh, choibhreas ceart a thréud.

Craobh-sheanchuis teaghlaich rìgh,  
 Na h-iochdarain bidh eòlach uimp' ;  
 Craobh-sheanchuis teaghlaich rìgh,  
 Bidh *map* dh'i 'n ioma tir ;  
 Ma chuirear car am bi foinn'  
 'S an t-snathainn dhìreach oighreachdail,  
 Gu 'n toir fo-near an fhoill :  
 Ach gairmidh Dia le sgoinn,  
 Chum an ionaid dhleasannaich  
 Ceart-oighre deas an *loinn*.

Cha 'n 'eil an leithsgeul ann,  
 Ach saobhadh fann mì-dhiongmhalta ;  
 'S i 'n éucoir shoilleir th' aun,  
 Do neach a bheirteadh dall :  
 Ma 's creideamh an aon chùis,  
 Chioun nach d' fhuair e oideachd  
 Auns an teagasg a rinn Lùth ;\*  
 O ! na 'm b' e sin an càs,  
 C' uime chuir sibh shinn-seanair  
 Gu mì-rùnach gu bàs ?

Cha 'n 'eil ur gaol do 'r rìgh,  
 Ach mar air an t-s—rsaich choitchionta ;  
 'S cioglach staid ur rìgh,  
 Cuairt thoirt dà 's bhi sgìth :  
 Gu 'n d' fhògair sibh e rìs,  
 Le 'r n-iomluas, sliochd a' mhartair sin,  
 Le ascaoineachd ur crìdh'.  
 'S au déigh sin ged thug bhuaibh  
 Do Anna crùn a sìnnseirean,  
 Gu 'n 'phuinnseinich sibh luath.

O ! 's caol an téud, a Dheòrsa,  
 Air 'n a sheinn thu gu trì righeachdan ;  
 Gur meallt' an t-achd le 'n 'chleòc  
 Iad thusa ad rìgh òirnn :  
 Tha leth-chéud pearsa 's còrr,  
 Is faisge fuil a's tagraicheau,  
 Na thusa, 's an Roinu-Eorp ;  
 Bu leth-oireach, lag, cam,  
 Am miar boirionn ás 'n a bhuineadh thu,  
 B' fhìor-iomallach 's a' chrann.

O ! 'n cullach sin rìgh Deòrsa,  
 Mac na craine Gearmailtich ;  
 'S e chàirdeas ruinn, 's a dhàimh,  
 Gaol fithich air a' chnàimh ;  
 Gu 'n d' fheann e sinn bho 'r béin ;  
 Ghlac a's chreach an cealgaire,  
 'S gu 'n 'mharbh e sinn gu léir.  
 Na daoine cha leis fhéin,  
 'S ann uime sin gu 'r coma leis,  
 Ged phronnamaid a' chéil'.

An leanabh nach leis fhéin,  
 Ged dheanteadh dà leth-chothrom dh' e,  
 Cha tiomaich e le 'phéin :  
 A chrìdh' gun tlus, gun déur,  
 'S amhuil sin mar thà,  
 Ged chuirteadh h-uile Breatunnach  
 Gun mhèinn, gun chead gu bàs ;  
 Bho 'n nach leis fhéin am páisd',  
 Cha ghluaist' an neach nach b' athair dha,  
 Gu fàbhar no gu bàigh.

Greas ort, a Shéumais chaoimh,  
 'S tu 's rìgh 's is athair talmhaidh dhuinn  
 Fo 'n athair nèamhaidh, naomh ;  
 Gabh tlus ri d' cùloinn 's bi caoin :  
 'S bho 'n is leat fhéin a' chlann,  
 Cuir casg air croich 's air géuragan,  
 Tha réubadh dhinn nan ceann ;  
 'S cuir do thréud fo lann,  
 'S na leig a bhi 'g ar géur-leanmhainn,  
 Feadh garbhlaich, shléibhtean, 's bheann.

Mo chion-sa Tèarlach ruadh,  
 Ceart oighre 'n fhior rìgh dhleasannaich ;  
 Cha toir sinn dutsa fuath  
 Gu 'n cuirear sinn 's an uaigh ;  
 Cha dean croich no tuagh,  
 Glacaireachd no creachannan,  
 Gu bràch ar sracadh bhuat ;  
 Tha 'n diog ud ceangailt' shios,  
 An caigeanndis gach anam dhinn,  
 Cho daingeann ri Beinn-shiannt.

Och, a rìgh nan dùl,  
 Na leig neart a ghnàth thar cheart ;  
 O chòin ! Aon Dhia 'tha 'd thriùir,  
 'S ann dut is léir gach cùis ;  
 Tog dhinn a' mhuc 's a cuing,  
 'S a h-àl breac, brothach, uirceineach,  
 Le 'n cuid chrom-shoc, thar tuinn :  
 'S cart gu glan *Whitehall*,  
 Air chionn an Teaghlaich Rìoghail sin,  
 Bha 'n sìnnsean ann an tàmh.

---

## DEALACHADH A' PRIONNSA 'S NAN GAIDHEAL.

FONN.—“*Good night, an’ joy be wi’ you a’.*”

## AM PRIONNSA.

MILE marbhphaisg air an t-saoghal,  
 ’S carach, baoghalach, a dhàil ;  
 Cuibhle ’n fhortain oirnn air caochladh,  
 Cha do chleachd sinn maoim romh chàch :  
 Tha sinn a nis air ar sgaoileadh  
 Air feadh ghleann a’s fhraoch-bheann àrd ;  
 Ach, teanailidh sinn fòs ar daoine,  
 ’N uair a dh’ fhaodas sinn, gu blàr.

Misneach mhath, a mhuinntir ghaolach,  
 ’S gabhaidh Dia dhinn daonnan càs ;  
 Cuiribh dòchus daingeann, faoilteach,  
 Anns an aon Tì nì dhuinn stàth ;  
 ’S buanaichibh gu rioghail, adhrach,  
 Traisgeach, ùrnaigheach, caointeach, blàth ;  
 ’S bithibh dìleas ’chàch a chéile,  
 ’S dùiuear suas ur crêuchdan-bàis.

’S éudar dhòmhsa nise falbh bhuaibh,  
 Ghàidheala calma mo ghràidh ;  
 Bu mhór m’ earbsa ás ur fóghnadhan,  
 Ged a dh’ fhóghnadhan dhuinn ’s an àr ;  
 ’S iomad an-cothrom a choinnich  
 Sinu, ’s a’ choinnimh bha gun àgh ;  
 Ach gabhaidh mise nis mo chead dibh,  
 Uine bheag, ach thig mi tràth.

Leasaichidh mi fòs ur call-se,  
 Churaidhnean gun fheall, gun sgàth ;  
 A dhìlsean dligheach, rioghail, tréuna,  
 Dheanadh éuchd ri uchd nam blàr ;  
 'S cinn a's coluinn' chur bho chéile,  
 Sinn' 's sibh fhéin a sgaradh fàs ;  
 Ach togaibh suas ur misneach, gléusta,  
 'S cuirim fhéin ri 'r créuchdaibh plàsd'.

## NA GAIDHIL.

A Mhoire, 's sinne th' air ar céusadh,  
 Air dhìth céille, sinn gun chàil !  
 Tèarlach Stiùbhart—mac Righ Séumas,  
 Bhi 'n a eigin anns gach càs !  
 Gur h-e sin a rinn ar léireadh,  
 Gur a h-éudar dha gu 'm fàg ;  
 Sinn 'n a dhéigh gun aim, gun éideadh,—  
 Falbh 'n ainm Dhé, ach thig, a ghràidh.

Ar mile beannachd ann ad dheaghaidh,  
 'S Dia 'g ad ghleidheadh anns gach àit' ;  
 Muir a's tir a bhi co-réidh dhut,  
 M' ùrnaigh ghèarr leat fhéin os àird.  
 'S ged a sgar mì-fhortan déurach,  
 Sinn bho chéilc, céum romh 'n bhás,  
 Soiridh leat, a mhic Righ Séumas,  
 Shùigh mo chéille, thig gun chàird.

Chaill sihn ar stiùir 's ar buill-bheairte,  
 Dh' fhalbh bluainn ar n-acaire-bàis ;  
 Chaill sinn ar combaist, a's ar cairtean,  
 Ar réul-iùil 's ar beachd gach là ;

Tha ar cuirp gun chìnn, gun chasan,  
 Sinn mar charcaiscan gun stàth ;  
 Ach gabh, thusa ghràidh do d' astar,  
 Dcan gléus tapaidh, 's thig gun dàil.

## AM PRIONNSA.

Bcannachd gu léir lc Clann-Dònuill,  
 'S sibh a dh' fhòirinn orm am chàs ;  
 Eadar eileinean a's mhòr-thir,  
 Lean sibh deònach rium gach tràth ;  
 'S ioma beinn, a's muir, a's mòinteach,  
 A shiubhail sinn air chòrsa-bàis ;  
 Ach theasraig Dia sinn air fuar-fhòirncart  
 Nan con sròn-ghaoth'ch bh' air ar sàil.

'S sibh a rinn fo làimh na Trianaid',  
 Mise dhòn bho mhì-rùn chàich ;  
 Mo dhearg naimhdean neartmhor, lìonmhor,  
 Chuir an lion feadh bheann a's àrd ;  
 A mhèud 's a thaisbein sibh de 'r dìlseachd  
 'S còir nach di-chuimhnich gu bràth ;  
 A bhàrr, gur sibh is luaithe shìn rium,  
 Teachd air tìr 's an Talamh-àrd.

## NA GAIDHIL.

Ochan ! Ochan ! cruaidh an dcarmad,  
 Bhi 'g ar tearbadh bhuat gun bhàs ;  
 B' i 'n fhior éibhinneachd, 's am beaircas,  
 Bhi 'g ad fhaicinn gach aon là ;  
 Bidh ar ruisg làn tioma frasadhl,  
 Ar crìdh' lag-chùiseach gun chàil,  
 Gu 'n till thusa rìs air d' ais oirnn,  
 Beannachd leat le neart ar gràidh.

## AM PRIONNSA.

O ! tiormaichibh a suas ur sùilean,  
 Chomuiuin rùnaich fhuair ur cràdh ;  
 Bidh sibh fhathast maoineach, mùirneach,  
 'N ur *gèard* dùbailt mu *Whitehall* ;  
 'N uair a bhios na Réubail lùbach,  
 Ri bog-chrùban feadh nan càrn,  
 Gu 'm bi sibhse 'n caithrim cùirte,  
 Làsdal, lùth-chleasach, làn-àigh.

---

## AM BREACAN UALLACH.

FONN.—He 'n clo-dubh,  
 Ho 'n clo-dubh,  
 He 'n clo-dubh,  
 E' fhéarr an breacan.

B' fhéarr am breacan uallach,  
 Mu m' ghuailnean 's a chur fo m' achlais,  
 Na ged a gheobhainn còta  
 De 'n chlò is fhéarr thig á Sasunn.

Mo laochan fhéin an t-éideadh,  
 A dh' fhéumadh an crios g' a għlasadh ;  
 Cuaicheineachadh féilidh,  
 'N déis éirigh gu dol air astar.

Fhéilidh chruinn nan cnaichein,  
 Gur buadhail an t-carradh gaisgich ;  
 Shiùbhlaínn leat na fuarain,  
 Feadh fhuar-bheann, 's bu għasd 'air faich' thu.

Fior chulaidh an t-saighdeir,  
 'S neo-ghloiceil ri uchd na caismeachd ;  
 'S ciatach 's an *advance* thu,  
 Fo shrannraich nam piob 's nam bratach.

Cha mhios' anns an dol sìos thu,  
 'N uair sgrìobar, á duille, claiseach ;  
 Fior earradh na ruaige,  
 Gu luas a chur anns na casan.

Bu mhath gu sealg an fhéidh thu,  
 'N àm éirigh do 'n ghréin air creachunn ;  
 'S dh' fhalbhainn leat gu lòghmhòr,  
 Didònuich a' dol do 'n chlachan.

Laidhinn leat gu ciorbail,  
 'S mar earbaig gu 'm brioscainn grad leat ;  
 Na b' ullaimhe air m' armachd,  
 Na dearganach 's musgaid ghlagach.

'N àm coilich a bhi dùrdan,  
 Air stùcan am maduinn-dhealtra,  
 Bu ghasda d' fhéum 's a' chùis sin,  
 Seach mùtan de thrusdar casaig'.

Shiùblainn leat a phòsadhl,  
 'S bhàrr feòirnein cha fhroisinn dealta ;  
 B' i sid an t-suanach bhòidheach,—  
 An òg-bhean bu mhòr a tlachd dh'i.

B' aigeannach 's a' choill thu,  
 'G am choibhreadh le d' bhlàs 's le d' fhasgadh ;  
 Bho chathadh a's bho chròn-chur,  
 Gu 'n dionadh tu mi ri frasachd.

Air uachdar gur a sgiamhach  
 A laidheadh an sgiath air a breacadh ;  
 'S claidheamh air crios ciatach,  
 Air fhiaradh os cionn do phleatan.

'S deas a thigeadh cuilbheir  
 Gu suilbhearra leat fo 'n asgaitl ;  
 'S a dh-aindeoin uisge 's urchaid,  
 No tuilbhéum, gu 'm biodh air fasgadh.

Bu ro mhath anns an oidhch' thu—  
 Mo loinn thu mar aodach-leapa ;  
 B' fhèarr leam na 'm brat-lìn thu  
 Ispriseile mhìn' tha 'n Glaschu.

'S baganta, grinn, bòidheach,  
 Air bainis a's air mòd am breacan ;  
 Suas am féileadh-sguaipe,  
 'S dealg-ghuailne ag cur air fasdaidh.

Bu mhath an là 's an oidhch' thu,  
 Bha loinn ort am beinn 's an cladach ;  
 Bu mhath am feachd 's an sìth thu—  
 Cha rìgh am fear a chuir ás dhut.

Shaoil leis gu 'n do mhaolaich so  
 Faobhar nan Gàidheal tapaidh ;  
 Ach 's ann a chuir e géir' orr',  
 Na 's béurra na déud na h-ealtainn'.

Dh' fhàg e iad làn mì-rùin,  
 Cho ciocrasach ri coin acrach ;  
 Cha chaisg deoch an iotadh,  
 Ge b' fhion i, ach fior fhuil Shasunn.

Ged spion sibh an crìdh' asainn,  
 'S ar broillichean sìos a shracadh ;  
 Cha toir sibh asainn Teàrlach,  
 Gu bràch gus an téid ar tachdad.

Ri 'r n-anam tha e fuaithe,  
 Teann luaidhte cho cruaidh ri glasan ;  
 'S bhuainn cha 'n fhaodar fhuasgladh,  
 Gu 'm buaineam fear ud asainn.

Cleas na mnatha-siùbhla  
 Gheobh tùilinn mu 'm beir i h-aisead :  
 An ionad a bhi 'n diùmb ris,  
 Gu'n dùbail d' a fear a lasan.

Ged chuir sibh oirnne buarach  
 Thiugh, luadhte, gu 'r falbh a bhacadh ;  
 Ruithidh sinn cho luath,  
 A's na 's buaine na féidh a' għlasraich.

Tha sinn 's an t-sean-nàdur,  
 A bhà sinn romh àm an achda :  
 Am pearsanna 's an inntinn,—  
 'S 'n ar rioghalachd, cha téid lagadh.

'S i 'n fluil bha 'n cuisl' ar sìnnsrìdh,  
 'S an insgin a bha 'n an aigne,  
 A dh' fhàg dhuinne mar dhilib—  
 Bhi rioghaile—O, 's sin ar paidir !

Mollachd air gach seòrsa,  
 Nach deònaicheadh fòs falbh leatsa,  
 Cia dhiu bhiodh aca còmhdaich,  
 No còmhrùisgte, lom gu 'n craicinn.

Mo chion an t-òg feardha,  
 Thar fairge chaith bhuainn air astar ;  
 Dùrachd blàth do dhùthcha,  
 'S an ùrnaigh gu 'n lean do phearsa.

Ged fhuair sibh làmh an uachdar,  
 Aon uair oirnn le seòrsa tapaig' ;  
 An donus blàr ri bheò-san,  
 Ni 'm Feòladair tuilleadh tapaidh.

### TEARLACH MAC SHEUMAIS.\*

FONN.—“*Black Jock.*”

O, THEARLAICH mhic Shéumais,  
 Mhic Shéumais, mhic Thearlaich !  
 Leat shiùbhlainn gu h-éutrom,  
 'N àm éigheach bhi màrsal,  
 'S cha b' ann leis a' phàigh ud,  
 A thàrmaich bho 'n mhuic.

\* When the royal standard was unfurled at Glenfinnan, and the Prince and his chiefs were about to partake of some refreshment, Allan Macdonald, brother to Kinloch-Moidart, set the Prince on the bard's knee, who straightway proceeded to extemporize this spirited strain. This was told to the present editor by John Mac Donald, Bohenie, Braelochaber, who is still alive and in his ninety-first year. He got his information from Mr Angus Macdonell of Insh, an eye-witness to the scene. Mr Macdonell, familiarly known in Braelochaber as ‘Aonghus bànn mac an tighearna’ was great grandfather to the present Mr MacDonell of Keppoch, and was in his eighteenth year, when, on the above occasion, he accompanied his father Alexander MacDonell of Keppoch, who afterwards fell at Culloden. It is not unlikely that the bard would have the song ready made : and the end of the second stanza seems to have been retouched before publication in 1751.

Bheireadh creideamh a's réusan  
 Oirnn éirigh mar b' àbhaist,  
 Leis an àilleagan chéutach,  
 'Shliochd éifeachdach Bhàncho,—  
 Mo ghràdh a' ghruaidh àluinn,

A dheàrrsadhbh orm stuirt.

Thu 'gimeachd gu sùrdail  
 Air tùs a' bhatàili ;  
 Cha fhroisinn aon driùchda  
 'S mi dlùth air do shàiltean :  
 Mi eadar an talamh  
 'S an t-athar a' seòladh  
 Air iteig le h-aighir,  
 Misg chath agus shòlais ;  
 'S caismeachd phìob-mòra,  
 Bras-shròiceadh am puirt.

O, èibhinneachd ghlòrmhor  
 An t-sòlais a b' àirde !

'G ar lionadh de spionnad,  
 Air slinneinean Theàrlaich,  
 Gu 'n calcadh tu àrdan

An càileachd ar cuirp.

Do làthaireachd mhòr-chùiseach,  
 Dh' fhògradh gach fàillinn ;  
 Gu 'n tionndadh tu feòdar  
 Gach feòla gu stàillinn,

'N uair sheall'maid gu sanntach  
 Air fabhran do ruisg.

Do ghnùis torach de chruadal,  
 De dh-uайлse 's de nàirc,  
 Nach taisicheadh fuathas  
 Romh luaidhe do nàmhac ;

'S mur deanadh fir Shasunn,  
 Do mhealladh 's do thréigsinn,  
 Bhiodh an crùu air a spalpadh,  
 Le d' thapadh air Séumas,  
 A dh-aindeoin na béist'  
 Leis an d' éirich na h-uilc.

Gu 'm b' fhoirmeil leam torman  
 Nan organan àluinn ;  
 'S tein'-éibhinn a' lasadh  
 Gu bras-gheal air sràidean ;  
 'S na croisean ri àrd-ghaoir :  
 Mhòr Theàrlaieh, ar Prionns !  
 Gach uinneag le foidhnéul,  
 A' boisgeadh le deàrrsadhbh,  
 Le solus nan coinnlean,  
 'S deas-mhaighdnean 'g an smàladhbh ;  
 Gach ni mar a b' àraidh,  
 Cur fàilt' air le puimp !  
 Na eanain ri bùirich,  
 'S iad a' stùradhbh an àilidh ;  
 Cur erith air gach dùthaich  
 Le mùiseig nan Gàidheal ;  
 Agus sinne gu lùth-chleasaeh,  
 Müirneach, làn àrdain,  
 A' màrsal gu mùinte,  
 Ard-shùnntaeh mu 'shàiltean—  
 'S gann bha 'chudrom 's gaeh fear dhinn,  
 Trì ehairteil a' phuinnt !

## MO BHOBUG AN DRAM.

FONN.—Horo, mo bhobug an dram,  
 Horì, mo bhobug an dram ;  
 Horò, mo bhobug an dram,  
 'S e chuireadh an sodan am cheann.

Horó, mo ghaolach an leann,  
 Horì, mo ghaolach an leann ;  
 Horó, mo bhobug an leann,  
 'S e dhùisgeadhlì dhuinn urram gach fuinn.

Och, óch ! mo shòlas am puinns,  
 Horó, mo shòlas am puinns,  
 Horì, mo am shòlas puinns,  
 'S tu chuireadh an togail fo m' ehuim.

Fheara 'n ur suidhe mu 'n bhòrd,  
 Le 'r gloineathan cridhcil 'n ur dòrn,  
 Na leanamaid righinn air òl,  
 Mu 'm mill sinn ar bruidhinn le bòl.

Na tostaichean sigeanta, fial,  
 'G an aiseag gu ruige mo bhial ;  
 Bu mhireagach stuigeadh a's triall,  
 A' màrsal le ciogait romh m' ehliabh.

'S tu chuireadh an *curaid* 's an t-sluagh,  
 'N àm cogadh ri aodann nan ruag ;  
 Gu 'n òlamaid sgaile dhìot gu luath  
 Mu 'n sguidseamaid slachdan á truaill.

'S tu dh' fhàgadh sinn tapaidh 's an tòir,  
 'N àm tarrainn nan glas-lann ri sròin,  
 'N uair thilgteadh na breacain de 'n t-slògh,  
 'S á truaill 'bheirteadh mach claidheamh-mòr.

Ge tu mo leannan glan, ùr,  
 Cha phòg mi gu dilinn thu 'n cùil ;  
 Ach phògainn a's dheòghlainu thu rùin,  
 'N uair thig thu 's *Jacobus ad ghnùis.*

An t-ainm sin is fhèarr a tha ann,  
 Ainm Shéumais a chur air do cheann ;  
 'S e thogadh an sogan fo m' chainnt,  
 'S a dh' fhàgadh gu blasda mo dhram.

Fadai'mid teine beag shìos,  
 'N a lasraicheau ciùin a ni grìos ;  
 A gharas ar clraiginn 's ar crìdh',  
 'S a dh' fhògras ar n-airteal 's ar sgios.

Gur tu mo ghloineag ghlan, lom,  
 Mo leannan is cannaiche fonn ;  
 Ged rinneadh tu dh' fheamainn nan tonn,  
 Gur mòr tha de cheanal ad chom.

O, fair, a ghaoil channaich, do phòg—  
 Leig clannadh de d' anail fo m' sliròin ;  
 Gur cùbhraidih' leam fannal do bheòil,  
 Na tùis agus mirre na h-Eòrp.

O, aisig, a ghloine, do phòg,  
 Cuir spéirid 'n ar teangaibh gu ceòl ;  
 An iocshlainte bheannaichte, chòir,  
 A leasaicheas anam a's feòil.

---

## ORAN AILEIN.

**FONN.**—Hug o ho-ri hug oireannan,  
 Hug-o ho-ri, 's na hi-ri hu-o,  
 Hithill u hog oireannan.

**AILEIN**, Ailein, 's fhad an cadal,  
 Tha 'n uiseag ag gairm 's an là glasadh ;  
 Grian ag éirigh air an leacainn—  
 'S fhada bhuan fhìn luchd nam brcacan.

Ailein duinn, gabh sgoinn 's bi 'g éirigh,  
 Tionail do chlaun, cuimhnich d' fhéum orr' :  
 Bidh Alba mhór fo bhìnu bhéistean,  
 Mur a dòn a muinntir fhéin i.

Bheir iad Mórag mhìn air éiginn—  
 'S eagal leam gu 'n dean i géilcadh,  
 'S gu 'm bi 'sliochd gun an còir fhéin ac'  
 De Bhreatunn mór, uo de dh-Eirinn.

Mhórag, na 'm faicinn d' fhcar-ccusaidh,  
 Ge b' ann air cabhsair Dhùnéideann,  
 Thairginn na lainn chaola, ghéura,  
 'S dh' fhàgainn fhìn e marbh guu éirigh.

## MARBH RANN DO PHEATA COLUMAIN.

'S tùrsach mo sgéul ri luaidh,  
 'S guu chàch 'g ad chaoidh ;  
 Mu bhàs an fhir bu leanbail tuar,  
 'S bu mheanbh ri chlaoidh.  
 'S oil leam bàs a' cholaimh chaoimh,  
 Nach b' auagrach gnàs,  
 A thuiteam le mada do 'm béus  
 Dobhran nan càrn.  
 'S tu 's truaigh' leinn de bhàs nan ian,  
 Mo chràdh nach beò,  
 Fhir a b' iteagach, miotagach triall,  
 Ge bu mheirbh do threòir,  
 B' fhéumail' do Noah na càch,  
 'N àm bàrcadh nan stuadh ;  
 Bu tu 'n teachdair' gun seacharan dà,  
 'N uair thràigh an cuan.  
 A dh' fhidreachdainn an d' fhalbh an tuil,  
 Litir gach fir :  
 Dùghall a's Colum gu 'n 'chuir,  
 Deagh Noah thar lear.  
 Ach chaidh Dùghall air seacharan-cuain,  
 'S cha do thìll e riabh ;  
 Ach thill Colum le iteagaich luath,  
 'S a fhreagradh 'n a bhial.  
 Air thùs, cha d' fhuair e iouad d' a bhonn  
 A sheasadh e ann ;  
 Gus 'n do thiormaich dìle nan tonn  
 Bhàrr mullach nam beann :

'S an sin, a litir-san léugh an duine bha glic,  
 Gu 'n 'thiormaich a' bhaile,  
 'S gu 'm faigheadh a mhuirichinn cobhair  
 'n an teirc'

Agus fuasgladh 'n an airc.  
 Le neart cha spùilteadh do nead,  
 Ged a thigteadh gu d' shlad ;  
 Bhiodh do chaisteal fo bhearraibh nan creag  
 Ann an daingnichean rag.

Bha do mhodh-siolaich air leth bho chàch,  
 Cha togradh tu suas,  
 Ach a' durraghail an taice ri d' ghràdh,  
 Cur cagair 'n a cluais.

Cha do chuir thu dùil an airgiod no 'n spréidh,  
 No 'm féist am biodh sùgh,  
 Ach spioladh a's criomadh an t-sìl le d' bhéul,  
 'S ag òl a' bhùirm.

Aodach no anart, sìoda no sròl,  
 Cha chcannaicheadh tu 'm bùth ;  
 Bhiodh d' eideadh de mhìn iteacha gorm  
 Air nach drùigheadh an driùchd.

Cha do ghabh thu riabh paidir no créud  
 A ghuidhe nan dùl ;  
 Gidheadh, cha 'n 'eil d' anam am péin,  
 Bho 'n a chaidh tu nùll.

Cha 'n e, gun chiste gun anart  
 Bhi còmhdaich do chré,  
 Fo lic anns an ùir,  
 Tha mise, ge cruaidh e, 'n diugh 'g acain gu léir,  
 Ach do thuiteam le cù.

---

## MARBHANN RIGH TEARLACH.\*

LE MONTROSE.

(Translated extempore.)

A thì mhòir, mhath, cheart,  
 Nach b' urrainn mise an luach  
 Mo bhròna fhéin,  
 'S do dhàna géur an-truagh-s',  
 An saoghal ghuilinn  
 Le caoidh, 's le tuireamh cruaidh,  
 'S dh' ath-thàirninn tuil  
 Thar mullach bheann a's chruach.  
 Ach bho 'n is mò tha teang'  
 Ard-fhaclach d' fhala 'sgairt  
 Air lamhan Bhriariuis,  
 Na sùilean Arguis thais,  
 Caismeachd d' fharaire seinnim  
 Le fuaimnich stoc ;  
 Sgribhim do mharbhrann  
 Le fuil chréuchd-dhearg nan lot.

\* GREAT, GOOD, and JUST, could I but rate  
 My grief with thy too rigid fate,  
 I'd weep the world in such a straiu  
 As it should once deluge again :  
 But since thy loud-tongued blood demands supplies,  
 More from Briareus' hands than 'Argus' eyes,  
 I'll sing thine obsequies with trumpet sounds,  
 And write thine epitaph in blood and wounds.

## URNAIGH MHONTROSE AN OIDHCHE ROIMH A BHAS.\*

(Translated extempore.)

AIR gach beannaig  
 Cuireadh iad dhiom cnàimh,  
 Mo chuislean sgaoileadh iad,  
 'S gu 'm faodainn snàmh  
 Do d' ionnsuidh-s', Chruthadair mhóir,  
 'S an lochan rò-dhearg làn s',—  
 'S mo cheann leth-bhruicht'  
 Air barr àrd-stuib biodh sàit' ;  
 Sgapadh iad mo luath  
 'S an athar fhuar 'n a stùr,—  
 Dhé ! bho 'n tha fhios agad  
 Far bheil gach dadmunn diùbh,  
 Tha mi 'n làn-dòchus  
 Gu 'n tiomsaich thu fòs m' ùir,  
 'S am measg mo shluaigh  
 Gu 'n tog thu suas mi 'd chùirt.

\* Let them bestow on every airt a limb,  
 Then open all my veins, that I may swim  
 To thee, my Maker, in that crimson lake,—  
 Then place my par-boiled head upon a stake ;  
 Scatter my ashes, strew them in the air,—  
 Lord ! since thou knowest where all these atoms are,  
 I'm hopeful thou'l recover once my dust,  
 Am confident thou'l raise me with the just.

## UIRGHIOLL MHONTROSE AIR BIALAOBH NA PARLAMAID.

(Translated extempore.)

'S ged dh' fhàgadh Dia mo chorp,  
 'N an-mhèudachd chòrr,  
 'S gu 'n gearrteadh 'n a mìle muillein  
 Piosa, m' fheòil  
     As leth mo rìgheachd,  
     Bhi 'g a dion 's a' chòir,  
     Gu 'm b'e mo mhiann  
     Mo roinn am mhìribh beò,  
     Air bàrr gach stiobaill  
     'S croisean cian na h-Eòrp ;  
 Dh' aindeoин mì-rùin,  
 'S fuil-iotach dian gach gò,  
 Théid m' anam prìseil  
 Suas gun phian gu glòir.

---

## AN CAIMBEALACH DUBH.

GE beag orts' an Caimbealach dubh,  
 Gur toigh leams' an Caimbealach dubh  
 Biodh e dubh, no geal, no grìs-fhionn,  
 Gràdh mo chrìdh-sa an Caimbealach dubh.

Ge h-inisgeach air an t-seòrs' thu,  
 Na 'm b' aithne dhòmhsha do phòr-sa,  
 Chuirinn mòran sìos de 'n dò-bheairt,  
 'N an dubh-dhlòintean fòtusach, tiugh

Sùilean coirpte bh' ann an droch-chruth.  
 A fhuair oilbheum do 'n fhlear gheal-dhubh,  
 De 'n drèam oirdheirc is foirmeile fuil,  
 'S duilich tolg a chur 'n a chruaidh stuth.

'S tric le madaidh bhi ri dealann,  
 'N oidhche-reòta ris a' ghealaich ;  
 B' ionann sin a's eifeachd d' ealdhain  
 Air cliù geal a' Chaimbealaich dhuibh.

'S cia mar fhuair thu dh' aodann, no 'ghnùis,  
 Càineadh uasail, gun mhodh, gun tlus,  
 Fhìor dhearc-luachrach chinnich á lus,  
 Mu d' aoir bhacaich, tachdam thu, blruic.

Sgiùrsaidh mi, gu 'm bi thu marbh, thu,  
 Cha bhi ach mo theanga dh' arm riut,  
 A rag mhèirlich bhradaich a' gharbhlaichi,  
 'S ioma garbh-mhart dh' fheann thu le  
 d' chuirc.

De 'n t-siol-chruithneachd chuireadli gu tuigh,  
 Cha b' e 'n fhìdeag no 'n coirce-dubh ;  
 Ach pòr prìscil 's ro sgaoilteach cur,  
 Feadh gach rìgheachd air tir 's air muir,  
 Lom-làn brìghe bho bhàrr gu bhun,  
 Fiach a rìst e mu 'n dìt thu luibh.

Gur h-iongadach leam, a dhuine,  
 Mur robh meirein ort air tuineadh,  
 Ciod mu 'n do bhuin thu do 'n urr' ud,  
 Curaidh ullamh 's curaidseach fuil.

Drèam nan géur-lann gu réubadh cuirp,  
 Cruaidh 'g a féuchainn air béulaobh trup ;  
 'S math, 's is gléust' iad gu bualadh phluc,  
 'N àm ratreuta éigheacht le stuirt.

Cha bhreac bréun-lòin idir Cailein,  
 Ach de fhion-fhuil àird Mhic-Cailein ;  
 Teaghlaich ùiseil Iarla Bhealaich,  
 'S buadhach caithream ri uchd an truid.

'S cinnteach, 'thiota, gheobh thu do mhort,  
 Mu d' aoir chiotaich, mhiosguinich, churt',  
 Ged a dh' fhidreadh gu 'n robh ort stuirt,  
 Bidh a' bhiodag a' ridleadh do chuirp.

Claigeann gun eanchainn, gun mheadrach  
 Am faodadh na h-iolairean neadadh ;  
 Cia mar fhuair thu 'ghnùis, do sgiodar  
 Ghluasad idir an ionad puirt ?

Eisg bhochd, clearbach, seargaidh mi tur,  
 Do theanga chealgach, a clearbaire dhuibh,  
 Rinn an t-searbhag gun chair' a muigh,  
 Asad dh' earbainn cealgaireachd cruidh.

Cha bhiorrachdaire ged bhiodh fearg air  
 Do 'n d'rinn thus', a dhùine, 'n t-searbhag  
 Ach òg foghainteach gun earr-ghloir,  
 Làn de dh-fhearr-ghniomh dhearbh  
 le 'ghuin.

Bha thu mì-mhodhail a' toirt dha guth,  
 Cràg a' chobhair gu màgradh gruth,  
 Leóbas odhar a ghlaimeadh subh  
 An déis dha leaghadh, 's e ruith 'n a shruth  
 Cha bu blieadagan gu sabaid,  
 Ach fior leòghann stòlda, staideil,  
 Do 'n d' rinn thus' an t-òran prabach,  
 Ach fior ghaisgeach, 's am blàr 'g a chu-

Sparram cìnnteach ort a' għlas-ghuib,  
 Losgadh peircill, corcadh, a's cuip,  
 Air son ascaoin eel-aich do bhuis,  
 B' flèarr gu 'm bithinns' am fagus dhut.

Ged a' bhiodh tu càineadh Ghàidheal,  
 Anns gach siorramachd a dh' àirmhinn ;  
 Seachainn muinntir Earraghàidheal,  
 'S gun a' Cheòlraidh fàbharrach dhut.

'S maирг a dh' éireadh ri siol an Tuirc,  
 Gaisreadh gléusta, nach éuradh cluith,  
 Cha bu bhéus daibh bhi ris a' mhort,  
 Ach cath tréun a's cothrom ri 'n uchd.

Ge bcag ortsa mile cuairt c,  
 'S ioma sonn aigéannach, uallach,  
 Eadar Àsainn 's Cluaidh nan luath-long  
 Is trom luaidh air Caimbealach dubh.

Sùil na sedibhge 's ro bheòchail cur,  
 An ceann rò-bhinn nam bacilag dubh ;  
 Cha b' i fròg-shùil rògair' a' chruidh,  
 Fior fhiamh fcòldair orr' ann an sul.

'S geal a's dearg do leac a's d' aogasg  
 Ged a thuirt iad pcirceal caol riut ;  
 Cha b' ionann a's sligeas gaoisncach,  
 'S fiasag buis laoigh air, nach 'eil tiugh.

Ged a rachadh tu 's na spéuran,  
 'G oirp' a' Chaimbealaich éisgeadh,  
 Tuitidh tusa mar a' bhéistcag,  
 'N ad ionad fhéin am buachar mairt.

Esan ag éirigh suas le sgairt,  
 Thus', a bhréunain 'màgaran c-c ;  
 Esan glé-ghlan, loni-làn de thlachd,  
 Thus', a dhéistinn 's mùig ort air at,  
 Mar bu bhéus do dhòbhran no 'chat.

Aodann gràineig', tàrr-aodann tuirc ;  
 Com a' chnàimh-fhithich, 's nàdur na muic'  
 Béul mhic-làmhaich, 's fàileadh a' bhruic ;  
 Spàgan clàrach, sàiltean nan cusp.

Casan curra, uchd a' ghiomaich,  
 Sùilean, lionnach, sgamalach, fliuch ;  
 De dh-òirlichean-aoiridh bhàrdail,  
 Toimhisim bho d' bhathais gu d' shàil thu  
 'S feannam do leathar, a thràill, dhiot,  
 Chionn thu chàineadh a' Chaimbealaich  
 dhuibh.

Cha 'n fhear sgibidh thus' achi fìor ghlug ;  
 'S beairt gun teagamh—bidh tu fo bhruid ;  
 D' fhiasag failidh, d' fhalt, a's do ruisg ;  
 Tuitidh d' fhiacan 's falbhaidh do thuigs'.

'S coltach nach b' aithne dhut mise,  
 'N uair a bha mi 'n so gun fhios dhut ;  
 Na 'm b' eòl cha ghlacadh tu 'mhisneach  
 Ròinne 'ribeadh às an fhear dhubb.

Cnàmhaidh d' ìngnean, 's maise do chuirp ;  
 Teirigidh d' innsgin, seargaidh do chuid ;  
 Dean cruaidh aithre chaoidh mu 'n laidh thu  
 Chionn thu chàineadh a' Chaimbealaich  
 dhuibh.

---

RANNAN EADAR AM BARD AGUS AN T-AIREACH  
MUILEACH.\*

AM BARD.

CHA chreid mi 'm briathran g' a riribh,  
Gur Leathannach fiambh na h-éisge ;  
Ach an fheòil is fhèarr, 'n uair theid a  
dholaidh,  
Dùblaidd a boladh le 'bréinead.

AN T-AIREACH.

Cha deic fhad 's a tha mi 'g éisdeachd  
Ris an éisg a tha 'g am chàineadh ;  
Nach innsinn da páirt de 'n fhìrinn,  
Ged nach d' rugadh 'n am fhìor bhàrd mi ;  
Tha sùilean agam gu faicinn,  
'S cluasan gu claisdeachd do Nàdur  
A' faotainn teastannais nach b' fhiach ort,  
Riabh bho 'n rugadh tu ad phàisde.

Gur tric thu gun bhiadh, gun aodach,  
A' donnalaich air aodann chàirdean ;  
Cha 'n ioghnadh iad a bhi sgith dhiot,  
Gur a tric thu sgrìbeadh páirt' dhiubh ;  
Cha 'n ioghnadh ged robh ort gorta,  
'S nach ann 'g ad chosnadhl a thà thu ;  
'S iad ag guidhe bàis gun lochd dhut,  
Mu 'n téid do chrochadh mu 'n mhèirle.  
'S tric thu 'd shìneadh anns gach lodaù,  
Agus plodan fo do bhialan ;

---

\* See Donald M'Leod's Collection, p. 245,

Bidh na clearan ga do ghnobadh,  
 'S iad ag gogail mu do chiaban ;  
 Do cheann-iochdair anns an r-tr—ch,  
 Ri breith nan goigeinean tiachdaidh ;  
 'S tu ad shìneadh aum aum fodar,  
 Gun ad ghlögail ach am blialam.

## AM BARD.

'S tu gleann Mhàrtainn thar gach gleannan,  
 'S tu gach cnoc thar bheannaibh àrda ;  
 'S tu damh is miosa 's a' bhuaile,  
 'S tu clach uachdair nighcan a' chlàrsair.  
 Cha deanar seobhag 'n a chlamhan,  
 Cha dcanar eala de 'n ròcas,  
 Cha deanar faoileann de 'n fhitheach,  
 Cha deanar pithean de thòmas ;  
 Cha mhò nitear sporan sìoda  
 De fhior-chluais na muice ;  
 'S duilge na sin filidh fìor-ghlic,  
 Dheanamh de chli-fhcar gun tuigse.

## AN T-AIREACH.

'S ioma crèutair th' anns an t-saoghal,  
 Nach do smaoinich thu air fhathlast ;  
 Thar gach éisg 's tu 'n dallag mhùgach,  
 'S tu bhiast-shiùbhlach, 's tu mac-làmhaich  
 Gur tu 'm broc thar loin a bhréuntais  
 Bhiodh a shròn 'n a chéir trì ràidhleán ;  
 A' mhìal-chaorach do 'n ainm a' ghéur-lann  
 'S ole an tréud a tha dhut càirdeach ;  
 'S mur biodh gràin do chàirdean fhéin ort,  
 Cha deanainnsa, bhéist, do chàineadh ;  
 Gur tu 'n losgann, lìtheach, tàrr-ghlas,

'S tu màgan ccalgach na dige,  
 Gur tu 'n t-snag a bhios ri cànan,  
 A' snàgail 's a' màgail a' mhìlich ;  
 Gur tu 'n t-seilcheag litheach, tharr-ghlas,  
 'S tu bratag sgrathail an fhàsaich ;  
 'S gartan bho 'n duilleach a thàrrsainn  
 Aon ni thàrras tu ad ingnean.  
 Gu 'n d' rinn thu air d' athair dì-mheas,  
 Dh' amhairec thu sios air do mhàthair ;  
 Bristh thu 'n scanchus a tha sgribhte,  
 An déigh a dhionachadh 's na fàintean :  
 Thug thu mionnan air a' Bhìobal,  
 Nach b' fhèarr do shìnnisir na Sàtan,  
 'S bhrath thu iad air bheagan cùinnidh,  
 Mar rinn Iùdas air ar Slànuighear ;  
 A' bhliadhna sin thàinig am Prionnsa,  
 Bu shiùbhlach thu feadh gach àite,  
 Ad chlach-bhalg air feadh gach dùthcha,  
 Ag iarradh orr' tionndadh le Tèarlach,  
 Ach, cho luath 's a thug e chùl riut,  
 Thionndaidh an cù thrar an nàdur ;  
 'S cha bheairteas, ach sodal-cùirtc,  
 Chuir thu ghiùlan crois a' phàpa.

I took down the following version of the last twelve lines a few years ago from John Macdonald, Boherie, Braeochaber, already referred to :—

Thug thu mionnan air a' Bhiobul,  
 Nach b' fhearr'do shìnnisir na Satan :  
 Cha b' e 'n creideamh ach am brosgul,  
 Chuir a ghiulan crois a' Phap thu.  
 Bhliadhna sin thainig am Prionnsa,  
 Bu shiùbhlach thu anns gach aite :  
 'N ad chlach-bhalg air feadh na duthcha,  
 'G iarraidh orra tionndadh le Tearlach.  
 Cha b' fhad a dh' shuirich thu 'n taobh sin—  
 Thionndaidh an cu ri sheann-nadur :  
 Thairg thu bhrath air bheagan cùinnidh,  
 Mar rinn Iudas air ar Slànuighear.

## AN AIRC.

Oran air aisling a bhruadair duin' uasal araid gu 'n robh tuelle ri tighin thairis air siorrachd Earraghaidheal, air son iad a dh' eirigh le Righ Deorsa. Agus 's e 's ainm do 'n oran an Airc.

FONN.—“*Tuiteir Ile b' ainm do 'n fhear.*”

'N déigh dhomh tuiteam ann am chadal,  
Chunuacas aisling chuir orm cùram :  
Guth 'g am mhosgladh suas gu sgairteil,  
Dol air theachdaireachd 'n uair dhùisginn.

'S ged a chaith mi 'm shuain gu h-òrdail,  
Mar bu chòir do 'n h-uile Criostaidh,  
Chunnacas bruadar de dh-ion bòcain,  
Chuir air bhall-chrith m' fheòil a's m' fhiaclan.

Gur li-e am Brigadier Caimbeal,  
A mharbhadh an aoibhar Righ Séumas,  
A shumain mis' an raoir am chadal,  
Dol air theachdaireachd 'n uair dh' éirinn.

Dh' earb e rium esan a ruighinn—  
Alastair\* cridhe 'lean deònach  
Ri *standard* sin Phrionns Tèarlach,  
Dh' fhuilgeadh bàs as leth na còrach.

Fear Airdslignis an t-àrmunn,  
Tha mi 'g ràdh, a's cha neach eile,  
'S ged shiùbhladh tu 'n Eòrp 's an Aisia,  
Fhir tha 'm chlàisdinn chaoidh na ceil e.

\* Alexander Campbell of Ardsignis, second son of Archibald o Ballimore, of the family of Lochneill.

Dh' earail an guth labhairt ris-san,  
 A chlisgeadh fios chur air saoraibh,  
 Dheanadh gun fhàillinn deagh àrd-ramhach  
 Romh 'n tuil ghàbhaidh bha gu taosgadh.

Is amhuil so a labhair mise,  
 Gun ghnò chur ris, no thoirt bhuaithe ;  
 Dh' earail mi air gu géur, sgairteil,  
 Dol mu'n teachdaireachd ri luathair.

*Agus amhuil so thuirt an guth :—*

A Naoi Chaimbealaich an àigh,  
 Dean àirce dhut fhéin a bhios pait ;  
 Sàbhail do theaghlach gu luath,  
 Tha 'n tuil-ruadh a' teachd air 'h-ais.

Cha ruig i leas a bhi ro mhòr,  
 'S na bitheadh i idir beag ;  
 Ceithir chiad làmh-choille 's a dhà,  
 'S biodh i cho làidir ri creig.

Saor bho theaghlach Loch-nan-Eala,  
 'S càil eile de dh-fhearaibh còire ;  
 Na leig duine steach 's an luing so,  
 Ghabh ùnnsa dh' ionmhas Rìgh Deòrsa.

Paidhir de gach seòrsa 's fhèarr,  
 As gach mèur a chinn bho d' stoc ;  
 Thoir cuide-riut anns an àirce,  
 Tha muir-bhàite ri teachd ort.

Na Gàidhil le 'm b' ainneamh bhi rioghail,  
 Cha 'n 'eil mi-thlachd againn riutha ;  
 Ach sibhsc do 'm b' àbhaist bhi dileas,  
 Thoill sibh cùs thoirt dhìbh, 's ur bruthadh.

Tog de d' mhobhsgaid, 's cuir ort sùrd,  
 Air àirc iùr a dheanamh suas ;  
 Thig an tuilbhéum so cho cas,  
 'S a thig fras á Faoilleach fuar.

Tha Dioghaltas le gutli àrd,  
 Mar bha fuil Abeil 's an spéur,  
 Ag ùrnaigh, 's ag iolach gu h-àrd,  
 Gort a's plàigh theachd air gach cré.—

Air gach cré a dhearg a làmh  
 Anus na rinneadh òirnn a bhruid,  
 De chreachadh, de losgadh, 's de dhí' fhoirgneadh,  
 'S cha chall leinn marbhadh acli mort.

Thig so cho bras ri béum-sléibhe,  
 Sgrothaidd e leis gach nì thachras ;  
 Gach ncach a tha gu 'smior 'n a Réubal,  
 Lomaidh e géur bho na clachan.

Bàrcaidh an tuil 'n uair nach saoil thu,  
 'S ma dh' fhaodte gur h-ann an diugh ;  
 Tarr leat do dhilsean 's gach caraid,  
 'S Bàrr-na-carra<sup>1</sup> fàg am muigh.

Na tugadh dì-chuimhn' no mobhsgaid,  
 Ort Loudon<sup>2</sup> fhàgail an dearmad ;  
 'S fear eile ni mach am paidhre,  
 Ge bu thraoiteir gheobh e tearmunn.

<sup>1</sup> Barnacarry, situated in the parish of Kilmore.  
<sup>2</sup> John, fourth Earl of Loudon.

Thoir dhachaídh Dùghall a's Iain,  
 'S gach fear tha dligheach dhut teasraig ;  
 'S de gach teaghlaich eile càraid,  
 Gu modh-siolaich fhàgail beitir.

Na toir neach air bòrd do d' leistir,  
 Ach paidhir de fhleasgaichean calma ;  
 Na leig gnè ianlaith a steach ort,  
 Ach gu teachdaireachd dà chaluman.

Ceangail cù, a's cat, a's clach-mhuilinn,  
 Mu mhuineal burrail Mhic-Nibhein ;  
 Tilg sìos e le neart cudruim,  
 An craos sluganach na dileann ;

Air neo, ma 's e do thoil fhéin e,  
 Cùm e agad gu féum fithich ;  
 'S biodh e cuide-ris a' chaluman,  
 Gu 'n cuirt' air falbh iad 'n an dithis.

Cùm ri Sir Dunnachadh<sup>1</sup> an cabin,  
 'S buin gu còir ri Ionar-atha ;  
 'S bho 'n bhios tu pait de dhibh Fhrangaich,  
 Cùm gun taing riu casg am pathaidh.

Ma thàrras tu fear Choire-Chunna,  
 Na fàg fo chunnart nan tonn e ;  
 Thoir air bòrd a steach an duin' ud,  
 'S buin ris urramach, neo-lombais.

Ma dh' fhairgheas tu Caiptin Dunnachadh,<sup>2</sup>  
 Am measg an tromlaich a' tighinn,  
 'G ad atach ag iarraidh bùird ort,  
 Cuidhl' le sùrd a steach ad chridh' e

<sup>1</sup> Sir Duncan Campbell of Lochneill died 20th March 1765.

<sup>2</sup> Captain Duncan Campbell of Inveraw died in 1758 of wounds received at Ticonderoga.

Gach aon duin' eile de 'n teaghlaich,  
 Na bi meagh-bhlà riu ad chridhe ;  
 Thoir dhaibh teine, leaba, 's fàrdoch,  
 Deoch, a's failte, 's mòran bidhidh.

Tha 'n saighdear agus an Criostaidh,  
 An aon phearsa ghrinn a' Chaiptin ;  
 'S de phongan rioghal cho luchdmhior,  
 'S chaoidh gu 'n tuit e air a thapadh.

Thia c cho mòdhar ri maighdinn,  
 Sibhcalta, caoimhneil, gun ghaiseadh ;  
 Gun chaise, gun bhraise, gun straighlich,  
 Làn de sgoinn ri uchd na gaisge.

Tha e dìreach, rioghal, rùnach,  
 Tha e fiughantach gun strògh ann ;  
 Tha e cuimseach, glic 'n a ghiùlan,  
 Flathail, cùirteil, gun ghnè mòrchuis.

Tha e mèineach, iochdmhor, bàigheil,  
 Tròcaireach càirdeach làn ath-truais ;  
 Guineach ri nainihdean 's na blàraibh,  
 Gus an tàrradh e fo smachd iad :

An sin tha isbcineadh e tròcair,  
 Do bhochdan fògarrach gach àite ;  
 Cha chuireadh e 'n gniomh an t-òrdugh,  
 Bha bho 'n Fheòladair 'n a *phatent*.

Beannachd nochd a's bhochd sin Mhùideart,  
 Beannachd gach dùthcha ad cluidcachid ;  
 A bhrigh nach do chuir thu le dòlas,  
 Sean no òg dhiubh chum na h-uidil'.

Uime sin, Alastair ghaolaich,  
 Gabh an caomhanach so 'd àrd-ramhaich ;  
 'S gach aon duin' eile de a dhaoine,  
 Fiach dhaibh aoighealachd a's cairdeas.

An t-éitein glan, fìrinneach, brìgheil,  
 Gun mholl, gun ghamh, gun rùsg càtha ;  
 Claidhean cho cruaidh, sgaiteach, rioghail,  
 'S a thàirnteadh gu gniomh le Teàrlach.

Cha 'n fhéum iad leigheas no urchasg,  
 No 'n cur am purgadair saile ;  
 Cho saor bho choire nan traoiteir  
 'S ged bheirt' iad an raoir bho 'm màthair.

Tighearna-nan-àrd,<sup>1</sup> ma thachras  
 E riut, 's e 'g aslachadh didinn ;  
 Tha e de 'n t-seòrsa gun truailleadh,  
 Nach robh fuar do 'n Teaghlaich Rioghail.

Thoir dhàsan ionad cho taitneach,  
 'S a bhios agad anns an àirce ;  
 Biadh a's aodach, 's mòran dibhe—  
 Giollaichd gu h-inich do chàirdcan.

Sgibinnis,<sup>2</sup> ged robh 'g ad fhaighncachd,  
 Ri griosad caoimhneis 's e gal riut ;  
 Tearmann no iochd cha do thoill e,  
 Na bi 'm foill da, thoir dha salunn.

Ceangail bolla-lìn mu mheadhon,  
 Bheir pian da 's diligheach dh'a choire ;  
 'S 'n uair bhios e de phlubraich curraidh  
 Slaod leat gu h-ullamh a stigh e.

<sup>1</sup> Donald Campbell of Airds. <sup>2</sup> Colin Campbell of Skipness died at Ardfin, Jura, 11th April 1756.

Cùm a mach fear Chuoc-buidhe,<sup>1</sup>  
 'S guidhim ort na leig a bhàthadh ;  
 Ceangail gu daingeann ris *bouy*,  
 Bheir snàmh dha 'n uidheam a' chrà-gheoidh.

'S 'n uair a nighear ás anblas Deòrsach,  
 'S an fhaир' air a leòn 's air a mheatadh ;  
 Spion a steach e, 's thoir dha *cordial*,  
 A bheir beò e 'n déis a shliobraich.

Bidh tigh-Chaladair an dòchas,  
 Gu 'n leig thu air bòrd gu léir iad ;  
 Bho 'n tha 'n cogais teann 'g an sgròbadh,  
 Nach e Deòrs' an rìgh, ach Séumas.

Ach coinseanichim thu le h-òrdugh,  
 An rìgh mhòir do 'n còir dhut géilleadh ;  
 Tilg a mach iad uil' air fleòdradh,  
 'S àrcan mòr fo chòrr an sgéithe.

Biodh sin mar phurgadair aca,  
 Gu 'n glanadh, 's gu 'n cartadh bho 'n òtrach ;  
 An sin, 'n uair sgùrar iad bho 'm peacadh,  
 Thoir gu caomh a steach air bòrd iad.

Southall,<sup>2</sup> fear-ainneart nam bantrach,  
 Nan dileachdan fann 's nan deòraidh,  
 Iobair suas air altair *Neptun*,  
 Air son a chreachan 's a dhòibheirt.

An Dònullagh Illeach, an *rascal*,  
 An glagaire fada, bòsdail ;  
 Thoir urchair dha chum an aigein,  
 Gu leaba-chadail nan sòrnán.

<sup>1</sup> Knockbuy, Lochfineside. <sup>2</sup> Duncan Campbell of Southall.

Mac Dheòrs' òig, ged thuit e 'm peacadhl,  
 Le impidh prasgain 's le gòraich ;  
 Leig plumadh dha chum an aigein,  
 'S thoir gu grad a steach le d' ròp e.

Spàrr Aisginnis<sup>1</sup> ann an tuba,  
 'S fàg e fo luidreadh an anfhaidh ;  
 Biodh e 'measg nan tonn air uideal,  
 Gus an caill e chuid de 'n aintheas.

Glac air làimh Iain bànn na Coinnil,  
 Mo dhilsein coinnealach, gràdhach ;  
 Thoir dha biadh, a's deoch, a's coiniul,  
 Bóla 's gloine 's a' *chabin*.

Richardson, grad-thilg thar stoc e,  
 'S tric a thog dhuinn tosta Thèarlaich ;  
 Ach, bho 'n shleamhnaich è 'n a chreideamh,  
 Ascaoin-eaglais air a' mhèirleach.

Ma thig a' bhan-bhàrd ad lionaibh,  
 Osdag mhì-nàrach an Obain ;  
 Ceangail acair rith' de bhrandaidh,  
 Gu bhi toirt dhrama do na rònaibh.

Ach ma chinncas i 'n a Iònah,  
 'S a slugadh beò le muic-mhara ;  
 Gu 'm meal i a cairtealan feòlain,  
 Ach a sgeith air còrsa Chanaidh.

---

<sup>1</sup> The Campbells of Asknish are sometimes called Macivers, and also Clan-Glasry. They are descended from Iver, son of Duncan Lord of Lochawe. A branch of this family settled in Braclochaber, and are known there by the name of Clann a' Ghlasraich. From time immemorial, they were Leine-chrios Mhic-Mhic-Raonuill.

Cuir aghastair ri fear-Chruachain,<sup>1</sup>  
 'S le lunnaid cuir buarach mu 'chasan ;  
 Leig fotha sìos gu dha chluais e,  
 Gu glanadh an truaghain pleacaich.

Ge toigh leam Cailein Ghlinn-Iubhair,<sup>2</sup>  
 B' fheàrr leam gu 'm b' iubhar 's nach b'  
     fheàrna ;  
 Bho 'n a thréig e nàdur a mhuinntreach,  
 'S gann a dh' fhaodar cuim thoirt dhàsan.

Cuir baoiseid de dh-ionmhas Rìgh Deòrsa,  
 De smior an òir mu 'theis-meadhoin ;  
 'S iobair e '*Neptun*, ge searbh e,  
 Mur grad-ainmich e 'n righ dligheach.

Ach ma dh' aidicheas e pheacadh,—  
 Bhi cur ás d' a rìgh 's d' a dhùthaich,  
 Cuir ball h-uige mach mar theachdair',  
 Spion a steach air bàrr an t-sùigh e.

Ionar-Easragain,<sup>3</sup> am fleasgach,  
 Bha e leisg air dad de thrioblaid ;  
 Thoir dhàsan tumadh le beadradh,  
 'S a chaoidh, na toir cead a ribeadh.

Eadarlinn,<sup>4</sup> na cùm ris *pàrladh*,  
 Biodh snàmh aige, no na bitheadh ;  
 Up a mach gu grad lc d' làimh e,  
 Thoir dha ànradh 's bàthadh righinn.—

<sup>1</sup> Capt. Dougal Campbell of Cruachan.

<sup>2</sup> Colin Campbell of Glenure, killed in the Wood of Lettermore Appin, 14th May 1752. He was factor on the forfeited estates of Ardshell, Mamore, and Callart. See his elegy by Duncan Bàn.

<sup>3</sup> Colin Campbell of Edderlin.

<sup>4</sup> Colin Campbell of Inveresragan, Ardchattan.

Ach ma léughas tu aithre neo-chealgach,  
 Gun dearmad 'n a ghnùis a' soillseadh ;  
 Thoir dha teasraiginn a's tearmunn,  
 Ged nach e gu dearbh a thoill e.

Mac a' phrobhaist Dunnachadh an daormunn,  
 Tilg a mach an craos na mar' e ;  
 Na toir dha cothrom no baoghal,  
 A theasraigeas do 'n daoidh-fhear 'anam.

Breab amach an trùilleach Melvin,  
 Mar gu 'm pachdteadh cù gu siteg ;  
 Na leig ròp no ball 'n a charaibh  
 Air 'm bi dula, sgar, no sgitig.

Lachann dubh Bhaile-Ghogain,<sup>1</sup>  
 'N do chìnn làn crogain de phuinnsein ;  
 Gun phàrladh, iomain gu stoc e,  
 'S tilg 's a' bhàrr-rochd e le tuimhseadh.

Bho 'n chaill e càirdeas gach tìre,  
 'S gach Criostaidh rioghail air thalamh ;  
 Na toir fairge għlas a's tìr dheth—  
 Dean iobradh do righ na mara.

Gu 'm bu luaithid a ruigeas e 'n grinneal,  
 Ceangail clach-mhuilinn mu 'sgòrnán,  
 Cù, cat, nathair, agus sionnach,  
 Gu comunn a chumail gu pòit ris.

---

<sup>1</sup> Balligroggan, Southwest of Kintyre.

Clann-Chamrain agus Clann-Fhionghain,  
 Olaidh gu h-ionmhuinn a mharbh-dheoch ;  
 Bbrath e na cinn-fheadhna thlachdmhor,  
 Nach bu tais ri uchd nan garbh-chath.

'S cìnnteach bidh a bhràthair Iùdas,  
 Gu h-ùiseil an uchd Abraim,  
 Ma tha dòchus aig an sgiùrsair,  
 Anns a' chùirt ud a bhi sàbhailt.

Tighcarna na h—tt—ch,<sup>1</sup> b' olc e,  
 Cha robh ann ach poca puinnsein ;  
 Thoir burgaid shaoibhir dha de 'n t-sàile,  
 A's sgob gun dàil a stcach ad luing e.

Dunnachadh buidhe Mac-an-Aba,  
 Bha e lag-chùiseach 'n a chàirdeas ;  
 'S mur a bitlicadh dhuinne beagan,  
 Cha bu leisg leinii thu 'g a bhàthadh.—

Ach, de thoradh an t-seòrsa de 'm beil e,  
 'S gu 'n ionnsaicht' eilcin na b' fhicarr dha ;  
 Thoir de 'n uisge shaillte 'lcòir dha,  
 'S tarrainn beò a steach do 'n àirc e.

Achachrosain,<sup>2</sup> chionn a chrostachd,  
 Ceangail air sgroig ris an luing e ;  
 'S 'n uair bhios e réicil 's ag osnaich,  
 Slaod a stcach am poca puinnscin.

Ach mur sguir e 'n sin de 'chrostachd,  
 'S mur a h-òl e tosta Thèarlaich ;  
 Spàrr gu daingeann ann am poc e,  
 'S tilg a mach thar stoc am mèirlcach.

<sup>1</sup> John Campbell of Otter, died 27th September 1763.

<sup>2</sup> Captain Dougald Campbell of Achachrossan, see p. 66.

Caiptein Donnachadh Mac-a-Bhiocair,  
 Na fàg am measg nam bàrr-rochd e ;  
 Tum gu ciùin gu àit a' chrios e,  
 'S thoir a chlisge steach air sgroig e.

Achamhuilinn,<sup>1</sup> tilg 's an fheamainn,  
 Gu deanamh do *Neptun kelpa* ;  
 'S mur sluig e na gheobh 'n t-sàile,  
 Sior chùm ris an dài-fhear *kelty*.

Mar sin agus Noble gocach,  
 Am poca-croite bhios aig Iùdas ;  
 Ge toigh le d' chàirdean a' phlàigh ud,  
 Leig fo shàil' e le sàr sgiùrsadh.

Ma chi thu 'n rìoghalach diomhair,  
 'S e fuireach gu cian an uachdar ;  
 Ma sgairteas e Dia 's Rìgh Séumas,  
 Spòn le téumadh steach air ghruaig e.

Leigim fo bhinn do mhòr-thràcair,  
 Gach cré tha beò ann ad dhùthaich ;  
 Ach, cuimhnich, fàg 's a' chomunn rònach,  
 Gach Réubal Deòrsach nach tionndaidh.

Gabh-sa mu thimchioll do ghnothaich,  
 Gun mhoille, gun choimhearsp, gun fhàilliunn ;  
 'S mar a dh' àithn am Brigadier,  
 Air chionn na dìle dean àirce.

Gheobh thu cùirt a's mòran cliùthà,  
 'S bidh tu buidheach air a dheireadh ;  
 Faigh iarann, tèarr, a's buill bho Ghallaobh,  
 'S dean àirc de dharach Loch-Seile.

<sup>1</sup> Achmillin, near Drimnin.

## DIOMOLADH CHABAIR-FEIDH.

FONN.—“*Cabar-Feidh.*”

Gu 'm beil mi air mo bhódhradh,  
 Le tóghnadha na h-ealdhainich ;  
 Bhi falbh air feadh an t-saoghail,  
 Mar ghaoith chruaidh 's i sgalanta ;  
 Ged dh' éireadh Iarla Shiphort,  
 'S gach nì mar a ghealladh leis,  
 Tha fine anns an righeachd  
 A bheireadh cìs a dh-aindeoin d' e.  
 Cha 'n éireadh leat fir Mhùideart,  
 'S cha b' fhiù leo bhi 'n ceangal riut ;  
 Gur mòr tha 'bhrìgh do bheòil-sa  
 'N a chòmhradh ro leamhanach ;  
 Ach c' àit' an d' fhuair thu dh' aodann,  
 Ged dh' aontaich do theanga leat,  
 Na chruinnicheadh am pòr ud,  
 Sàr bhòcain 'n uair chreanaicht' iad.

Cha 'n éireadh leat fir Shléite,  
 'S na 'n éireadh b' e 'm breamas e ;  
 Le 'n aigne uasail, uaibhrich,  
 Gu tuaireap 'n uair chreanaicht' iad ;  
 Le 'n òigridh sgairtcil, ghruamaich,  
 Cho luath ris an dealanach ;  
 Gu 'n sgoilteach iad triath Shiphort,  
 An latha strìth no fionnachais.  
 Cha 'n fhaod mi sheachnadh 's an dol seachad,  
 Gun a ghlacadh farasda ;  
 Càil a' Mharcuis air sgàth facail,  
 A's lagh ceart 'n a mhearrachd leis,

Ag coimeas Shìphort ri neart righeachd,  
 Ann an gniomh no 'm fearachas ;  
 Le 'r leanmhuiinn bhuig gun eòlas,  
 A's mòran d' i ro aineolach.

Ach ar leam fhein gur góirach,  
 A dh' fhògradh Mac-Cailein leibh ;  
 'S gur sgéul e chaidh bho chòmhstrìth,  
 Gur cònnspunn air aineol e.  
 Le chinneadh lionmhòr, làidir,  
 'S iad dhàsan cho carantach ;  
 Na 'm faiceadh sibh air blàr iad,  
 Bu nàr dhuibh comh-tharrainn riu.  
 Ach c'áit' an cualas riabh ur cruadal,  
 Ged thà sibh 'n ur sluagh iomadaidh ?  
 Le 'r feachd tuathach 's iad neo-bhuadhor,  
 'S gainne cruas no giorrag leo ;  
 Ged tha sibh làidir, lionmhòr, làsdail,  
 'S sibh gu sàsta, cilleineach ;  
 'N taobh muigh de 'n bhrataich Shàilich,  
 Gu'n d' fhàg sibh air Sliabh-'n-t-Siorra i.

Gun tigh'n air fine sònraicht',  
 Tha ioma seòrsa bharrachd orr',  
 Thall 's a bhos 's an righeachd,  
 Leis nach b' f hiù dol 'n coimeas riu ;  
 Tha tighearnan an taobh so,  
 Gu 'm faodainn dol am barantas,  
 A nochdadhbh ribh an aodainn,  
 Ged tha sibh daoineach, fearannach.  
 Tha iad gu meargant, leargaidh, feargach,  
 Dàna, gu garbh, guinideach ;  
 Ri uchd naimhdean 'n àm *advance*,  
 Ceannsgalach, cruaidh, curanta ;

Iad mar dheann-dubh, làidir, neimhneach,  
 Sùnntach an càs fuileachais ;  
 Mar thorann eas le beanntan,  
 Gu 'n cluinnteadh foirm an gunnaichcan.

Ach cuiridh mis' thu 'n cuimhne,  
 A's cluinn mi le foighidinn,  
 Na chuireadh tu 's an tuimhnich,  
 Ge bruidhneach ro labhar thu ;  
 An cual thu làth' Allt-Eire,  
 Bu chéiteil cinneadh d' athar ann,  
 Gu 'n d' fhuair sibh ann ur déuchainn,  
 Bho 'n drèam nach éuradh fhathast sibh.  
 Ghabh sibh maoim an àird' an t-sléibhe,  
 Bac-an-fhéidh, cha ghabhadh sibh ;  
 Air bheag féum an càs Righ Tèarlach,  
 Lom-lan oillt' a's gealtaireachd ;  
 Ghuil na spéuran, sgeith na réultan,  
 'G éigheach ribh bhi athaiseach ;  
 'S ann theab sibh ruith do 'n Eiphit,  
 Na 'm bu talamh-réidh bu rathad duibh.

Ach léugh thus' eachdraidh Mhontròse,  
 Ma shaoil gur bòsd a th' agamsa  
 A's cinnidh tu 'n sin na's eòlaich'  
 Air seòladh a' bhatailte :  
 Mu 'n d' thàinig Morair Gordon,  
 No duine, 'chòir na sabaide,  
 'S ann thug sibh slinnein còmhluath —  
 'S cha mhòr chaiddh beò dhachaidh dhibh !  
 "Theich iad uile, cha d' rinn fuireach,  
 An treas duine bh' acasan ;"  
 Mar fhear do 'n éirich, le trom-chréuchdan,  
 Dol fo ghléus na sabaide ;

As an déigh air feadh an t-sléibhe,  
 'S càch 'n an déigh 'n am baidealaich,—  
 'S ann thug iad dhibh buaidh-làrach,  
 'S rinn iad àobhar-magaidh dhibh.

Bha Frisealaich 'g ur còmhnhadh,  
 A's ioma seòrs' a bharrachd orr';  
 Bha Ionar-Nis glé dhòmhail,  
 Le mòr-shluagh a' ghearrasdain,  
 Ach 's aon cheithir chiad 'n an ònar,  
 A bha fo òrdugh Alastair,\*  
 Thug bristeadh ás ur mòr-shluagh,  
 'S bha ioma spòltadh salach ann.  
 Ma ghlac thu 'n cuidseal, 's féumail dutsa,  
 Bhi gu purpail ceannardach ;  
 'S ma 's fear steids thu 's fheairrde' thu éideadh,  
 'S ioma spéic a bheanas dut ;  
 Bho 'n 's paitl' éucoir leat na réusan,  
 Tha do chréuchdan salach dheth ;  
 Tha chùis ud air a còmhdach,  
 Bho'n 's e 'm bòsd a chanadh leat.

Seinnear piob dhuinn, 's lionar pìos duinn,  
 'S cuireamaid sìos gu tartarrach,  
 Air òl fion an ainm an tì ud,  
 Dh' òrduich prìs nam brataichean ;  
 Cha dean priob a chur gu h-ìre,  
 An tosta rioghail againne ;  
 Ach togamaid le foirm i,  
 Le stoirm a's le beachdalachd.  
 A shiol nan Colla tréubhach,  
 Le 'n éighteadh na baitealan ;

---

\* Alastair mac Cholla Chiotaich.

Bho 'n thàrladh dhuinn bhi 's *tavern*,  
 Gun bhàirlinn, gun teachdaireachd ;  
 Gu 'n òlamaid gu h-òrdail,  
 Gu mòrchuiseadh, smealparra,  
 Deoch-slàinte 'n leòghainn loinnich,  
 Nach maoimeadh romh 'n t-snapaireachd.

Deoch-slàint' an leòghainn thréin, chalm',  
 A's éugsamhuil spraicealachd ;  
 Na 'n tigeadh do chinn-fheadhna,  
 Bu mheadhrach ur brataichean ;  
 Cha b' fhiamhach sibh 'n ur campa,  
 Measg Ghall feadh nam machraighean ;  
 'S cha bu chabar stàngach,  
 Gun taing bheireadh snasadadh oirbh.  
 Tha iad gu h-oirdheirc, géurbharr, corr-shleagh,  
 Teinntidh for-dhearg lasarach ;  
 'S iad mar stoirm air mhire-chonfhaidh,  
 'S lainn 'n an dòrn gu spealtaireachd ;  
 Le 'n geur-chalg a' sracadh bhalg  
 Gearradh cheann a's chorpanna.  
 Cha bu Chabar-féidh nan gleann,  
 A' ruith 'n a dheann bu choltach riu.

'S e 'n leòghann rìgh nan ainbhith,  
 Air ainmealachd a's urrantachd ;  
 Air churantachd 's air chruadal,  
 Air uaisle 's air urramachd ;  
 Air dhuinealachd, 's air ghairgead,  
 'N àm féuma, ro fhuileachdach.  
 Gu cùmpach, neartmhòr, fusgait,  
 Gu luath-chréuchdach, fulangach.

'S math do shuaicheantas 's a' bhrataich,  
 Dosgach, casgach, cumasgach ;  
 Gu'n éireadh sgairtealachd 's gach neach,  
 Ri faicinn ceart do chularan ;  
 'N uair a dhearcadh tu glé cheart,  
 'S a bhiodh tu 'd bheachd gu furachail,  
 Gu'n dùisgeadh braise, gun bhonn tais'  
 Le barrachd spraic' 's a h-uile fear.  
 'S tur fallain gath an leoghainn,  
 Ri sròl a' chroinn bhaidealaich.  
 Bu mhèarsail, stàtail, òrdail e  
 'N dòrn an laoich aigeannaich ;  
 Air itealaich gu crualad,  
 Dearg ruadh mar bhàrr lasarach,  
 Gu 'n cuireadh stoirm le sgeimhle,  
 Siubhal-sith fo 'r casan-se.

Gach neach sunntach sios do 'n iorghaill  
 Le 'n cuilbheirean acfhuinnccach ;  
 Fead na luaidhe, sgreadd nam faobhar,  
 Sùrd neo-chaomh air sracaireachd ;  
 Bidh lannan dùbh-ghorm dol gu 'n dùlan,  
 Gearradh smùis a's aisnichean ;  
 Bidh fann-ghal truagh air feadh na h-àrfhaich,  
 'S gearan cràiteach, acaineach.  
 Bidh gaorr a's eanchainn ann 'n an sgiodar,  
 Le gliogartaich dhagaichean  
 Cìnn 'g am pronnadh, cuirp 'g an tolladh,  
 Lainn ri ciogladh aisnichean ;  
 Pìcean géura 'g am bualadh,  
 Ri tarrainn suas gu speacharra,  
 Leis an aitim bhiodh 's an fhuathas,  
 'S riabh nach d' fhuardas ceacharra.

Na fir chomasach 'n an sonna,  
 Le frois a' tolladh phearsanna,  
 Dh' fhàs gu somalt air a' choinnimh,  
 Am hi sonnadhl chlaigeanna ;  
 Sheinnteadh ponga air chlàir loma,  
 'S piob a' pronnadh chaismeachdan ;  
 Gu 'n cuirteadh anail anns na mairhh,  
 A' dol gu foir-ghléus gaisgealachd.  
 Tharrainn thu le d' hhòilich,  
 Clann-Dònaill an coimeas riut ;  
 Ma 's fear thu hhios ri òran,  
 Bi eòlach mu 'n can thu e ;  
 'N am faiceadh tu Didònuich  
 Am pòr ud 'n uair tharrainn iad ;  
 Cha 'n aithnicht' duine heò dhiuhh,  
 Seach leòghainn a's nathraichean.

An tùs an latha, bualadh catha,  
 'G an crathadh gu rucasach ;  
 Le tréun-lamhan, 's le géur-chlaidhean,  
 Gearradh cheann a's chuisleannan ;  
 Righ ! b' ait an aighir hhi 'g an amharc,  
 Gach saoidh 's gach flath a' tuiteam dhiubh ;  
 'S gach tréun-laoch co-hhras gu féum dhiuhh,  
 'S gun Cheann-an-fhéidh 'g an cuideachadh.  
 Ach mu dhéighinn Ceann-an-fhéidh,  
 Ghèarr e léum, 's cha h' fhuilear dha ;  
 'S ioma miolchu bh' air a dhéigh,  
 Le 'n ruith thréin 's le 'n gunnaireachd ;  
 Ach, theich esan so ro ghléusta,  
 Mar bu hhéus a h-uil' uair dha ;  
 Cha robh de thrupairean an Alha  
 Bheireadh calg no fionnadh ás.

Meirghe a' Chabair thàrr i ás,

Gu 'n d' thug i mach 'n a buidealaich ;  
Cha d' rinn i stad gus 'n d' ràin' i Peairt,

Ruith gu bras an uidil ud ;  
Spàrr an t-*ensign* i 'n a achlais

Mar gu 'm paisgteadh cuigeal leis ;  
Cha robh bean Lot 'n am measg gu léir—

Sùil 'n an déigh cha tugadh iad.  
Gu 'n bhodhair thu mo chluasan,

Tha d' fhuaim ann mar dhruamaichean ;  
Bho 'n thog thu do cheann cràcach,

Na 's àirde na bhuineadh dhut ;  
A' sméarsadh Earraghàidheal,

'Sa Thorc-nimh' ri sgàth chularan ;  
Gu 'n sgoilteadh Ceann-an-fhéidh leis,

'G a réubadh 'n a churagan.

Gu 'm beil mi air mo ghéisgeadh,

Le réicil 'n daimh Charrannaich,  
Gun fhios nach ann 's a' bhùireadh,

Air thùs thig do mhearan ort ;  
Ma theannas tu ri bùirich,

Ri ùinich, no langanaich ;  
Rinn Dia dhìot créutair fiadhaich,

Ro fhiamhach gu carachadh.  
Ach 's beag bu chòir do fhear do chàil,

Bhi labhairt an càs batailte ;  
Ged nach faiceadh tu do nàmhaid,

Ach air fair', gu'n *starta* tu ;  
'S ann thug ur càileachd anns a' chàs ud,

Bàrr air geàrr nam machraichean ;  
Gu 'm fóghnadh aon lasag fhùdair

Chur sgeimhle dlùth fo 'r casan-se.

Dùin do bhilean, 's gun thu 'd fhilidh,  
 Tog de d' learan spaglainneach ;  
 Phocain ghiorraich, thoir ort tilleadh,  
 Tha 'n Torc-nimhe bagradh ort ;  
 Tha saod-millidh air do chinneadh,  
 Mu 'n fhine ud a thachair riut ;  
 Gur maирg bheir cuilgein ás a spiolainn,  
 'N àm bhi sìreadh sabaide.  
 Ach 's olc a bhagair thu cho gòrach,  
 Air an leòghann againne ;  
 Crèutair aigeannach tha sònraicht'  
 Ri uchd-gleòis 'n uair thachradh e ;  
 Lean buaidh-làrach anns gach càs leis,  
 Mar b' àbhaist 's bu chleachdadadh leis ;  
 Gu 'm maoimeadh féidh na h-Alba,  
 Romh 'charbad na 'n casteadh air.

'S tric a theich romh d' dhéndaich,  
 Na crètairean bu *churaidsich* ;  
 Am pòr bu ghann do shealgairean,  
 A shealg anns na mullaichean ;  
 'S ann latha *Sheriffmuir*,  
 A sgiùrs thu na h-urad diubh ;  
 'S gu 'n 'thàrr a steach do Shruibhla  
 Am fuighleach a dh' fhuirich dhiubh.  
 Na 'm faiceadh sibh 'n damh-Sàileach,  
 Le bhàrr àrd 's le ghliogadan ;  
 An còmhlan glas fo 'n armaibh,  
 Fir chearbach nach misneachail ;  
 Cha shaoileadh fear ri shealltainn,  
 Gu 'n robh foill no bristeadh ann ;  
 'S ann thàrr e mach air ás an rang,  
 'S an ruaig gu teann ri easgaidean.

Ma ni sibh tathaich anns an rathad,  
 Gheobh sibh caithream ghreadanach ;  
 Le roinn 'n a deannaibh dol gu'r sgamhain,  
 A' léum á maide feadanach ;  
 Gheobh sibh doinionn bho Ghleann-Gairidh,  
 Bho chaithrim na deas-làimhe ;  
 'S bho theanchair 'n leòghainn bhéucaich,  
 'S Cabar-féidh cha teasraig sibh.  
 Bidh sibh fhathast mar is cathair,  
 Ann an tathaich eaglaisean ;  
 Le gàir-chatha, 's le ceann-claiddhimh,  
 Cur gu Brathainn teicheadh oirbh ;  
 Cruaidh 'g ur caitheamh, sìos 'g ur sgathadh,  
 Siòrradh lamhan 's easgaidean ;  
 'S gur liomhor piob bhios 'g èigheach :  
*Ratréut air a' Chabar ud !*

---

#### MOLADH AN LEOGHAINN.

FONN.—“Cabar-feidh.”

FAILT' an leòghainn chréuchdaich,  
 Is éugsamhuil spracalachd !  
 'Nuair dh' éireadh do chinn-fheadhna,  
 Bu mheadhrach am brataichean ;  
 'N uair chruinnicheadh gach drèam dhiubh,  
 Gu ceannsgalach tartarrach,  
 Bhiodh pronnadh agus calldach,  
 Air naimhdean a thachradh riu ;  
 Iad gu h-oirdheirc air bhàrr còrr-ghleois,  
 Teinteach, foir-dhearg, lasrachail.

'S àrd an stoirm air mhire-chonfhaidh,  
 'S lainn 'n an dòrn ri spealtaireachd ;  
**L**e 'n géur chalg a' sracadh bhalg,  
 Ag gearradh cheann a's chorpanna ;  
 Cha shluagh gun chruaidh, gun cheannsal,  
 Le 'n lann bheireadh fosadh orr'.

Dùisg, a leòghainn euchdaich,  
 'S dean eirigh gu farumach ;  
**A**ir brat ball-dhearg, bréid-gheal,  
 'S fraoch-sléibhe mar bharran air ;  
**T**og suas do cheann gu h-éutrom,  
 'S na spéuran gu caithriseach ;  
 'S théid mi fhìn cho géur  
 A's a dh' fhéudas mi 'd arrabhaig ;  
**T**ogam suas do mholadh priseil,  
 'S do cheann rioghail, farasda.  
 Cha 'n 'eil ceann no corp 's an righeachd,  
 An cruaidh-ghniomh thug barrachd ort ;  
 An ceann cruadalach, àrd, sgiamhach,  
 Maiseach, fior-dheas, arranta,  
 'S tric thug sgairt ri uchd an fhuathais,  
 Ri àm luchd d' fhuatha tarrainn riut.

Co b' urrainn tàir' no dìbhleachd,  
 Gu dìlinn a bharalachadh ?  
 No shamhlaicheadh riut mi-chliu,  
 A rìgh nan ceann barrasach ?  
**A** chréutair ghasda, riomhaich,  
 'S garg fior-dheas do tharrainn-sa ;  
**A**ir brat glan de 'n t-sìoda,  
 Ri min-chrann caol, gallanach ;  
**E** ri plàprach ri crann brataich,  
 A' stalcadh chas gu h-eangarra ;

'S còmhlain ghasda làn de ghaisge,  
 Teanal bras gu leanailt ris ;  
 Fearg gu casgairet 'n an gnùis dhathte,  
 Fraoch a's fras gu fearachas ;  
 Bhiodh sgrios a's lannadh sìos  
 Air luchd mì-rùin a bheanadh dhut.

Cha robh gorta-gleòis  
 Air an t-seòrsa bho 'n ghineadh tu ;  
 An drèam rathail, mhòr-chuiseach,  
 Chòmhragach, iomairteach ;  
 Bu ghunnach, dagach, òr-sgiathach,  
 Gòirseideach, nimheil iad ;  
 Bu domhain, farsainn, créuchdach,  
 Cneidh éuchdach am firionnach ;  
 Iad gu sùrdail losgadh fùdair,  
 Toit a's smùid bho lasraichean ;  
 Na fir ùr-gheal, lùthmhòr,  
 A ghearradh smùis a's aisnichean ;  
 Lannan dùbh-ghorm, géura, cùl-tiugh,  
 'N glaic nam fiùran aigeannach ;  
 A' sgoltadh chorp a sìos gu'n rùmpaill,  
 Sùrd le sùnnnt air sracaireachd.

'S foinnidh, fearail, làdir,  
 Cuanta, dàicheil, cinneadail ;  
 Sliochd nan Colla làmh-dhearg,  
 'S iad làn dc àrd spiorad,  
 A's cho dian ri lasair chrà-dheirg,  
 'S gaoth-Mhàirt ag cur spionnaidh innt' ;  
 Gun niheang, gu mheirg, gun fhàillinn,  
 'N ur càileachd gcd shirteadh sibh ;

Na fir chogach, théid 's na trodan,  
 Nach biodh romh lotan giorragach ;  
 Nach iarr brosnadh ri àm casgraiddh,  
 A phronnadh chorp a's mhionaichean ;  
 A' sgathadh cheann, a's làmh, a's chas diubh,  
 Anns an toit le mire-chath ;  
 Na fir bhéura, thréun-fheardha,  
 .Ghéur-armach, f hineadail.

Cinneadh maiseach, tréubhach,  
 Nan réidh-chuilbheir acfhuinneach ;  
 Nach diùltadh dol air ghlèus,  
 Ri àm féuma gu grad-mharbhadh ;  
 Madaidh a's ùird ghléusta,  
 Gu béumadh nan sradagan ;  
 Ag conas dearg ri chéile,  
 Cur éibhlean gu lasraichean ;  
 Frasan dealanaich dearg pheileir,  
 Teachd bho 'r teine tartarrach ;  
 A' spadadh, a' pronnadh, a's a' leadairt  
 Nan corp ceigeach, casagach ;  
 Lannan dùbh-ghorm d'ol gu 'n dùlan,  
 Gearradh smùis' a's aisnichean ;  
 Aig na tréunaibh cruidh-bhéumnach,  
 'S luath 'bhualadh speachannan,

Clann-Dònaill tha mi 'g ràdhainn,  
 An sàr chinneadh urramach ;  
 A's tric a fhuair 's na blàraibh,  
 Air nàmhaid buaidh-iomanach ;  
 Iad feardha, tapaidh, dàna,  
 Cho làn de nimh ghuinidich

Ri nathraighean an t-sléibhe,  
 Le 'n géur-lannaibh fulangach ;  
 Iad gu sitheach, gléusta, cas-luath,  
 Rùnach, bas-luath, fulasgach ;  
 Cruas na creige, luas na dreige,  
 Chluinnteadh feed am builcannan ;  
 Na fir dhàna, lùthmhòr, nàrach,  
 Fhoinnidh, làidir, urranta ;  
 Cho garg ri tuil-mhaoim sléibhe,  
 No faloisg ghéir nam monaidhnean.

A charraig dhaingeann, dhileant',  
 Nach diobar gun acarrachd ;  
 Gluais suas gu spòrsail, rioghaill,  
 Romh d' mhìlidhean gaisgcanta ;  
 'S iad mire geal na cruadhach,  
 Gun truaillcadh, gun ghaiseadh iad ;  
 'S bòcain a chur ruaig iad,  
 Bheir buaidh le 'n sluagh bras-bhuiillcach ;  
 'S ioma fleasgach cùl-bhuidh, dòid-gheal,  
 Is garbh dòrn a's slinncinean ;  
 Dh 'éireas leat an tùs na còimhstrith,  
 Ni còmhrag mhion-bhunailtach ;  
 Iad gu bonn-mhall, bas-luath, cròdha,  
 Sàitheach, stròiceach iomairteach ;  
 A' dol sios ann an àm téugbhail,  
 A's lcòghann-béic air mhire ac'.

A leòghainn bhéucaich, ghruamaich,  
 'M beil cruadal air tuineachadh ;  
 Is tric a dhearbh an cruidh chùis,  
 'S na buan-ruagaibh cumasgach ;

An uair a spailpteadh suas thu,  
 Le d' bhuaidh ri crann fulangach,  
 Chiteadh confhadh ruaimleach,  
 An gruaidhean a h-uile fir ;  
 'S daingeann, seasmhach raing do fhleasgach,  
 'N uair bhiodh deise tarrainn' orr',  
 Cha toir eagal nàmhaid eag annt',  
 'S iad mar chreig nach caraicheadh ;  
 'S glan an preas iad, chaoiadh cha teich iad,  
 'S fiodh nach peasg de 'n darach iad,  
 'S tric fhuair sibh air ur nàmhaid,  
 'S na blàraibh buaidh chaithreamach.

Na 'n tigeadh ortsa fòirneart,  
 Gu d' leòn, bho chrìch aineolaich ;  
 Coigrich le rùn dò-bheairt,  
 Gu d' chòir thoirt a dh-aindeoin diot ;  
 'S ioma làn cheann-ileach,  
 'S lainn liomhaidh 'm beairt dhainginn ann,  
 A thàirneadh suas ri d' shìoda,  
 De d' fhìor fhuil, gu d' anacladh ;  
 Fuirbidhean comasach nach cromadh,  
 Romh f hrois tholladh phearsanna ;  
 Nach biodh somalt dol air cholluinn,  
 'N àm bhi sonnadh chlaigeannan ;  
 Crùnluath lomarra 'g a phronnadhbh,  
 Air piob lonnaich, thartarraich ;  
 A chuireadh anam anns na mairbh,  
 A dhol gu fear-ghléus gaisge leo.

Stoc Chlann-Dònaill dh' éireadh,  
 Le 'n géugaibh 's le 'm meanganan ;  
 B' i sid a' choillo chéutach,  
 A b' éugsamhail 's bu cheannardaich,

'N uair thàirneadh iad ri chéile,  
 Gach tréubh dhiubh gu fearachail ;  
 'S maирg a spioladh féusag  
 An *Leo g'* a ghreannachadh :  
 Bhiodh cinn a's dùirn 'g an sgathadh dhiùbhisan  
 Ann an dùiseal lannaireachd ;  
 Fuil ri féur-imeachd 's ri srùladh,  
 Feadh nan lùb 's nan camhanan ;  
 Bhiodh lannan lotach, dùbh-ghorm,  
 Cur smùidrich de cheannaibh Ghall ;  
 A's caoidhrein cruaidh a's rànaich,  
 'S an àrfhaich gu gearanach.

C' aite 'm beil 's an rìgheachd,  
 Am fear-ghniomh thug barrachd oirbh ?  
 No bhrosnaicheadh chum strith sibh,  
 A mhìlidhean bearraidcach ?  
 Na tuirean sgairtcil, prìseil,  
 De 'n fhior chruaidh nach fannaicheadh ;  
 Do 'm b' àbhaist a bhi dileas,  
 'S nach diobradh na ghealladh iad ;  
 Gadhair-chatha théid mar shaighid,  
 Sìos le 'n claidheamh-dealanaich ;  
 Nach toir athadh gun dad athais,  
 Gus an sgath iad bealaich romp' ;  
 Cuirp 'g an sgathadh, cruaidh 'g a crathadh,  
 'S orra pathadh falanach ;  
 Cluinnear fead ur clàidhcan,  
 Truagh-ghàir agus langanaich.

Tha ioma mìle 'n Albainn,  
 De gharbh-fhearaibh fulasgach ;  
 'Shliochd Ghàidhil-ghlais a's Scòta,  
 Thig deònach mu 'r cularaibh ;

Gu 'n tig iad le rùn cruadail,  
 'S gu 'm fuaign iad gu bunailteach  
 Ri teanchair garg an leòghainn,  
 'S ri spògaibh dearg, fuileachdach.  
 Togaibh leibh gun airc, gun easbhuidh,  
 Trom fheachd seasmhach, cunbalach,  
 De laochraidh dheasa, shùnnntach, threasail,  
 Théid neo-leisg 's an iomairt-sgleo ;  
 Cha 'n fhacas riabh na suinn 'n an geiltibh,  
 Dol an teas nan cumasgan ;  
 Teichidh iad bho 'r stròicibh,  
 'S bho 'r sròlaibh breac, duilleagach.

---

## IORMAM.

GUR neo-aoigheil turus-Faoillich,  
 Ged bhiodh na daoine tàbhachdach.

An fhairge molach, bronnach, torach,  
 Giobach, corrach, ràpalach.

'S cruaidh ri stiùradh bial-mhuir dhùldaidh  
 Teachd le brùchdail chàrsanaich.

Cladh a' chùlain, cha b' e 'n sùgradh,  
 'S e ri bùirein bàcanach.

An cùlanach fhéin cha'n e 's fhasa,  
 Agus lasan àrdain air.

Teachd gu dlùth an déigh a chéile,  
 Agus géumraich dàr' orra.

An fhairge phaiteach 's a bial farsainn,  
Agus acras àraidh oirr'.

'S mairg a choimeas muir ri mòintich,  
Ged bhiodh mòr-shneachd stràct' oirre.

Neòil ag gealladh oidhche salaich',  
Gun aon chala sàbhailte.

Dùbh-thrath dorcha gun dad gealaich'—  
Oirthir aineoil, àrd-chreagach.

Gaoth a' séideadh, muir ag éirigh,  
'S fear ag éigheach àrd-ghuthach :

“ Sid e tighinn 's cba'n ann righinn,  
Cròch-mhuir frithearr', bàsanach,—

Cùm ceann-caol a fiodha dìrcach  
Ri muir dhìth-luinn, dhàsanaich.”

Ach dh' aithnich sinn gu'n 'sheòl sinn fada,  
Mach 's an tabh, 's bu ghàbhaidh sin.

'S leag sinn a croinn a's a h-aodach,  
'S bu ghniomh dhaoine càileachdach.

Chuir sinn a mach cliathan rìghne,  
A's bu ghrinn an t-àlach iad.

'S shuidh orr' ochdnar shonna troma,  
'S sgoiltcadh tonnan stàplainneach.

Héig air chnagan, hùg air mhaidean,  
'S cogull bhac air àbranan.

Iad a' mosgladh suas a chéile,  
'S masgadh tréun air sàil' aca.

Sgionan locrach ràmh á Lochlunn,  
Bualadh bhoc air bàirlinnean.

Iad a' traoghadh suas na dìle,  
Le neart fhìor-gharg ghàirdeinean.

Cathadh-mara, 's marcachd-sìne,  
'S stoirm nan sòn 'g an sàrachadh.

Lasraichean shrad teine-sionnachain,  
Dearg bho'n` iomradh chàileachdach.

Iad ag obair ás an léintean—  
Hùg a's théid, 'g a ràdhainn ac'.

Ioram àrd-bhinn shuas aig Eumann,  
Ann an cléith ràmh bràghada.

Aonghus mac Dhonnachaiddh d'a réir sin,  
Rìgh ! bu tréun a thàirneadh e.

Bha fuaim aon-mhaide air chléith ac',  
Bualadh spéicean tàbhachdach.

Ràimh 'g am pianadh, 's fir 'g an spònadh  
'N glacaibh iarnaidh, àrd-thònnach.

Gallain chiatach, leobhar-liaghach,  
Fuirbi dian 'g an sàrachadh.

Lunnan mìne, 's dùirn 'g an sineadh,  
Seile sìos air dhcàrnnaichean.

Muir ag osnaich shuas mu toiseach,  
Chuip-gheal choip-gheal ghàir-bhéucach.

Suas le sgùradh, saidh ri bùirein,  
Le sior dhùrachd sàr-ionraidh.

Slabhraidh chùirneineach ri dùrdail  
Shìos, rinn stiùir a fàgail ann.

Gaoth 'n a deannan 's i ri feannadh  
Nan tonn ceanfhionn, ràsanach.

Na fir lùthmhòr 'n déigh an rùsgadh,  
Cur nan smùid de 'n àlaichean.

Chaoideh cha mheataicheadh am misneach,—  
Na fir sgibidh, thàbhachdach.

Rìgh an eagail—*Neptun* ceigeach,  
Ri sior-sgreadail—“Bàthar sibh !”

Gu 'm b' fhàth uamhainn, muir ri nuallraighe,  
'S cathadh-cuain a' stràcadh oirr'.

Ghuidh an sgioba géur na dùilean ;  
'S fhuair an ùrnaigh gràsan daibh.

Smachdaich *Aëolus* na spéuran,  
'S a bhuilg-shéididh àrd-ghaothach.

'S gu 'n d' rinn *Neptun* fairge lomadh  
Mar bhiodh gloine-sgàthain ann.

Sgaoil na neòil bha tonn-ghorm, ciar-dhubh,  
'S shoillsich grian mar b' àbhaist d' i.

'S mhothaich an sgioba do fhearann,  
'S ghlac iad cala sàbhailte.

Ghabh iad proinn, a's deoch, a's leaba,  
'S rinn iad cadal sàmhach oirr'.

---

### BIRLINN CHLANN-RAONUILL.

#### I. BEANNACHADH NA LUINGE.

Gu 'm beannaicheadh Dia long Chlann-Raonuill,  
An ciad là a chaidh air sàile.  
E fhéin 's a thréin-fhir.'g a caitheamh,  
Trèin a chaidh thar mathas chàich.  
Gu'm beannaich an Comhìdhia naomh  
Iunrais anail nan spéur.  
Gu 'n sguabteadh garbhìlach na mara,  
Gu 'r tarrainn gu cala réidh.  
Athair a chruthaich an fhairge,  
'S gach gaoth shéideas ás gach àird',  
Beannaich ar caol-bhàrc 's ar gaisgich—  
Cum i fhèin 's a gaisreadh slàn.  
A Mhic, beannaich fhéin ar n-acair,  
Ar siùil ar beairtean, 's ar stiùir ;  
'S gach droinip tha 'n crochadh ri 'crannaibh,  
'S thoir gu cala sinn le d' iùl.  
Beannaich ar rachdan 's ar slat,  
Ar croinn 's ar taoda gu léir ;  
An stadh 's ar tarrainn, cùm fallain,  
'S na leig-sa 'n ar caraibh béud.

An Spiorad Naomh biodh air an stiùir,  
 Seòladh E 'n t-iùl a bhios ccart :  
 Is eòl da gach long-phort fo'n ghréin—  
 Tilgcamaid sinn fhéin fo 'bheachd.

## II. BEANNACHADH NAN ARM.

Gu 'm beannaicheadh Dia ar claidhnean,  
 'S ar lannan-spàinteach géur-ghlas ;  
 Ar lùirichean troma màillich  
     Nach geàrrtcadh le faobhar tais ;  
 Ar làmhainnean-cruadhach 's ar goirseid,  
     'S ar sgiathan ion-dealbhach, dualach.  
 Beannaich ar n-armachd gu h-ionlan,  
     Th' air ar n-ionchar, 's ar erios-guailne.  
 Ar boghachan foidhneulach, iubhair,  
     Ghabhadh luthadh ri uchd tuasaid ;  
 'S na saighdean beithe, nach spealgadh,  
     Ann am balgan a' bhruic ghruamaich.  
 Beannaich ar biodag 's ar daga,  
     'S ar féileadh gasd' ann an cuaicheadh ;  
 'S gach trealaich cath agus còmhraig'  
     Tha 'm bàrc Mhic-Dhònnill 's an uair so.  
 Na biodh simplidheachd oirbh no taise,  
     Gu dol air ghaisge le cruadal,  
 Fhad 's a mhaireas ccithir bùird d' i,  
     No bhios càraig shùdh dh'i fuaighe ;  
 Fhad 's a shnàmhas i fo 'r casan,  
     No dh' fhuirgheas cnag dh'i 'n uachdar ;  
 Dh' aindeoin aon fhuathais d' am faic sibh,  
     Na meataicheadh gart a' chuain sibh.  
 Ma ni sibh cothachadh ceart,  
     'S nach mothaich an fhaighe sibh dìblidh,

Gu 'n ìslich a h-àrdan 's a beachd,  
 'S do 'r cosnadh sgairteil gu 'n strìochd i.  
 Do chéile-còmhraig air tìr,  
 Mur faic e thu cinntinn tais,  
 Is dòch' e bhogachadh 's an strìth,  
 Na cinntinn idir na's brais'.  
 Is amhuil sin a ta mhuir mhòr :  
 Coisinn i le colg 's le sùrd,  
 'S ùmhlaichidh i dhuit fa-dheòigh,  
 Mar a dh' òrduich Rìgh nan dùl.

## III. BROSNACHADH IOMRAIDH.

GU 'N cuirt' an iùbhrach dhubh, dhealbhach,  
 An àite-seòlaidh :  
 Sàthaibh a mach cleathan righinn,  
 Liagh-lom, còmhnard ;  
 Ràimh mhìn-lunnach, dhealbhach,  
 Shocair, éutrom,  
 A ni 'n t-iomradh toirteil, calma,  
 Bas-luath caoir-gheal ;  
 Chuireas an fhairge 'n a sradan  
 Suas 's na spéuran,—  
 'N a teine-sionnachain a' lasadh,  
 Mar fhras éibhlean.  
 Le buillean gailbheacha, tarbhach.  
 Nan cleith troma,  
 Bheir air na bòchd-thonnan anfhach  
 Lot le 'n cromadh,  
 Le sgionan nan ràmh geal, tana,  
 Bualadh cholluinn  
 Air mullach nan gorm-chnoc gleannach,  
 Garbhlach, tomach,

O ! sìnibh, tàirnibh, a's lùbaibh  
 Anns na bachdan  
 Na gallain bhas-leathann ghiùbhsaich,  
 Le lùs ghlac geal ;  
 Na fuirbidhnean troma, tréuna,  
 Laidhe suás orr',  
 Le 'n gàirdeinean dòideach, féitheach,  
 Gaoisneach, cnuacach,  
 Thogas 's a leagas le chéile ;  
 Fo aon ghluasad,  
 Na gaithean liagh-leobhar réidhe  
 Fo bhàrr stuadhan ;  
 Iorcallach garbh an tùs cléithe  
 'G éubhach shuas oirr'  
 Iorrain a dhùisgeas spéirid  
 Anns na guailnean ;  
 A sparras a' bhìrlinn le séitrich  
 Romh gach fuar-ghleann.  
 A' sgoltadh na bòchd-thuinne bēucaich'  
 Le saidh chruaidh, chruim.  
 Dh' iomaineas beanntaichean béisit  
 Romh 'dà ghualainn.  
 Hùgan air cuan an nullain ghàirich,  
 Héig air chnagan ;  
 Faram le bras-ghaoir na bàirlinn'  
 Ris na maidean ;  
 Ràimh 'g am pianadh, 's balgain-fhal'  
 Air bois gach fuirbidh.  
 Na suinn làidir, għarbha, thoirteil,  
 Is cop-gheal iomradh ;  
 Chreanaicheas gach bòrd de darach—  
 Bìdh a's iarann ;

'S lannan 'g an tilgcil le staplainn  
 Chnap ri 'sliasaid.  
 Fòirne fearail a bheir tulgadh  
 Dùgharra, dàicheil ;  
 A sparras a' chaol-bhàrc ghiùbhsaich  
 An aodann aibheis ;  
 Nach tillear le friogh nan tonn dùbh-ghorm  
 Le lùs ghàirdean ;  
 Sid an sgioba neartmhor, sùrdail  
 Air chùl àlaich ;  
 A phronnas na cuartagan cùl-ghlas  
 Le rogha ràmhachd ;  
 Gun sgios, gun airteal, gun lùbadh  
 Ri uchd gàbhaidh.

## IV. AN IORRAM.

An sin, an deigh do na sia fir dhiag suidhe air na raimh chum a  
 h-iomradh gu ionad-seolaidh, ghlaodh Calum garbh mac Raonuill  
 nan cuan iorram oirre, 's e air ramh-braghad, agus 's i so i :—

Nis bho'n rinneadh ur taghadh,  
 'S gur coltach dhuibh bhi 'n ur roghainn,  
 Thugaibh tulgadh neo-chladharra, dàicheil.

Thugaibh tulgadh neo-clearbach,  
 Gun airteal, gun dearmad,  
 Gu freasdal na gailbhinne sàil-ghlais'.

Tulgadh danarra thréun-ghlac,  
 Righeas cnàimhean a's féithean,  
 Dh'fhàgas soilleir bho chéuman an àlaich.

Sgobadh fonnmhor gun éislein,  
 Ri garbh-bhrosnach' a chéile—  
 Iorram ghléust' ann aui béal fir ràimh bràghad.

Cogull ràmh air na bachdan,  
 Leòis a's rùsgadh air bhasan,  
 'S ràimh 'g an sniomh ann an achlaisean àrd-thonn.

Biodh ur gruaidhcan air lasadh,  
 Biodh ur bas gun leób chraicinn,  
 Fallus-mala bras-chnapadlı gu lär dhibh.

Sìnibh, tàirnibh, a's luthaibh  
 Na gallain liagh-leobhar ghiuthais,  
 'S deanaibh uidhe romh shruithean an t-sàilc.

Cliath ràmh air gach taobh dh'i  
 'Masgadh fairge le saothair,  
 Dol 'n a still ann an aodann na bàirlinn'.

Iomraibh còmhla, glan, gléusta,  
 Sgoltadh bòchd-thuinne béucaich'—  
 Obair shùnnntach, gun éislein, gun fhàrdal.

Buailibh cothromach, tréun i,  
 'Sealltainn tric air a chéile,  
 Dùisgibh spiorad 'n ur féithean 's 'n ur gàirdnean.

Biodh a darach ag colluinn  
 Ris na fiadh-ghleanna bronnach,  
 'S a dà shliasaid a' pronnadh gach bàirlinn'.

Biodh an fhairge għlas, thonnach,  
 'G at 'n a garbh-mhòthar lonnach,  
 'S na h-àrd-uisgeachan brounach 's a' ghàirich.

A' għlas fhairge 'sior chopadh  
 Steach mu dà ghulainn-thoisich,—  
 Sruth ag osnaich bho shloistreadh a h-eàrrlainn.

Sìnibh, tàirnibh, a's lùbaibh  
 Na gaithean mìn-lunnach, cùl-dearg,  
 Le iomairceadh smùis ur garbh-ghàirdean.

Cuiribh fothaibh an rudh' ud,  
 Le fallus-mala a' sruthádh,  
 'S togaibh siùil rith' bho Uithist na cràdh-ghiad.

V. DH' IOMAIR IAD AN SIN I GU IONAD-SEOLAIDH.

An sin 'n uair thàrr iad a seòladh  
 Gu fior ghasda ;  
 Shaor iad na sia raimh dhiag  
 A steach romh 'm bachdan,  
 Sgathadh grad iad sìos ri 'sliasaid,  
 Sheachnadh bhachd-bhréid,  
 'S dh' òrdaich Clanndònail d' a uaislean  
 Sàr-sgiobairean cuain bhi aca,  
 Nach gabhadh eagal romh fhuathas  
 No gnè thuairgnidh thachradh.

VI.

Dh' ordaicheadh an deigh an tagha, a h-uile duine dhol an seilbh a ghrama araidh fhein, 's an co-lorg sin, ghlaoidheadh ris an stiuir-eamach suidhe air an stiuir anns na briathran so :—

Suidheadh air stiùir trom-laoch leathan,  
 Neartmhòr, fuasgait',  
 Nach tilg bun no bàrr sùmaid'  
 Fairge bhuaithe ;  
 Clàireineach taiceil làn spionnaidh,  
 Plocach, màsach,  
 Mion-bhéumannach, faicleach,  
 Furachail làn màistinn,

Bùnnsaidh cudthromach, garbh, socair,  
 Solta, lùthmhòr ;  
 Airmseach, foighidneach, gun ghriobhaig  
 Ri uchd tùilin ;  
 'N uair a chì\* e 'n fhairge ghiobach  
 Teachd le bùirein,  
 Chumas a ceann-caol gu sgibidh  
 Ris na sùighean.  
 Chumas gu socair a gabhail,  
 Gun dad luasgain.  
 Sgòd a's cluas 'g an rian lc amharc,  
 Sùil air fuaradh,  
 Nach caill aon òirleach na h-òrdaig'  
 De 'cheart chùrsa,  
 Dh' aindeoin bàrr shùmaidean mara  
 Teachd le sùrdaig.  
 Théid air fuaradh leath' cho daingean,  
 Ma is éiginn.  
 'S nach bi lann no rcang 'n a darach  
 Nach toir éubh asd'.  
 Nach taisich 's nach téid 'n a bhreislich,  
 Dh' aindeoin fuathais,  
 Ged dh' atadh a' mhuir cheann-ghlas  
 Suas gu chluasan,  
 Nach b' urrainn d' i 'm fuirbidh chreanachadh  
 No ghuasad  
 A ionad a shuidhc, 's c tiarainnt',  
 A's 'ailm 'n a ascaill  
 Gu freasdal na sean-mhara ceann-ghlais,  
 Gleun-ghairbh, ascaoin'.

---

\* Chluinn.—R. M'D.

Nach crithnich le fuaradh-cluaise  
 An taoid-aoire ;  
 Leigeas leatha ruith a's gabhail,  
 'S làn a h-aodaich.  
 Cheanglas a gabhail gu daingean  
 Am bàrr gach tuinne.  
 Falbh dìreach 'n a still gu cala  
 'N àird' gach buinne.

#### VII. DH'ORDAICHEADH A MACH FEAR-BEAIRTE.

SUIDHEADH toirtealach garbh-dhòideach  
 An glaic beairte.  
 A bhios stàideil, làn de chùram,  
 Graimpidh, glac-mhor ;  
 Leigeas cudthrom air ceann slaite  
 Ri am cruadhaich ;  
 Dh' fhaothaicheas air crann 's air acfhuinn—  
 Bheir dhaibh fuasgladh ;  
 Thuigeas a' ghaoth mar a thig i—  
 A réir seòlaidh ;  
 Fhreagras mion le féaras-bheairte,  
 Béum an sgòd-fhir ;  
 Sìor-chuideachadh leis an acfhuinn  
 Mur fàilnich buill-bheairte  
 Reamhar ghaoisid.

#### VIII. CHUIREADH AIR LETH FEAR-SGOID.

SUIDHEADH fear-sgòid air an tobhta :  
 Gàirdean làidir  
 Nau righinnean gaoisneach, féitheach,  
 Reamhar, cnàmhach ;

Cràgan tiugha, leathan, cliathnach,  
 Miar-gharbh, cròcach ;  
 Mach 's a steach an sgòd a leigeas,  
 Le neart sgròbaidh ;  
 An àm cruadhaich a bheir h-uig' e,  
 Gaoth ma shéideas ;  
 'S 'n uair ni an oiteag lagadh,  
 Leigeas béum leis.

## IX. DH'ORDAICHEADH AIR LETH FEAR-CLUAISE.

SUIDHEADH fear cnaparra, taiceil,  
 Gasda, cuanta,  
 Laimhsicheas a' chluas, neo lapach,  
 Air a fuaradh.  
 A bheir imrich sios 's a suas i  
 Chum gach urracraig,  
 A réir 's mar a thig an soirbheas,  
 No bàrr uchaid' ;  
 'S ma chì e 'n iùnrais ag éirigh,  
 Teachd le osnaich,  
 Lomadh e gu gramail, tréunmhòr  
 Sios gu stoc i.

## X. DH' ORDAICHEADH DO 'N TOISEACH FEAR-IUIL.

EIREADH màirnealach 'n a sheasanò  
 Suas do 'n toiseach ;  
 'S deanadh e dhuinn eòlas seasmhach,  
 Cala choisneas ;  
 Sealladh e 'n ceithir àirdean  
 Cian an athair ;  
 'S innseadh e do fhear na stiùire :  
 'S math a gabhail.

Glacadh e comharradh-tìre

Le sàr shùil-bheachd,  
Bho 'n 's e sin is dia gach sìde,  
'S is réul-iùil dhuinn.

XI. CHUIREADH AIR LETH FEAR CALPA-NA-TAIRNE.

SUIDHEADH air calpa-na-tàirne,  
Fear gun soistinn :  
Snaomanach fuasgailteach, sgaирteil,  
Foiunidh, solta ;  
Duine cùramach, gun ghriobhaig,  
Ealamh, gruamach,  
A bheir bhuaipe 's dh' i mar dh' fhéumas,  
Gléusta, luaineach.  
A laidheas le spadhannan troma,  
Tréun air tarrainn ;  
Air cudthrom a dhòid' a' cromadh  
Dh' ionnsaidh daraich ;  
Nach ceangail le sparraig mu 'n urracaig  
An taod friothair ;  
Ach, gabhail uime daingean, seòlta,  
Le lùib-ruithe ;  
Air cagal, 'n uair a sgarar an t-abhsadh,  
I chur stad air ;  
Los i ruith 'n a still le crònán  
Bhàrr na cnaige.

XII.

Chuirreadh air leth fear dh' innse nan uisgeachan 's an fhainge  
air cinntinn tuille 's molach ; 's thuirt an stiuireamach ris :—

SUIDHEADH fear dh' innse gach uisge,  
Làmh ri m' chluais-sa ;

'S cumadh e shùil gu biorach  
   An cridhe 'n fhuardaidh,—  
 Taghaibh an duine leth-eaglach,  
   Fiamhach, sicir ;  
 'S cha mhath leam e bhi air fad  
   'N a ghealtair riochdail.  
 Biodh e furachail, an uair a chì e  
   Fuaradh-froise,  
 Cia dhiùbh bhios an soirbheas 'n a deireadh,  
   No 'n a toiseach,  
 'S gu 'n cuireadh e mis' air m' fhaicill  
   Suas 'g am mhosgladh,—  
 Ma ni e gnè chunnairt fhaicinn,  
   Nach bi tosdach ;  
 'S ma chì e coltas muir-bhàite  
   Teachd le nuallan,  
 Sgairteas cruaidh, ceann-caol a fiodha  
   Chumail luath ris.  
 Biodh e àrd-labhrach, céillidh  
   'G éubhach, "Bàirlinn."  
 'S na ceileadh e air fear na stiùire,  
   Ma chì e gàbhadh.  
 Na biodh fear dh' innse nan uisgeachan  
   Ann ach esan :  
 Cuiridh griobhag, briot, a's gusgul,  
   Neach 'n a bhreislich.

## XIII.

Dh' ordaicheadh a mach fear-taomaidh 's an fhairge barcadh air  
am muin rompa 's 'n an deigh.

FREASDLADH air leaba na taoime,  
   Laoch a bhios fuasgait,  
 Nach fannaich gu bràth, 's nach tiomaich  
   Le gair chuaintean ;

Nach lapaich 's nach meataichi fuachd sàile,  
 No clach-mhealain  
 A' laomadh mu 'bhroilleach 's mu 'mhuineal  
 'N a fuar-steallan ;  
 Le crùmpa mòr, tiugh, fiodha,  
 'N a chiar dhòidean,  
 Sior thilgeil a mach na fairge,  
 Steach a dhòirteas ;  
 Nach dìrich a chaoidh a dhruim lùthmhòr  
 Le rag èarlaid,  
 Gus nach fàg e sile 'n grùnnnd,  
 No 'n làr a h-èarrlainn ;  
 'S ged a chinneadh a bùird cho tolltach  
 Ris an rideal,  
 Chumas cho tioram gach cnag dh' i,  
 Ri clàr buideil !

## XIV.

Dh' ordaicheadh dithis gu draghadh nam ball chul-aodaich 's coltas orra gu 'n tugteadh na siuil bhupa le ro ghairbhead na side.

CUIRIBH càraid làdir, clinàmh-reamhar,  
 Ghairbneach, ghaoisdneach,  
 Gn 'm freasdladh iad tiarainnte, tréun, ceart,  
 Buill chùl-aodaich.  
 Le smùis a's le miad lùis  
 An righean tréuna,  
 'N àm cruadhaich bheir oirre steach e  
 No leigeas béum leis,  
 Chnmas gu sgibidh a stigh e  
 'N a teis-meadhoin.—  
 Dh' òrdaichinn Dunnachadh Mac-Carmaig  
 A's Iain mac Iain,

Dithis starbanach theoma, ladarn'  
De fhearaibh Chanaidh.

## XV.

Thaghadh seisir gu fearas-urlair, an earalas nach failnicheadh a h-aon de na thuirt mi, no nach spionadh anfhadh na fairge mach thar bord iad, 's gu 'n suidheadh fear dhiubh so 'n a aite.

EIREADH seisir ealamh, ghléusta,  
Làmhach, bheòtha,  
Shiùbhlas, 's a dh' fhalbas, 's a léumas  
Feadh gach bòrd\* d' i,  
Mar ghèarr-fhiadh am mullach sléibhe  
'S coin 'g a còpadh.  
A streapas ri cruidh bhallaibh réidhe  
De 'n chaol-chòrcaich,  
Cho grad ri feòragan Céitein  
Ri crann rò-choill.  
Bhios ullamh, ealamh, tréubhach,  
Falbhach, eòlach,  
Gu toirt d' i, 's gu toirt an abhsaidh  
'S clabhsail òrdugh—  
Chaitheas gun airteal, gun éislein,  
Long Mhicdhònuill.

## XVI.

Bha h-uile goireas a bhuiineadh do 'n t-seoladh, a nis air a chur an deagh riaghailt, agus theann a h-uile laoch tapaidh, gun taise, gun fhiamh, thun a' cheart ionaid an d'ordaicheadh dha dol: agus thog iad na siuil mu eirigh na greine, la fheill Brighde—a' togail a mach bho bhun-loch Ainneart an Uithist a' Chinndeas.

A' GHRIAN a' faoisgneadh gu h-òrbhuidh  
As a mogal;  
Chinn an spéur gu dubhaidh, dòite,  
Làn de ogl'achd;

---

\* Buird.

Dh' fhàs i tonn-ghorm, tiugh, tàrr-lachdunn.  
 Odhar, iargalt ;  
 Chìnn gach dath bhiodh ann an breacan,  
 Air an iarmaitl ;  
 Fadadh-cruaidh 's an àirde niar oirr'—  
 Stoirm 'n a coltas.  
 Neòil shiùbhlach aig gaoith 'g an riasladh—  
 Fuaradh-frois' oirr'.—  
 Thog iad na siùil bhreaca,  
 Bhaidealacha, dhònach ;  
 Shin iad na calpannan raga,  
 Teanna, righne,  
 Ri fiodhannan àrda, fada,  
 Nan colg bìdhéarg ;  
 Cheangladh iad gu gramaile, snaompach,  
 Gu neo-clearbach,  
 Romh shùilean nan cromag iarainn,  
 'S nan cruinn fhailbheag.  
 Cheartaich iad gach ball de 'n acfhuinn,  
 Ealamh, dòigheil,  
 'S shuidh gach fear gu freasdal tapaidh,  
 Bhuill bu chòir dha.  
 An sin dh' fhosgail uinneagan an athair,  
 Ballach, liath-ghorm,  
 Gu séideadh na gaoithe greannaich',  
 Spannail, iargalt.  
 Tharrainn an cuan dùbh-ghlas  
 Air gu h-uile ;  
 Mhantul garbh, caiteineach, ciar-dhubh,  
 'S sgreataidh buinne.  
 Dh' at e 'n a bheannaibh 's 'n a ghleannaibh  
 Molach, robach.

Gu 'n do bhòchd an fhainge cheigeach  
 Suas 'n a cnocaibh.  
 Dh' fhosgail a' mhuir ghorm 'n a craosan  
 Farsainn, cràcach ;  
 An gloicibh a chéile ri taosgadh—  
 'S caonnag bhàsmhor.  
 Gu 'm b' fhear-ghniomh bhi 'g amharc an  
 aodann  
 Nam maom teintidh—  
 Lasraichean sradanach sionnachain  
 Air gach beinn diubh.  
 Na bialanaich àrda, liath-cheann,  
 Ri searbh bhéucail.  
 Na cùlanaich 's an cladh-dùdaidh  
 Ri fuaim-ghéumraich.  
 'N uair dh' éireamaid gu h-allail  
 Am bàrr nan tonn sin,  
 B' eiginn an t-abhsadh a bhearradh  
 Gu grad-phongail.  
 'S 'n uair a thuiteamaid le ion-slugaidh  
 Sìos 's na gleanntaibh,  
 Bheirteadh gach seòl a bhiodh aic'  
 Am bàrr nan crann d' i.  
 Na ceòsanaich àrda, chroma,  
 Teachd 's a' bhàirich ;  
 Mu 'n tigeadh iad idir 'n ar caraibh,  
 Chluinnteadh 'n gàirich ;  
 Iad a' sguabdh nan tonn beaga,  
 Lom, 'g an sgiùrsadh.  
 Chinneadh i 'n a h-aon-mhuir bhàsmhoir,—  
 'S càs a stiùradh.  
 'N uair thuiteamaid fo bhàrr  
 Nan àrd-thonn giobach,

Gur beag nach dochainneadh a sàil  
 An t-aigeal sligneach.  
 An fhairge 'g a maistreadh 's 'g a sloistreadh  
 Roimh a chéile.  
 Gu 'n robh ròin a's miala-mòr  
 Am barrachd éiginn' :  
 Onfhadh a's confhadh na mara,  
 'S falbh na luinge,  
 Sradadh an eanchainnean geala,  
 Feadh gach tuinne.  
 Iad ri nuallanaich àrd-uamhannaich,  
 Shearbh, thùrsaich,  
 Ag éubhach, "Is iochdarain sinne,  
 Draghaibh chum bùird sinn."  
 Gach mion-iasg bha 's an fhairge  
 Tàrr-gheal tionndaidht',  
 Le gluasad confhach na gailbhinn',  
 Mårbh, gun chùnnntas.  
 Clachan a's maorach an aigeil  
 Teachd an uachdar :  
 Air am buain a nuas le slachdraich  
 A' chuain uaibhrich.  
 An fhairge uile 's i 'n a brochan,  
 Strioplach, ruaimleach ;  
 Le fuil 's le gaorr nam biast lorcach,  
 Droch dhath ruadh oirr'.  
 Na biastan adharcach, iongach,  
 Pliutach, lorcach,  
 Làn cheann—sian am beòil gu 'n gialan,  
 'S an craos fosgait'.  
 An aibheis uile làn bhòcan,  
 Air cràgradh ;

Le spògan 's le earrabaill mhòr-bhiast  
 Air màgradh.

Bu sgreamhail an ròmhan sgriachach—  
 Bhi 'g a éisdeachd,  
 Thogadh iad air caogad mìlidh  
 Aotruim' céille.

Chaill an sgioba càil an claisdeachd,  
 Ri bhi 'g éisdeachd  
 Ceilearadh sgreachach nan deomhan,  
 'S mothair bhéistean.

Foghar na fairge, 's a slachdraich  
 'Gleachd ri darach ;'

Fosghair a toisich a' sloistreadh  
 Mhuca-mara ;  
 Ghaoth ag ùrachadh a' fuaraidh  
 As an iar àird'.

Bha sinn leis gach seòrsa buairidh,  
 Air ar pianadh.

Sinn dallte le cathadh-fairge  
 Sior dhol tharainn.

Tàirneineach aibheiseach ré oidhche,  
 'S teine-dealain.

Fàileadh a's teine na beithreach  
 'G ar glan-thachdad.


Na dùilean uachdrach a's iochdrach,  
 Ruinn ag cogadh :

Talamh, teine, uisge, 's sian-ghaoth  
 Ruinn air togail,  
 Ach 'n uair dh' fhairtlich air an flairge  
 Toirt oirnn strìochdad,  
 Ghabh i truas le faite gàire,  
 'S rinn i sìth ruinn.

Ged rinn, cha robh crann gun lùbadh,  
     Seòl gun réubadh,  
 Slat gun sgaradhl, rachd gun fhàillinn,  
     Ràmh gun éislein !—  
 Cha robh stadh gun stuadh-léumnadh,  
     Beairt gun ghaise,  
 Tarrang no cupladh gun bhristeadh—  
     Fisc, faise !—  
 Cha robh tobhta no bial-mór ann  
     Nach d' thug aideach ;  
 Bha li-uile crannaghail a's goireas  
     Air an lagadh.  
 Cha robh achlasan no aisne dh' i  
     Gun fhuasgladh ;  
 A slat-bheòil 's a sguitichean-asgail  
     Air an tuaирgheadh.  
 Cha robh falmadair gun sgoltadh,  
     Stiùir gun chréuchdadhl,—  
 Cnead a's diosgan aig gach maide,  
     'S iad air déasgadh.  
 Cha robh crann-tarrang gun tarrainn,  
     Bòrd gun obadh,—  
 H-uile lann a bh' air am barradh,  
     Ghabh iad togail.  
 Cha robh tarrang gun tràladh,  
     Cha robh calp' ann gun lùbadh,—  
 Cha robh aon bhall a bhuineadh dh' ise  
     Nach robh na 's miosa na thùbhhradh !  
 Ghairm an fhairge siocaint ruinne  
     Air crois Chaol-IIc.  
 'S fhuair a' gharbh-ghaoth, shearbh-ghlòireach,  
     Ordugh sineadhl.

- Thog i bhuainn do ionadan uachdrach  
 An athair.
- 'S chinn i dhuinn 'n a clàr réidh, mìn-gheal,  
 An déigh a tabhann.
- 'S thug sinn buidheachas do 'n Ard-righ  
 Chùm na dùilean,  
 Deagh Chlannraonuill a bhi sàbhailt'  
 Bho bhàs brùideil.
- 'S an sin bhéum sinn na siùil thana,  
 Bhallach, thùilinn.
- 'S leag sinn a croinn mhìn-dhearg, ghasda,  
 Air fad a h-ùrlair.
- 'S thuir sinn a mach ràimh chaola, bhaisgeant',  
 Dhaite, mhìne,  
 De 'n ghiuthas a bhuaing Mac Bharraois  
 An Eilein-Fhionan.
- 'S rinn sinn an t-iomradh réidh, tulganach,  
 Gun dearmad ;
- 'S ghabh sinn deagh longphort aig barraibh  
 Charraig-Fhearghuis.
- Thilg sinn acraichean gu socair  
 Anns an ròd sin ;
- Ghabh sinn biadh a's deoch gun airccas,  
 'S rinn sinn còmhnuidh.





*Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart,*

	s.	d.
Hall's (Newman) Come to Jesus, ... ... ...	0	6
Harp of Caledonia, Gaelic Songs, 32mo, <i>sewed</i> ,	0	3
History of Animals Named in the Bible, ... ...	0	6
History of Prince Charles, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ...	3	0
Ditto ditto <i>cheap edition, sewed</i> , ...	1	6
Jacobite Songs, with Portrait of Prince Charles,	1	0
James' Anxious Enqurirer, 12mo, <i>sewed</i> , ... ...	1	0
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Joseph, History of, 18mo, <i>sewed</i> , ... ... ...	0	4
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, 12mo. cl.	0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy		
Scriptures, by Forbes, 18mo, ... ... ...	0	4
M'Alpine's Gaelic Grammar, 12mo, <i>cloth</i> , ... ...	1	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
... The Catholic or Universal Church, ... ...	0	6
Maccoll's Monntain Minstrel, Clarsach Nam Beann,		
18mo, <i>cloth</i> , 1s. 6d. The same, English, ...	2	6
Maedonald's (Mac Mhaistir Alistir) Gaelic Songs,	2	0
Macdonald's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	6
... Waters of Jordan, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	2
M'Farlane's Manual of Devotion, 12mo, <i>bound</i> ,	2	0
M'Gregor's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, <i>cloth</i> ,	0	8
M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, with		
an English Translation of "Coire Cheathaich"		
and "Ben Dorain," 18mo, ... ... ...	2	0
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic		
Language (in English), ... ... ...	1	6
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, 18mo,	2	6
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh		
na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> , ... ... ...	3	6
Mackenzie's Beauties of Gaelic Poetry, rl. 8vo. ...	12	0
... Gaelic Melodist, 32mo, ... ... ...	0	4
Macleod, Rev. Dr., Sermon on the Life of the late,		
by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> , 1s. for	0	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings, or		
Notices of the History and Literature of the		
Scottish Gael (in English), fcap, Svo, <i>cloth</i> ,	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the		
Poems of Ossian (in English), 8vo, ... ...	0	6

*Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart,*

		s.	d.
MacNeill's <i>Neniae</i> , and other Poems, <i>cloth</i> ,	...	2	0
Macpherson's "Duanaire," a New Collection of Songs, &c., never before published, 18mo, <i>cl.</i>		2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, 8vo, <i>cloth</i> ,		6	0
Mountain Songster, Collection of Original and Selected Gaelic Songs, <i>sewed</i> , 6d; <i>per dozen</i> ,		4	6
Munro's Gaelic Grammar, 18mo, <i>bound</i> ,	...	4	0
...      Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, ...		2	0
...      Selection of Gaelic Songs, 32mo, ...		0	4
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, <i>cloth</i> ,		3	0
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, <i>sewed</i> ,		0	6
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. MacColl, 12mo,	...      ...      ...      ...      ...	1	6
Prayers and Admonitions, (series of six, large type,) in packets of 2 dozen, <i>sorted</i> ,	...      ...      ...	0	6
Psalm Book, (General Assembly's Version), large type, 18mo, <i>bound, gilt edges</i> ,	...      ...      ...	2	6
Do.                  do. 18mo, <i>cloth</i> ,	...      ...	1	0
Do. Smith's or Ross's, large type, 18mo, <i>bd.</i>		2	0
Do.      Gaelic and English, on one page,	...      ...	1	6
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	1	6
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i> ,	...      ...      ...	0	3
Sixteen Short Sermons, 12mo, <i>sewed</i> ,	...      ...      ...	0	2
Smith's (Dr) Sean Dana, with English Translation and Notes, *by C. S. Jerram,	...      ...      ...	2	6
Smith's Gaelic Psalms and Paraphrases, 18mo, ...		1	0
Sum of Saving Knowledge, 12mo, <i>sewed</i> ...	...	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	2	
The Seer: a Historical Tale of the Highlands of the 17th Century,	...      ...      ...      ...	0	6
Watts' Divine Songs, with Cuts,	...      ...      ...	0	2
Whitfield's Sermons, 18mo, <i>sewed</i> ,	...      ...      ...	1	0
Willison's Sacramental Catechism, 12mo, <i>sewed</i> ,		0	8
<hr/>			
New Testament for Schools, 12mo, <i>bound</i> ,	...	1	0
Job to Ecclesiastes, (for the use of Schools),	...	0	2
Proverbs of Solomon,    do.                  do.	...	0	2
<b>BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,</b> AT VARIOUS PRICES.			

